# Fèisean nan Gàidheal

A' toirt ar dualchais do ar n-òigridh

## Coinneamh den Bhòrd-Stiùiridh

## Holiday Inn Express, Port Adhair Ghlaschu

## Diardaoin 6 Dùbhlachd 2012 @ 1.30f

**Fèisean nan Gàidheal**
**Taigh a' Mhill**
**Port-Rìgh**
**An t-Eilean Sgitheanach**
**IV51 9BZ**

**Fòn 01478 613355**
**Facs 01478 613399**
**Post-d brath@feisean.org**
**www.feisean.org**

# Fèisean nan Gàidheal

**Coinneamh den Bhòrd Stiùiridh a thèid air adhart anns an Holiday Inn Express, Port-adhair Ghlaschu, Diardaoin 6 Dùbhlachd 2012 bho 1.30f**

# Clàr Chùisean

**4.2012.01 CÙISEAN TÒISEACHAIDH**

| | | |
|---|---|---|
| (a) | An làthair | |
| (b) | Leisgeulan | |
| (c) | Geàrr-chunntas na coinneimh mu dheireadh den Bhòrd | Airson Aontachaidh |
| (d) | Cùisean a' togail ceann | |
| (e) | Geàrr-chunntas neo-dhearbhte bhon choinneamh den Bhuidhinn Riaghlaidh | Airson Fiosrachaidh |

**4.2012.02 CÙISEAN LEASACHAIDH**

| | | |
|---|---|---|
| (a) | Adhartas le Pròram-obrach Fèisean nan Gàidheal | Airson Fiosrachaidh agus Deasbaid |
| (b) | Blas 2012 agus 2013 | Airson Fiosrachaidh agus Deasbaid |
| (c) | An Gille agus Maighstir Tìm | Airson Aontachaidh |
| (d) | Adhartas le Fèisgoil | Airson Fiosrachaidh agus Deasbaid |
| (e) | Planaichean Trèanaidh | Airson Fiosrachaidh agus Deasbaid |
| (f) | Pròiseactan Dràma | Airson Fiosrachaidh agus Deasbaid |

**4.2012.03 CÙISEAN IONMHASAIL**

| | | |
|---|---|---|
| (a) | Teachd a-steach agus teachd a-mach 2012-13 | Airson Fiosrachaidh agus Aontachaidh |
| (b) | Suimean airgid anns a' bhanca agus fiosrachadh as ùire | Aithris airson Fiosrachaidh |
| (c) | Tabhartasan nam Fèisean 2012-13 | Airson Fiosrachaidh |
| (d) | Cunntasan Ràitheil gu 30 Sultain 2012 | Airson Fiosrachaidh agus Deasbaid |

**4.2012.04 CÙISEAN POILEASAIDH**

| | | |
|---|---|---|
| (a) | Lèirmheas air Bòrd-stiùiridh Fèisean nan Gàidheal | Aithris Aontachaidh |
| (b) | Duaisean agus Aithne | Airson Deasbaid |

**4.2012.05 CÙISEAN GNÌOMHAIL**

| | | |
|---|---|---|
| (a) | Aithisgean Luchd-Obrach | Airson Fiosrachaidh agus Deasbaid |
| (b) | Luchd-obrach agus Fòrladh Màthaireil | Aithris airson Fiosrachaidh |
| (c) | Oifigear Leasachaidh Loch Abar | |

**4.2012.06 EILE**

| | | |
|---|---|---|
| (a) | Ceann-làithean son coinneamhean 2013 | Airson Aontachaidh |
| (b) | Coinneamh den Bhuidheann Riaghlaidh | Pàipearan tro phost-d a-mhàin |

# Fèisean nan Gàidheal

## Geàrr-chunntas air coinneamh a' Bhùird Stiùiridh a chaidh a chumail san Taigh-òsta West End, sa Ghearasdan air Diardaoin 21 Sultain 2012 bho 2f

Àireamh air a' Chlàr Chùisean: 4.2012.01(c)

**3.2012.01 CÙISEAN TÒISEACHAIDH**

**(a) An Làthair**

Catrìona Nic an t-Saoir (Cathraiche), Mairead Chamshron, Bernard Bell, Donnchadh MacGuaire, Peigi NicIllFhinnein, Fiona NicIain, Elaine Spence, An comhairliche Iain A MacÌomhair (CnES), Iain Mac a' Ghobhainn (Alba Chruthachail), Art MacCarmaig (an làthair), Calum Ailig Mac a' Mhaoilein (an làthair), Anne Willoughby (an làthair), Moreen Pringle (an làthair), Dougie Beck (an làthair – ag eadar-theangachadh)

**(b) Leisgeulan**

Norma Gunn, Seònaid NicDhòmhnaill, Ùisdean Robasdan, Mòrag Anna NicLeòid (Comhairle na Gàidhealtachd), Ann Marie Reid (HIE)

Thugadh fa-near dha mar a bha Norma Gunn air a dreuchd air a' Bhòrd a leigeil dhith air sgàth trioblaidean slàinte. Bha am Bòrd an dòchas gum fàsadh i nas fheàrr ann an ùine nach biodh fada agus thug iad buidheachas dhi airson an rinn i don Bhòrd.

**(c) Geàrr-chunntas na coinneimh mu dheireadh de Bhòrd Stiùiridh Fèisean nan Gàidheal**

Chaidh geàrr-chunntas bhon choinneimh a chaidh a chumail air 24 An Cèitean 2012 a sgaoileadh. Mhol Donnchadh MacGuaire gum bu chòir gabhail ris mar chunntas fìrinneach den choinneimh, agus Bernard Bell a' cur a thaic ris.

**(d) Cùisean a thog ceann**

Cha robh gin a chùisean a thog ceann nach robh air clàr-ghnothaich na coinneimh mu thràth.

**(e) Geàrr-chunntas na coinneimh mu dheireadh den Bhuidhinn Riaghlaidh**

Chaidh geàrr-chunntas na coinneimh a chaidh a chumail air 5 Sultain a sgaoileadh mar fhiosrachadh.

**3.2012.02 CÙISEAN LEASACHAIDH**

**(a) Adhartas a thaobh cur an gnìomh Pròram Obrach Fèisean nan Gàidheal**

Chaidh geàrr-chunntas air adhartas, gu deireadh An Ògmhios 2012, a thaobh cur an gnìomh Pròram Bliadhnail Fèisean nan Gàidheal a sgaoileadh agus thugadh fa-near dha.

Bha am pròram seo stèidhichte air cùmhnantan ùra le HIE, Alba Chruthachail, Bòrd na Gàidhlig agus ùghdarrasan ionadail agus bha e ann an cruth ùr agus tha e a-nis nas fhasa fhaicinn ciamar a tha sinn a' coileanadh builean gach buidhne. Bha adhartas math ri fhaicinn anns a' mhòr-chuid de na raointean obrach.

Rinn Iain Mac a' Ghobhainn moladh air an aithisg agus thuirt e gun robh i air a dealbh ann an dòigh gu math soilleir is fiosrachail, agus gur e eisimpleir fìor mhath a bh' ann do bhuidhnean eile.

Thuirt Iain Mac a' Ghobhainn cuideachd gun deach a dhearbhadh gum faigh sinn maoineachadh YMI bho Alba Chruthachail airson an ath bhliadhna ionmhasail agus gun cumadh iad ris an aon ìre de mhaoineachadh airson an dreuchd aig Brian Ó hEadhra aig Bòrd na Gàidhlig. Chuir am Bòrd fàilte air an dà naidheachd seo.

**(b) Fèis Bhlas 2012 – Fiosrachadh ùr**

Chaidh aithisg le Art MacCarmaig a sgaoileadh leis an fhiosrachadh as ùire mu Bhlas 2012 a

chaidh a chumail eadar 9-17 Sultain.

Ged nach deach na figearan uile a chur thugainn fhathast, bha coltas ann gun tug sinn bàrr air an targaid againn airson teachd-a-steach bho thiogaidean.

Bha Fèis na bliadhna-sa nas lugha na an-uiridh, ach bha pròiseactan co-obrachaidh matha ann le buidhnean eile leithid Comhairle nan Leabhraichean, Clì, CnaG, agus Highlife na Gàidhealtachd, a chuir pròram air dòigh airson sgoiltean.

Bhruidhinn buill a' Bhùird mu na diofar thachartasan aig an robh iad agus rinn iad moladh air cho math sa rinn a h-uile duine. Thug iad iomradh sònraichte air an òigridh bho na Cèilidhean air Chuairt, thoradh 's iadsan, cho math ri duine sam bith, a nì sanasachd air soirbheachadh nam Fèisean.

Chaidh aontachadh gun sgrìobhadh Art thuca a' toirt taing dhaibh às leth a' Bhùird.

Thugadh taing cuideachd do Iona NicDhòmhnaill airson Cuairt nam Bàrd a chur air dòigh.

- Chòrd an oidhche a' cuimhneachadh air Calum Ceanadach is a' Bhanais Ghàidhealach gu mòr ri daoine agus thathar a' dol a dh'fhaicinn an gabh an dà thachartas sin a chumail sna h-Eileanan Siar. Bhathar cuideachd a' dol a dh'fhaicinn an gabhadh tachartasan eile bho Bhlas a chumail ann an sgìrean ùghdarrasan ionadail eile.
- Dh'obraich na Cèilidhean Taighe glè mhath ach ma dh'fhaoidte nach robh an t-sanasachd cho math sa dh'fhaodadh i a bhith air an son agus coimheadaidh sinn ri sin airson an ath-bhliadhna.
- Chaidh feadhainn de na tachartasan aig Blas am filmeadh le Bees Nees TV agus thèid an craoladh air BBC Alba.
- Chaidh a mholadh gum faodadh oileanaich nam meadhanan bho SMO a dhol an sàs ann a bhith clàradh thachartasan aig Blas. Bhiodh seo na oideachadh math dhaibh agus 's dòcha gun gabhadh na filmichean aca a chur air YouTube le ceangal ris an làrach-lìn againn fhìn.
- Tha triùir chomhairlichean ùra a' riochdachadh Comhairle na Gàidhealtachd air Bòrd Bhlas a-nis – Bren Gormley, Sìne Slater agus Mairead NicPhàdraig.
- Choinnich a' Bhuidheann-gnìomha aig Blas air 22 Lùnastail gus bruidhinn mu phlanaichean airson Blas 2013 (Year of Natural Scotland) agus 2014 (A' Bhliadhna airson Tilleadh Dhachaigh agus bliadhna Geamannan a' Cho-fhlaitheis).
- Feumar iarrtasan-maoineachaidh a chur a-steach gu EventScotland ron 30mh dhen t-Sultain 2012 agus bha daoine ag obair orra sin. Cuideachd choinnich Art ri Iain Mac a' Ghobhainn o chionn ghoirid gus bruidhinn air na cothroman a dh'fhaodadh a bhith ann airson maoineachadh fhaighinn bho Alba Chruthachail.
- Bhruidhinn Iain Mac a' Ghobhainn mu na cothroman a bh' ann do Bhlas airson pròiseact a chur air adhart a bhiodh freagarrach airson Celtic Connections.

Thug am Bòrd fa-near do na comhairlichean ùra a tha air Bòrd Bhlas, do na planaichean airson Blas 2013 is 2014 agus don fhiosrachadh ùr a fhuaras mu Bhlas 2012.

Gheibhear figearan nas cinntiche airson Blas 2012 aig a' choinneimh san Dùbhlachd.

**(c) Fèisgoil**

Chaidh pàipear le Art MacCarmaig a sgaoileadh mun t-Seirbheis Ealain is Cànain Gàidhlig ùr agus bha Art a' dol a dh'fhoillseachadh na seirbheis gu h-oifigeil aig ar Co-labhairt air 22 Sultain.

Bha Calum Ailig Mac a' Mhaoilein, Dougie Beck agus Aonghas MacLeòid dìreach air tilleadh bho Fhèill Ionnsachaidh na h-Alba ann an Glaschu far an d'fhuair iad cothrom bruidhinn ri daoine bho ùghdarrasan ionadail is sgoiltean mun t-seirbheis.

Chaidh fiosrachadh mun t-seirbheis a sgaoileadh gu fada is farsaing agus tha Art air grunn choinneamhan a chur air dòigh le ùghdarrasan ionadail gus fiosrachadh nas mionaidiche a

thoirt dhaibh is innse dhaibh mu mar as urrainn dhuinn an cuideachadh.

Chaidh a' chiad chùmhnant aontachadh le Comhairle Pheairt is Cheann Rois agus tha Aonghas MacLeòid a' teagasg sna sgoiltean dà latha san t-seachdain airson 10 seachdainean.

Chaidh earrainn ùr a stèidheachadh air an làrach-lìn againn le fiosrachadh mu Fhèisgoil, eisimpleirean de phròiseactan, agus mar a tha i a' freagairt air a' Curaicealam airson Sàr-mhathais is mar sin air adhart.

Thèid an t-seirbheis ùr a lìbhrigeadh le ar luchd-obrach fhèin agus le bhith fastadh oidean nuair a bhios feum orra, airson Gàidhlig, dràma, ceòl no às bith dè na cuspairean a bhithear a' teagasg. Chaidh sanas a chur a-mach o chionn ghoirid airson oidean agus tha còrr is 20 oide air tilleadh a shireadh tuilleadh fiosrachaidh mu thràth. Aon uair 's gu bheil sinn air oidean freagarrach a thaghadh, thèid trèanadh a thabhann dhaibh.

Bha Iain Mac a' Ghobhainn dhen bheachd gur e cothrom fìor mhath a bha seo do dh'Fhèisean nan Gàidheal an raon dhleastanasan aca a leudachadh, agus bha e gu bhith gu math feumail do dh'ùghdarrasan ionadail is buidhnean eile a bha ag iarraidh an t-uallach aca airson cuid a sheirbheisean a lìbhrigeadh a thoirt do bhuidhinn eile.

Bha buill a' Bhùird air leth toilichte leis an t-seirbheis ùr agus bha iad cinnteach gum biodh e soirbheachail.

**(d) Ceisteachan airson nam Fèisean**

Bhruidhinn Anne Willoughby mu thoraidhean a' cheisteachain a chaidh a chur chun a h-uile ball comataidh aig na diofar Fhèisean. Gu ruige seo, tha sinn air 51 ceisteachan fhaighinn air ais a-mach às an 200 a chaidh a sgaoileadh.

Bha e follaiseach bho chuid de na freagairtean a fhuair sinn nach robh mòran dhaoine bho na Fèisean a' tadhal air an làrach-lìn againn. Feumaidh sinn innse dhaibh gu bheil tòrr fhiosrachaidh ri fhaotainn air an làrach-lìn agus feumaidh sinn innse dhaibh mu mar a gheibh iad lorg air, agus mar as urrainn dhaibh an làrach-lìn a chleachdadh gus sanasachd a dhèanamh air na tachartasan aca is mar sin air adhart. Tha an aon rud fìor mu Facebook. Bha Fèisean cuideachd ag iarraidh tuilleadh fiosrachaidh mu bhith togail airgid agus trèanadh Gàidhlig. Bhathar a' dol a choimhead ris na cùisean seo.

Bha Anne a' dol a dhèanamh taisbeanadh dha na Fèisean aig a' Cho-labhairt Disathairne is gheibheadh buill a' Bhùird barrachd fiosrachaidh an uair sin.

**3.2012.03 CÙISEAN IONMHASAIL**

**(a) Teachd-a-steach is cosgais 2012-13**

Chaidh aithisg a dheasaich am Manaidsear Gnìomha, Anna Willoughby, a sgaoileadh a bha a' sealltainn a' Bhuidseit airson teachd-a-steach agus cosgaisean bho agus gu Fèisean nan Gàidheal suas gu 31 am Màrt 2013, agus a' sealltainn nan suimeannan a fhuaras agus a chaidh a chosg suas gu 31 An Lùnastail 2012.

Thug Buill a' Bhùird fa-near don aithisg.

**(b) Cunntasan Banca agus am fiosrachadh às ùire**

Mar a bha na cunntasan aig an àm:

- Cunntas Làitheil - £14,382.21
- Cunntas Àrd-rèidh - £237,758.97
- Cunntas Bhlas - £27,931.23

Tha an t-sùim a tha sa Chunntas Àrd-rèidh àrd a chionn 's gun d'fhuaras am maoineachadh YMI ach cha deach mòran dheth sin a phàigheadh a-mach fhathast.

**(c)** **Tabhartasan a chaidh a ghealltainn do dh'Fhèisean ann an 2012-13**
Chaidh liosta de thabhartasan a chaidh a ghealltainn do dh'Fhèisean ann an 2012-13, a dheasaich Anna Willoughby, a sgaoileadh, le suimeannan a chaidh a phàigheadh gu 31 An Lùnastail 2012.

Thug Buill a' Bhùird fa-near don aithisg.

**(d)** **Cunntasan Riaghlaidh airson na ràithe gu 30 Ògmhios 2012**
Chaidh Cunntasan Riaghlaidh airson na ràithe gu 30 Ògmhios 2012, a dheasaich Mann Judd Gordon, a sgaoileadh agus thugadh fa-near dhaibh.

**(e)** **Cunntasan Bliadhnail gu 31 Màrt 2012**
Chaidh na Cunntasan Bliadhnail airson na bliadhna a' crìochnachadh air 31 Màrt 2012, a dheasaich Mann Judd Gordon, a sgaoileadh.

Ghabh Elaine Spence riutha agus thug Donnchadh MacGuaire a thaic dhi agus dheigheadh na cunntasan a mholadh dhan Choinneimh Bhliadhnail.

Bhiodh Anndra Cuimeineach, an neach-cunntais, aig a' Choinneimh Bhliadhnail gus ceistean a fhreagairt.

**(f)** **Ath-fhastadh Mann Judd Gordon mar luchd-sgrùdaidh**
Mhol am Bòrd Mann Judd Gordon fhastadh a-rithist mar luchd-sgrùdaidh às dèidh dhuinn tuairmse fhaighinn bhuapa airson cosgais na seirbheis rè na h-ath-bhliadhna.

**(g)** **Maoineachadh bho Ùghdarrasan Ionadail: Fiosrachadh ùr**
Thuirt Art MacCarmaig gun robh na cùmhnantan eadar sinn is Comhairle na Gàidhealtachd, Comhairle nan Eilean Siar agus Comhairle Earra-Ghàidheal is Bhòid a-nis uile air an aontachadh.

Bha an tabhartas bho Chomhairle nan Eilean Siar 10% nas lugha na bha e an-uiridh, ach bha £20,000 a bharrachd a' tighinn bho Chomhairle Earra-Ghàidheal is Bhòid agus bhiodh am maoineachadh bho Chomhairle na Gàidhealtachd a' fuireach aig an aon ìre.

Thug am Bòrd fa-near do na tabhartasan bho na h-ùghdarrasan ionadail.

**(h)** **Cothrom For-tharraing le Banca Dhail Chluaidh PLC**
Às dèidh co-dhùnadh a' Bhùird aig a' choinneimh mu dheireadh far an do dh'aontaich iad gabhail ri cothrom fo-tharraing le Banca Dhail Chluaidh Plc, fhuair sinn litir bhon bhanca, Litir mu Atharrachadh air a' Chothrom For-tharraing, a dh'atharraich am mìos airson sgrùdadh bliadhnail air a' chothrom for-tharraing bho Giblean 2013 gu Faoilteach 2013.

Mhol Donnchadh MacGuaire gun gabh sinn ris an atharrachadh, agus thug Elaine Spence a taic dha.

Às dèidh beachdachadh gu faiceallach agus gu cùramach air riaghailtean na Litreach agus gach cùis eile a bha iomchaidh, **CHAIDH AONTACHADH**:

1. Gun cumadh an Companaidh air a' dèanamh feum de na Cothroman uile a rèir nan riaghailtean is cùmhnantan a tha ainmichte san Litir Chothroman agus a rèir atharraichean san litir, agus seo gu buannachd a' Chompanaidh, agus chun na buannachd choimeirsealta as motha, agus e a' leantainn air le obair, agus gun gabhar ri agus gun aontaichear ri riaghailtean agus cùmhnantan na Litreach;
   agus

2. gun deigheadh an Litir Chothroman a làimhseachadh às leth a' Chompanaidh leis an Stiùiriche ainmichte gu h-ìosal, agus tha cead aca ('s iad nan Stiùiriche) cuideachd an làmh a chur ri na leanas às leth a' Chompanaidh: sgrìobhainnean eile, aontaidhean, teisteanasan, fiosan, brathan-conaltraidh no dearbhaidhean, nam measg atharraichean,

eadar-dhealachaidhean, ùrachaidhean is leudachaidhean, a dh'fheumar a dhèanamh 's dòcha an lùib nan Cothroman, no na Litreach Chothroman no na Litreach.

Dhèilig Fiona NicIain (Rùnaire a' Chompanaidh) ris an sgrìobhainn às leth a' Bhùird.

**3.2012.04 CÙISEAN POILEASAIDH**

**(a) Sgrùdadh air Bòrd Fèisean nan Gàidheal**

Bhruidhinn Art MacCarmaig air mar a bha HIE ag iarraidh gun dèan Fèisean nan Gàidheal sgrùdadh air a' Bhòrd aca, na sgilean a th' againn, na siùil taghaidh againn msaa. Thathar an dùil seo a dhèanamh sna mìosan a tha romhainn.

Tha an ùine aig còignear bhall gu bhith tighinn gu crìch – Catrìona Nic an t-Saoir, Magaidh Chamshron, Bernard Bell, Seònaid NicDhòmhnaill is Fiona NicIain – agus mar as àbhaist feumaidh sinn taghaidhean a chumail airson buill ùra ron ath choinneimh den Bhòrd san Dùbhlachd.

Ge-tà, seach gu bheil sgrùdadh gu bhith ann a dh'fhaodadh iarraidh oirnn na dòighean sa bheil sinn a' taghadh buill ùra atharrachadh, mhol Art gum biodh e na b' fheàrr 's dòcha nam fuiricheadh na buill a th' againn an-dràsta airson ùine a bharrachd gus a bheil an sgrùdadh seachad.

Bha Fèisean nan Gàidheal agus am Bòrd toilichte leis an t-siostam taghaidh a th' ann an-dràsta a tha leigeil leis na Fèisean buill a' Bhùird a thaghadh agus chan eil sinn a' faicinn adhbhar airson an siostam sin atharrachadh.

Bidh Art a' coinneachadh ri Anne Marie Reid bho HIE air 3 Dàmhair gus bruidhinn mu dheidhinn seo agus gus faighinn a-mach dè dìreach a tha HIE ag iarraidh coimhead air a thaobh ballrachd a' Bhùird.

Chaidh aontachadh gum fuiricheadh na buill a bha còir am Bòrd fhàgail gus am faigheamaid soillearachadh air a' chùis seo, agus sinn an dòchas gum faigheamaid fios ro dheireadh na bliadhna, agus nuair a bha Art air coinneachadh ri HIE, dhèanadh e co-dhùnadh a thaobh dè an seòrsa sgrùdaidh a bha dhìth.

**3.2012.05 CÙISEAN GNÌOMHAIL**

**(a) Aithisgean Adhartais Luchd-obrach**

Chaidh Aithisgean Adhartais bho luchd-obrach a sgaoileadh agus thug Buill a' Bhùird fa-near dhaibh.

Bha na h-aithisgean sin ann an dreach ùr gus am freagradh iad air a' Phròram Obrach agus builean nam buidhnean maoineachaidh.

Thuirt an comhairliche Iain A MacÌomhair gun robh iad seo gu math feumail dhàsan mar bhall ùr den Bhòrd, oir bha iad a' toirt fiosrachadh dha mu na diofar dhleastanasan a th' aig a h-uile duine is mar sin air adhart.

**(b) Fios mu dhleastanasan obrach chàich rè fòrladh màthaireil Oifigear Leasachaidh nan Eilean Siar**

Thugadh fa-near gun robh Jenna Mhoireasdan, Oifigear Leasachaidh nan Eilean Siar, a-nis air fòrladh màthaireil agus dùil aice ri leanabh san t-Samhain. Dh'fhaodadh gum bi i dheth airson suas ri bliadhna.

Thuirt Art MacCarmaig nach robh sinn an dùil duine fhastadh airson a dhol na h-àite san ùine sin. Tha Art is Calum Ailig a' dol a thoirt taic do na Fèisean aice agus cuideachadh sam bith a tha dhìth orra sna beagan mhìosan a tha romhainn agus bheir sinn sùil air an t-suidheachadh a-rithist sa bhliadhn' ùir.

Ghabh am Bòrd ri seo agus thuirt Art gun cuireadh e fios gu na Fèisean aig Jenna gus innse dhaibh co ris am bu chòir dhaibh bruidhinn aig Fèisean nan Gàidheal, mu bhith cur coinneamhan air dòigh agus mar sin air adhart.

**(c)** **Pròram na Coinneimh Bliadhnail agus na Co-labhairt 2012**
Chaidh am pròram airson an deireadh-sheachdain a sgaoileadh is ruith Anne Willoughby thairis air leis a' Bhòrd.

Thugadh fa-near dha mar nach b' urrainn do dh'Aonghas Grannd pàirt a ghabhail sa Co-labhairt Disathairne a-nis, ach dheigheadh na taisbeanaidhean a leanas a dhèanamh:

- Togail airgid (Iona NicDhòmhnaill)
- Goireasan Gàidhlig (Dougie Beck)
- Feumalachdan taice a bharrachd (Calum Ailig Mac a' Mhaoilein)
- A' foillseachadh Fèisgoil (Art MacCarmaig)
- Ceisteachan do na Fèisean (Anne Willoughby)

**(d)** **Aithisg Bhliadhnail 2012**
Chaidh crìoch a chur air an Aithisg Bhliadhnail airson 2012 agus bha i ri faotainn air an làrach-lìn agus bha leth-bhreac dhith sna pasgain a fhuair buill a' Bhùird is riochdairean nam Fèisean aig a' Choinneimh Bhliadhnail.

Ghabh buill a' Bhùird ris an Aithisg

**3.2012.06** **EILE**

**(a)**
- Dh'fhaighnich Donnchadh MacGuaire am b' urrainn do dh'Fhèisean nan Gàidheal a dhol an sàs san Fhèis air Colbhasa oir 's e tachartas math a th' ann agus bhiodh e math nam b' urrainn dhuinne a bhith nar pàirt dhi. Thuirt Art MacCarmaig gum bu chòir dhuinn iarraidh air Cairistìona Nic an t-Saoir, an t-Oifigear Leasachaidh againn ann an Earra-Ghàidheal, fios a chur thuca feuch a bheil iad feumach air taic bhuainn.
- Dh'fhaighnich Donnchadh MacGuaire an robh dòigh ann anns am b' urrainn do dh'Fhèisean nan Gàidheal aithne no duais a thoirt do dhaoine a tha, thar nam bliadhnaichean, air obair a dhèanamh a tha airidh air moladh a thaobh ceòl traidiseanta. Thuirt Art MacCarmaig gun robh sinn mu thràth a' toirt urrasachd don "Hall of Fame" aig na Duaisean Ciùil Traidiseanta, ach dhèanadh e rannsachadh feuch an robh dad eile a b' urrainn dhuinn a dhèanamh agus thilleadh e le fiosrachadh aig an ath choinneimh.
- Dh'innis Iain Mac a' Ghobhainn mar a bha ceòl gu bhith na phàirt den tachartas "Dèanta ann an Alba" aig Iomall Fèis Dhùn Èideann bho sheo a-mach. Bha e air coinneachadh ri Art MacCarmaig is Donaidh Rothach bho Shabhal Mòr Ostaig o chionn ghoirid gus bruidhinn mu mar a dh'fhaodadh Pròram Gàidhlig a bhith na phàirt de dh'Fhèis na h-ath-bhliadhna agus iad an dùil pròram nas fharsainge a thoirt a-steach ann an 2014.
- Bhruidhinn Iain Mac a' Ghobhainn mu chuid de na tachartasan mòra a bhios gan cumail ann an Alba san ùine a tha romhainn: Na Duaisean Folk aig Rèidio 2 ann an Glaschu san Fhaoilteach 2013; Co-labhairt Comhairle Chiùil na h-Eòrpa; Co-labhairt airson Sgrìobhaidhean-stiùiridh nan Ionadan-cleasachd Mòra.

**(a)** **Ceann-latha na h-ath-choinneimh**
Chaidh aontachadh gun deigheadh an ath choinneamh a chumail aig 1f air 6 Dùbhlachd ann an Glaschu. Tha sinn an dòchas gur ann aig an Lèanag a thèid a cumail, ach thèid seo a dhearbhadh nas fhaisge air an àm. Mura h-eil e freagarrach, thuirt Iain Mac a' Ghobhainn gum biodh cead againn Seòmar a' Bhùird aig Alba Chruthachail a chleachdadh air Sràid Sheòrais an Iar.

**(b)** **Coinneamh de Bhuidheann Riaghlaidh Fèisean nan Gàidheal**
Chaidh pàipearan a sgaoileadh am measg Buill a' Bhùird air a' phost-d mar fhiosrachadh.

# Fèisean nan Gàidheal

## Unapproved Minutes of the meeting of the Executive Group held on Thursday, 23 November 2012 from 10.00 am via telephone conference

Àireamh air a' Chlàr Chùisean: 4.2012.01(e)

**EX3.2012.01 PRELIMINARIES**

**(a) Present**

Catriona MacIntyre (Fèis Lochabair, Chair), Maggie Cameron (Fèis an Earraich, Vice-Chair), Fiona Johnston (Fèis Fhoirt, Secretary/Treasurer), Arthur Cormack (Fèisean nan Gàidheal Chief Executive), Anne Willoughby (Fèisean nan Gàidheal Executive Manager), Calum Alex MacMillan (Fèisean nan Gàidheal Development Manager), Moreen Pringle (Fèisean nan Gàidheal Business Officer).

**(b) Apologies**

Morag Anna MacLeod (Highland Council), Anne-Marie Reid (HIE), Ian Smith (Creative Scotland).

**(c) Minutes of previous Executive Group meeting for approval**

Minutes of the meeting held on 5 September 2012 had been circulated and were approved.

**(d) Matters arising**

There were no matters arising not already on the Agenda.

**EX3.2012.02 PROGRAMME UPDATES**

**(a) Fèisean (verbal – Arthur)**

By the end of October, Fèis Fhoirt, Fèis Rois nan Deugairean, Fèis Spè and Fèis a' Bhaile had all taken place. Fèis Spè had a new venue this year which seems to have worked well.

Fèis nan Deugairean, run by Fèis Lochabair, also took place and, although numbers were down slightly, the Fèis itself was enjoyed by all involved.

There have been a few Fèis AGMs recently with new committees being formed. The Development Officers are due to meet with their Fèisean over the next month or so to help them complete their 2013-14 grant application forms.

Fiona Johnston had met with Gillian Aitken to discuss getting Fèis Obar Dheathain going again. Gillian was going to speak to some of the parents who might be interested in helping out and get back to us with more information. Alec MacDonald who is now based in Aberdeen had expressed an interest in helping too.

**(b) Blas Festival 2012 and 2013 (verbal – Arthur)**

A further report on Blas 2012 including Box Office details etc would be put before the Board in December. The figures were fine for this financial year with a slight increase in anticipated box office.

For 2013 and 2014 we are looking into combining the Cèilidh Trails and Blas. Applications regarding this have been submitted to Creative Scotland and Event Scotland and the outcome of these applications should be known late December/early January.

**(c) Fèisgoil (verbal – Arthur)**

Arthur gave a verbal update on the current situation regarding Fèisgoil.

The Perth & Kinross Council contract is still ongoing – it was extended by a couple of weeks. They also hope to take out another contract with us in the New Year.

Dougie and Angus are currently working with FilmG.

Meetings have taken place with Falkirk Council and Comhairle nan Eilean Siar who are both interested in the Service. Further meetings with Argyll & Bute Council and Glasgow City Council are planned and North Ayrshire Council have also requested further information.

Training for tutors is to take place in Glasgow on 1 December with 18 tutors booked in. Rae MacEachern had expressed an interest to be involved in and give input regarding the YMI tuition in schools. A further training day in the Highland area will be arranged in the New Year. The aim is to have a good geographic spread of tutors.

**(d) An Gille agus Maighstir Tìm (circulated – Calum Alex)**
There had been circulated a report by Calum Alex regarding an approach (from Bright Night International) which has been made to Fèisean nan Gàidheal to become involved in supporting a Gaelic medium circus show and tour during 2013. Arthur and Calum Alex had met with the people involved to discuss the project further.

Our role would be to help with the admin side of the project, help raise funding and organise the tour using our School links. The total project costs would be in the region of £50,000. Bright Night have estimated that they can find up to £20,000 for the project which means that Fèisean nan Gàidheal would be looking to raise up to £30,000. This would require a significant amount of input from Fèisean nan Gàidheal staff in sourcing funding from bodies such as Creative Scotland, Bòrd na Gàidhlig and EventScotland as well as partnerships with other Gaelic Organisations. However staff are fairly confident that this is achievable.

The project would offer something different to Gaelic schools and could also be tied in with Blas and perhaps some of the Fèisean taking place prior to September. The opportunity for some street theatre during Blas would also be investigated.

The Executive Group members were in agreement that this was a worthwhile project and were supportive of it going ahead. A report will be brought before the Board in December for approval.

**(e) Cèilidh Trails 2013 and onwards (verbal –Arthur)**
This is the final year of the LEADER funding so we will have to investigate alternative funding for the future (although there is a possibility of some LEADER funding becoming available for next year).

It is hoped to perhaps build Cèilidh Trails into the Blas Festival and applications for funding from various bodies based on this project have been made and their outcome is awaited.

It is anticipated that we will be able to run Cèilidh Trails but perhaps not on as big a budget as in previous years – although we will still be able to offer a good programme.

**(f) Gaelic Song-writing project and new Collecting Project (verbal – Arthur)**
As a follow up to the Archive Project it is hoped to expand on the Gaelic song-writing project which took place earlier this year. It is now planned, in collaboration with FilmG, to take the songs which were written & produced and create music videos.

A new Collecting Project is also being planned. This will concentrate on the collection of Traditional Gaelic Songs. Young people will interview people in their areas and get the stories behind songs, collect the songs themselves etc and will then learn and re-record these songs, so they can remain in the repertoire. If there is no-one available for them to interview then they will use the archives of Tobar an Dualchas to research and "resurrect" old songs.

A funding application for the collecting project has been made to the Heritage Lottery Fund and it has passed the outline stage.

The Executive Group agreed that these sounded like worthwhile projects.

**EX3.2012.03 FINANCIAL ISSUES**
**(a) Income and Expenditure 2012-13 (circulated - Anne)**
A report on Income and Expenditure for 2012-13 to 30 October 2012 amended for the 2nd half of the year had been circulated. Arthur and Anne had amended the budget which would now go before the Board for

approval.

There were outstanding amounts of money from HIE (£56,743) and LEADER (£34,927). Some LEADER money has been claimed and is overdue for payment, while other sums have still to be claimed.

**(b) Management Accounts to 30 September 2012 (circulated - Anne)**
The consolidated management accounts to 30 September prepared by Mann Judd had been circulated and there were no concerns at this stage.

**(c) Bank Balances and up to date information (verbal - Anne)**
The current bank balances were given as follows:
- £2,147.48 in the Current account
- £218,291.18 in the High Interest account
- £6,976.75 in the Blas account

**(d) Grants to Fèisean 2012-13 (circulated - Anne)**
A report showing the grants awarded to Fèisean (and those paid out to date) had been circulated.

All grants were being paid out as required on submission of claims from the Fèisean.

Fèis Ìle had now been awarded an Annualised Hours grant and were applying for a Development Fund Grant.

The Argyll & Bute Council monies had been received and an offer of grant had gone out to four Fèisean in their area. We are awaiting more information from the other Argyll & Bute area Fèisean on their activities before we allocate the remaining funding.

**EX3.2012.04 STAFFING ISSUES (verbal – Arthur)**
**(a) Lochaber Development Officer and Maternity Cover**
The post of Lochaber Development Officer had been advertised but, following a short-listing meeting, it had since been re-advertised and number of new applications had been received. Arthur, Anne, Calum Alex and Catriona were going to draw up a shortlist and subsequent interviews would be arranged to take place before we break up for Christmas.

Arthur was pleased to let members know that Jenna Morrison had now had a wee girl and both were doing fine. Nicola Simpson has also advised that she is expecting a baby. Plans will need to be put in place to cover both posts whilst they are off. This will be looked into in the New Year, as originally planned when Jenna left on maternity leave.

**(b) Media Training (verbal – Arthur)**
Arthur spoke about a seminar which he had attended recently which was organised by the Scottish Government and led by Hugh Dan MacLennan. It was aimed at Gaelic organisations to help them with media skills, how to deal with the press etc. It had been a useful seminar and the possibility of Gaelic organisations joining together to deal with media problems may be an outcome to be investigated.

Fèisean nan Gàidheal had also recently held a staff training day with Hugh Dan to discuss how to deal with the media, raise our profile etc. The staff involved had found it very useful. Hugh Dan was going to come back to us with recommendations for the way forward.

**EX3.2012.05 DEVELOPMENT ISSUES**
**(a) Board Review (circulated - Arthur)**
A report by Arthur updating on the proposed review of Fèisean nan Gàidheal's Board of Directors was circulated.

Arthur had been in discussion with Anne Marie Reid of HIE and had prepared a skills matrix of the current board members showing there is a good spread of skills within the Board. HIE's issue seems to be ensuring that we are able to retain skills and ensure that appropriate skills are present in the Board at all times.

Arthur had looked into the possibility of Arts & Business Scotland undertaking a review and a full report would be brought before the Board in December.

**(b) Presentation to Comhairle nan Eilean Siar (verbal – Arthur)**
Arthur advised that himself and Calum Alex had recently met with officers at CnES and were due to make a presentation to the CnES Gaelic Implementation Group to bring them up to date with information on the Western Isles Fèisean and Fèisgoil as well as possible plans to extend Blas and Cèilidh Trails to the Western Isles.

The officers were very interested in all aspects of our work and are looking into ways which they can utilise our services and the presentation to the committee will give elected members an opportunity to ask any questions and for them to be informed of opportunities for collaboration.

**(c) Marketing Consultancy from HIE (verbal – Arthur)**
Arthur advised that we were entitled to four days of a Marketing Consultant, paid for by HIE, who would work with us on Blas, Cèilidh Trails, Fèisgoil etc. Arthur had already had an initial day with the consultant appointed, Peter Andrew, and more days were planned involving staff and possibly Fèisean and Cèilidh Trail Co-ordinators.

**EX3.2012.06 BOARD MEETING**
**(a) Agenda items for forthcoming Board meeting**
The next Board Meeting is due to take place in the Holiday Inn Express, at Glasgow Airport on 6 December (An Lèanag and Creative Scotland meeting rooms all being unavailable).

As well as the usual Agenda items it was agreed to include the following:
- An Gille agus Maighstir Tìm
- Board Review
- Blas 2012 and Beyond
- Training Plans
- Drama Plans

With regard to Drama it was noted that the Gaelic Pinto Tour starts on 3 December. It is mainly visiting Schools but there will be some public performances too. Information on the tour dates, venues etc would be issued to Board Members.

Bòrd na Gàidhlig have made funding available for Gaelic Drama groups in six different areas throughout Scotland to work together to form projects to help develop Gaelic Drama. A grant of up to £10,000 is available in each area and Arthur and Calum Alex are involved in those in Skye and Inverness.

**EX3.2012.07 GENERAL**
**(a) AOCB (verbal)**
The iPads for Board Members and those staff that require them have now been ordered and should arrive before the December Board Meeting.

**(b) Date and venue of next meeting**
It was agreed to wait until the Board set the dates for the 2013 Board Meetings before we agree Executive Meeting dates.

# Fèisean nan Gàidheal

## Adhartas le Pròram-obrach Fèisean nan Gàidheal

Àireamh air a' Chlàr Chùisean: 4.2012.02(a)

**Adhbhar a' Phàipeir**

Airson geàrr-iomradh a thoirt do bhuill a' Bhùird air adhartas le pròram-obrach na buidhne.

**Cùl-fhiosrachadh**

Tha an aithisg seo a' dèiligeadh ris an ùine eadar 1 Giblean agus 30 Sultain a' sealltainn builean mu choinneimh dhleasdanasan bho Phlana Leasachaidh Fèisean nan Gàidheal (FnG) a dh'iarr ar prìomh bhuidhnean-maoineachaidh – Alba Chruthachail (AC), Iomairt na Gàidhealtachd 's nan Eilean (InG), Bòrd an Gàidhlig (BnG), Comhairle na Gàidhealtachd (CnG), Comhairle nan Eilean Siar (CnES) agus Comhairle Earra-Ghàidheal is Bhòid (CEB) mar phàirt de na h-aontaidhean leotha.

Bidh buill a' Bhùird mothachail air dreach ùr na h-aithisg le na builean mu choinneamh gach buidheann air an comharrachadh fa leth agus fiosrachadh àireamhail a tha a dhith air InG innte cuideachd. Bidh luchd-obrach a' leantainn an cruth seo agus tha fiosrachadh, an dèidh 30 Sultain, anns na h-aithisgean aca fhèin a thèid air adhart gu aithisg shlàn airson an treas ràithe de 2012-13, gu 31 Dùbhlachd 2012.

Tha sinn a' cleachdadh siostam 'DOU' – Dearg, Òmar & Uaime – agus gach ìre a' ciallachadh:

| | |
|---|---|
| Dearg | Dearg |
| Òmar | Òmar |
| Uaine | Uaine |

| Àir. | | Dleastanas ann am Plana FnG | Adhartas | Ìre |
|---|---|---|---|---|
| **Builean Alba Chruthachail** | | | | |
| AC1 | Taic a chumail ri Fèisean fa leth is an leasachadh, farsaingeachd an cuid obrach a leudachadh agus sàr dhòighean-obrach a stèidheachadh tro lìonra de phrìomh oifigearan | Lìbhrigeadh Sheirbheisean | Tha Oifigearan Leasachaidh air an comharrachadh mar phrìomh oifigearan airson gach Fèis ris am faod na Fèisean bruidhinn sa chiad dol-a-mach nuair a tha iad feumach air seirbheisean Fèisean nan Gàidheal no taic le obair leasachaidh.<br>Bidh na h-Oifigearan Leasachaidh a' cur aithisgean air beulaibh a' Bhùird-stiùiridh againn agus tha pàipearan nan coinneamhan aca air ar làrach-lìn. | |
| AC2 | Taic a chumail ri stèidheachadh Fhèisean ùra nuair a dh'iarras coimhearsnachdan cuideachadh gus sin a dhèanamh | Leasachaidhean Ùra | Thèid Fèisean ùra a stèidheachadh nuair a thig iarrtas bho choimhearsnachd is aon uair 's gu bheil Bòrd Fèisean nan Gàidheal riaraichte gu bheil an Fhèis ùr a' gabhail ri amasan is cinn-uidhe Fèisean nan Gàidheal. | |

| | | | | |
|---|---|---|---|---|
| | | | Ann an 2012-13, cha deach Fèis ùr air a stèidheachadh ach chaidh Fèis an Rubha ath-nuadhachadh agus thàinig i a-steach mar bhall ùr den bhuidhinn. | |
| AC3 | Sgeama Thabhartasan do dh'Fhèisean a ruith le taic-airgid bho dhiofar thobraichean maoineachaidh | Lìbhrigeadh Sheirbheisean | Chaidh taic-airgid a thabhann do 45 Fèisean tro Sgeama Thabhartasan Fèisean nan Gàidheal 2012-13 a fhuair maoineachadh bho Alba Chruthachail, Iomairt na Gàidhealtachd is nan Eilean, Comhairle na Gàidhealtachd, Comhairle nan Eilean Siar is Comhairle Earra-Ghàidheal is Bhòid. | |
| AC4 | Airgead a chur an seilbh Leasachaidhean Ùra tro Sgeama Leasachaidh nam Fèisean | Leasachaidhean Ùra | Gu ruige seo tha sinn air iarrtas fhaighinn bho Fèis an Rubha is iad ag iarraidh prìomh thachartas na Fèise aca a stèidheachadh às ùr a thèid a chumail aig toiseach an Lùnastail. Tha dùil againn ri iarrtasan eile nas fhaide dhen bhliadhna.<br>Thug sinn taic do dh'Fhèis Rois le Flashmob aig Blas agus tha dùil againn taic a chumail ri Fèis Ìle le tachartasan ann an sgoiltean Ìleach airson clan a bhrosnachadh a dhol chun Fhèis. Tha an sgeama fosgailte do na Fèisean uile. | |
| AC5 | Cleachdadh na Gàidhlig a leudachadh le bhith a' cur an gnìomh ar Poileasaidh Gàidhlig a chaidh a dheasachadh às ùr is a neartachadh | Leasachaidhean Ùra | Chaidh ceithir làithean-trèanaidh Gàidhlig a chumail ann an 2012 gu ruige seo le 91 daoine a' gabhail pàirt annta. | |
| AC6 | Iomairtean dràma Ghàidhlig a chur air adhart, leithid an Sgoil Shamhraidh Dràma Ghàidhlig, cuairtean le Meanbh-Chuileag a' bhuidheann dràma-oideachaidh agus Fèisean dràma | Leasachaidhean Ùra | Bidh Meanbh-Chuileag a' dol air chuairt timcheall nan sgoiltean le pantomime san Dùbhlachd 2012 agus le dealbh-chluich ùr tràth ann an 2013. Faicibh BnG11 gu h-ìosal.<br>Chaidh an Sgoil Shamhraidh Dràma Ghàidhlig a chumail san Iuchar aged ged a bha na h-àireamhean a ghabh pàirt air lùghdachadh bha i gu math soirbheachail le tachartas aig deireadh chùisean far an robh ceòl agus dràma tro cho-obrachadh le na Cèilidhean air Chuairt. | |
| AC7 | Tachartasan tro mheadhan na Gàidhlig a chur air adhart far a bheil daoine a' dol an sàs sna h-ealain agus is raointean cultarach eile | Leasachaidhean Ùra | Shoirbhich le tachartas còmhnaidheach, Còig Latha, a chaidh a chumail ann an Leòdhas aig àm na Càisge 2012 far an robh deugairean ag ionnsachadh ceòl is seinn agus cuideachd a' dol an sàs ann an diofar obraichean is chur-seachadan ann an coimhearsnachd Ghàidhlig, leithid fighe, seòladh, obair croitearachd, gearradh mòna is còcaireachd.<br>Tha sinn air tòiseachadh air ullachadh a dhèanamh airson tachartas den aon seòrsa an ath bhliadhna. | |
| AC8 | Taic a chumail ri Fèisean a thaobh na Gàidhlig agus oidean bhon Sgioba-G againn a' cur tachartasan air dòigh | Lìbhrigeadh Sheirbheisean | Thug an Sgioba-G taic a thaobh na Gàidhlig do 5 Fèisean ann an 2012. | |
| AC9 | A' leantainn oirnn a' cumail taic ri is a' cur air adhart sgrìobhadh òrain ùra ann an Gàidhlig | Leasachaidhean Ùra | Chaidh crìoch a chur air a' phròiseact Taigh nan Òran, a chaidh a chumail an co-bhuinn ri Watercolour gus sgrìobhadh òrain a bhrosnachadh, is bidh cothrom ann èisteachd ris na h-òrain air làrach-lìn | |

| | | | | |
|---|---|---|---|---|
| | | | Fèisean nan Gàidheal agus coimhead air bhidiothan le agallamhan leis na daoine a sgrìobh na h-òrain.<br>A' co-obrachadh leinn, tha FilmG a' sireadh bhideothan ciùil airson nan òran a chaidh a chruthachadh.<br>Tha sinn an dòchas pròiseact den aon seòrsa a chur air dòigh ann an 2013. | |
| AC10 | A' cumail oirnn a' brosnachadh muinntir nam Fèisean gu bhith cruinneachadh, a' tasgadh is a' dèanamh feum de shusbaint a thàinig às an dualchas ionadail aca fhèin | Leasachaidhean Ùra | Tha sinn air adhartas a dhèanamh leis a' phròiseact seo agus air faighinn tron chiad chuairt a tha a' leigeil leinn iarrtas a chur gu Maoin Dualchais a' Chrannchuir. | |
| AC11 | A' cumail oirnn a' cur air adhart obair nam Fèisean ann an roinn fhoirmeil an fhoghlaim, ann am compàirt ri YMI ann an Roinn na Gàidhealtachd agus ann an roinnean ùghdarrasan ionadail eile nuair a gheibh sinn an cothrom | Com-pàirteachas agus Cùmhnantan | Tha YMI le Comhairle na Gaidhealtachd a' leantainn agus thòisich clasaichean a-rithist san Lùnastal 2012.<br>Le bhith stèidheachadh Fèisgoil, tha sinn air còmhraidhean a chumail le ùghdarrasan ionadail eile agus tha sinn air a bhith a' bruidhinn mu chlasaichean ciùil a lìbhrigeadh tro YMI dhaibhsan. | |
| AC12 | Cothroman eile a chur air adhart far am bi ar n-obair a' neartachadh foghlam Gàidhlig | Leasachaidhean Ùra/ Com-pàirteachas agus Cùmhnantan | A thuilleadh air obair dràma sna sgoiltean is an Fhèis Dràma Ghàidhlig ann an Earra-Ghàidheal & Loch Abar, chuir sinn air dòigh Fèis aon-latha ann an Àrd-sgoil Phort Rìgh aig deireadh an Ògmhios.<br>Tha sinn an dùil an obair a nì sinn ann am foghlam foirmeil a leudachadh thar na bliadhna ri tro Fhèisgoil.<br>Fhuair sinn cùmhnant bho Chomhairle Peairt is Ceann Rois airson Gàidhlig a theagasg ann an 3 sgoiltean ann an sgìre Pheairt thairis air 12 seachdain. | |
| AC13 | Cothroman trèanaidh is leasachadh proifeiseanta a chur air dòigh, don a h-uile duine a tha an sàs ann a bhith cur air adhart is ag eagrachadh nam Fèisean is a tha a' gabhail pàirt annta, agus do bhuidhnean eile a tha an sàs ann a bhith leasachadh is a' lìbhrigeadh ceòl traidiseanta | Lìbhrigeadh Sheirbheisean/ Com-pàirteachas agus Cùmhnantan | Chuir sinn trèanadh Gàidhlig air dòigh los gum biodh barrachd Gàidhlig ga cleachdadh ann an clasaichean nam Fèisean.<br>Chaidh cùrsaichean a chumail airson daoine a tha a' gabhail pàirt sna Cèilidhean air Chuairt agus tha sinn air briathrachas a chur ri chèile a bhios a' nochdadh air ar làrach-lìn.<br>Bidh cùrsaichean airson oidean a' tachairt san t-Samhain agus san Dùbhlachd. | |
| AC14 | Thèid sinn an sàs, nuair as urrainn dhuinn, ann an obair chompàirt le fòraman a tha stèidhichte, nam measg tha Fòram Ceòl Traidiseanta na h-Alba agus Fòram Ro-innleachd nan Ealain Gàidhlig | Com-pàirteachas agus Cùmhnantan | Nì sinn conaltradh mar as iomchaidh ri buidhnean eile is bidh sinn tric a' sgaoileadh fiosrachadh às leth bhuidhnean eile a tha an sàs ann an ceòl traidiseanta mar Fòram Ceòl Traidiseanta na h-Alba.<br>Dh'obraich sinn còmhla ri Bòrd na Gàidhlig is an t-Oifigear Ealain is Cultair aca (a tha air a fhastadh ann an compàirt ri Alba Chruthachail) gus iomairtean dràma a chur air adhart is bidh sinn ag obair còmhla ri Sabhal Mòr Ostaig is buidhnean eile gus tuilleadh leasachaidh a thoirt air dràma Ghàidhlig.<br>Tha sinn air a bhith a' conaltradh ri ATLAS san Eilean Sgitheanach a | |

| | | | | |
|---|---|---|---|---|
| | | | thaobh Leasachadh Thàlant. | |
| AC15 | Tuilleadh obair chompàirt a stèidheachadh còmhla ris an roinn choimeirsealta is sinn a' togail air an taic urrasachd a ghlèidh sinn do Bhlas | Com-pàirteachas agus Cùmhnantan | Bidh sinn gu gnìomhach a' sireadh taic-airgid do Bhlas, agus airson 2012 tha sinn air aonta fhaighinn bho RBS, Am Fosglan Gnìomhachais agus Colaiste na Gàidhealtachd an lar gun toir iad taic urrasachd don tachartas. Bidh sinn cuideachd gu gnìomhach a' sireadh urrasachd do phròiseactan eile air a bheil sinn ag obair, gu sònraichte na Cèilidhean air Chuairt bho 2013 air adhart. | |
| AC16 | Feum a dhèanamh de na cothroman a th' ann barrachd bathar a reic mar na leabhraichean, CDan, DVDan is eile aig na Fèisean | Leasachaidhean Ùra | Tha sinn air bùth a stèidheachadh air ar làrach-lìn ùr is chithear gach seòrsa bathair a tha Fèisean nan Gàidheal a' reic an sin a-nis. Cuiridh sinn ann am bathar bho na Fèisean eile agus nì sinn am feum as motha de na cothroman gus leabhraichean a reic aig consairtean nam Fèisean is tachartasan eile. | |
| AC17 | A' togail air ìomhaigh nam Fèisean le tachartasan a dh'aona-ghnothach a nì sanasachd air ar n-obair, barrachd chothroman gus naidheachdan a sgaoileadh sna meadhanan is a' dol an sàs ann an tachartasan far am bi cothrom sanasachd a dhèanamh air ar n-obair | Leasachaidhean Ùra/ Com-pàirteachas agus Cùmhnantan | Gu ruige seo, ann an 2012-13 ghabh cuid de an Cèilidhean air Chuairt pàirt ann an tachartasan ionadail agus aig Blas.<br>Chluich Trad Trails Fèis Rois aig grunn thachartas chliùiteach.<br>Bha Ceilear, bho Fhèis an Earrach, a' cluich airson Riaghaltas na h-Alba nuair a choinnich an Caibineat san Eilean Sgitheanach.<br>Tha dùil gum bidh sgioba de chluicheadairean òga aig a' gheama eadar-nàiseanta Iomain/Hurling ann an Alba agus ann an Èirinn. | |
| AC18 | Ann an compàirt ri Alba Chruthachail, Iomairt na Gàidhealtachd is Bòrd na Gàidhlig cumaidh Fèisean nan Gàidheal orra a bhith na phrìomh bhuidheann a tha a' cur air adhart is a' sìor leasachadh ceòl traidiseanta is na h-ealain Ghàidhlig an Alba | Com-pàirteachas agus Cùmhnantan | Tha ar pròg ram obrach air fad ag amas air a' bhuil seo agus tha sinn den bheachd gu bheil ar pròg ram a' coileanadh an amais seo. | |
| AC19 | Fèis Bhlais a chur air adhart mar fhèis aig a bheil ceòl, Gàidhlig agus òigridh, agus a leudachadh gus am bi filmichean, sgrìobhadairean, biadh is deoch mar phàirt dhith | Leasachaidhean Ùra/ Com-pàirteachas agus Cùmhnantan | Bha Blas 2012 nas lugha ged a bha i soirbheachail. A bharrachd air na 28 prìomh chuirmean, bha taghadh farsaing de thachartasan ann leithid ceòl sna sgoiltean, buidhnean còmhraidh Gàidhlig, cèilidhean taighe agus filmichean. Bha sgrìobhadairean Gàidhlig ann agus bha Cuairt nam Bàrd, a tha air a bhith dol airson bliadhnaichean, aig an fhèis le taic bho Cholmcille.<br>Chaidh ceithir pròg raman a dhèanamh airson BBC ALBA le BeesNees Media. | |
| AC20 | A' cumail oirnn a' toirt taic don lìonra de Chèilidhean air Chuairt | Leasachaidhean Ùra | Chaidh taic a chumail ri 7 Cèilidhean air Chuairt ann an 2012 agus chluich iad aig còrr is 200 cèilidh is tachartas air feadh na h-Alba. Bha Cèilidh air Chuairt aig Fèis Fhoirt airson a' chiad uair. Chùm Fèis Rois pròg ram farsaing de Trad Trails an co-bhuinn ri TMSA, a thuilleadh air a' Chèilidh air Chuairt aca, agus bha seo gu math soirbheachail. | |
| AC21 | A' cumail oirnn a bhith nar pàirt den iomairt gus Ro-innleachd | Com-pàirteachas | Tha sinn air a bhith an-sàs ann an conaltradh le Bòrd na Gàidhlig mu | |

| | | | | |
|---|---|---|---|---|
| | Nàiseanta nan Ealain Gàidhlig a lìbhrigeadh agus a' toirt taic do dh'obair an Oifigeir Ealain Ghàidhlig | agus Cùmhnantan | lìbhrigeadh Ro-innleachd nan Ealain Gàidhlig a tha mar phàirt de Phlana Nàiseanta na Gàidhlig 2012-17. Anns a' chiad dol a-mach tha fòcas air a bhith air dràma Ghàidhlig ath-nuadhachadh agus bidh cothrom maoineachaidh ann san t-Samhain airson co-obrachadh a bhios a' toirt seo gu buil. | |
| AC22 | A' cumail oirnn a' cuideachadh le obair a thaobh nan ealain Gàidhlig ann am foghlam tro mheadhan na Gàidhlig ann an sgìrean nan lomairtean Gàidhlig | Com-pàirteachas agus Cùmhnantan | Tha Fèisean nan Gàidheal a' cumail orra a' cuideachadh le obair ann an sgìrean nan lomairtean Gàidhlig, gu sònraichte na sgìrean far a bheil luchd-obrach againn is far a bheil Fèisean. Bidh sinn a' tabhann cothrom air uidheamachd oifis is àite sna h-oifisean fhèin a bharrachd air a bhith a' dol an sàs ann an iomadach pròiseact. | |
| AC23 | Co-labhairt Bhliadhnail a chumail | Lìbhrigeadh Sheirbheisean | Chaidh Co-labhairt 2012 a chumail sa Ghearasdan air 21 is 22 Sultain le 75 còmpairtichean agus aoighean an làthair thairis air an dà latha. Chaidh Fèisgoil a chur gu seòl aig an tachartas. | |
| AC24 | A' cumail oirnn a' toirt taic do dh'Fhèisean a tha airson an obair aca a leudachadh | Leasachaidhean Ùra | Taobh a-staigh nam buidseatan againn bheir sinn taic do dh'Fhèisean ionadail a tha airson an obair aca a leudachadh agus/no a tha airson barrachd a dhèanamh is a bhith nas neo-eisimeiliche. Tha sinn a' tabhann ghoireasan pàighidh do dh'Fhèis Bharraigh, Fèis a' Bhaile is Fèis Spè agus tha sinn a' toirt taic don obair Fhèise, is cuid de na Leasachaidhean Ùra, aig Fèis Rois.<br>Tha sinn air a bhith ag obair gu dlùth ri Fèis Spè gan cuideachadh a' lorg maoin ùr a bha roimhe a' tighinn bho LEADER airson a' program aca a chumail a' dol. | |
| AC25 | A' cumail oirnn a' dèanamh cinnteach gu bheil deagh dhòighean-obrach gan cur an sàs a thaobh Dìon Cloinne agus a rèir atharrachaidhean san lagh | Lìbhrigeadh Sheirbheisean | Tha clàr agus sgeama is siùil dhearbhaidh PVG aig Fèisean nan Gàidheal a tha coitcheann do na Fèisean uile, a nì cinnteach gu bheil teisteanas Disclosure aig gach oide, neach-stiùiridh is neach saor-thoileach. Tha an obair seo leantainneach. | |
| AC26 | A' cumail oirnn ag obair mar bhuidhinn a tha ag amas air sàr mhodhan lìbhrigidh nuair a thig e gu seirbheisean is pròiseactan, agus na dòighean-obrach againn san fharsaingeachd | Lìbhrigeadh Sheirbheisean | Tha sinn daonnan a' feuchainn ri piseach a thoirt air ar seirbheisean agus sgaoil sinn ceisteachan rannsachaidh am measg prìomh luchd-obrach nam Fèisean is buill nan comataidhean feuch dè am beachd a th' aca air mar a choileanas sinn ar dleastanasan agus ciamar a b' fheàrr a b' urrainn dhuinn an cuideachadh.<br>Bha toraidhean an rannsachaidh sin air am mìneachadh don bhallrachd aig a' Cho-labhairt Bhliadhnail agus tha sin nag obair air laigse sam bith a neartachadh.<br>Bidh sinn cuideachd a' measadh ar n-oidean YMI, a' sealltainn orra sna sgoiltean, gus na comasan aca a mheasadh agus gus moladh dhaibh ciamar a b' urrainn dhaibh piseach a thoirt air na dòighean-teagaisg aca. Thèid measadh bhon taobh a-muigh a dhèanamh bho àm gu àm air | |

| | | | | | | | |
|---|---|---|---|---|---|---|---|
| | | | | obair Fèisean nan Gàidheal le buidhnean a tha cur airgead an seilbh na h-obrach sin.<br>Bidh sinn cuideachd a' toirt sùil às ùr air na sgilean a th' againn taobh a-staigh na buidhne, is an dòigh anns am bi sinn a' taghadh Buill a' Bhùird Stiùiridh ro 31 Màrt 2013 mar phàirt de HIE 10 gu h-ìosal. | | |
| **Fiosrachadh Àireamhail** | | | | | | | |
| Obraichean (air an cruthachadh/gleidheadh) FTE | 17.9 | Teachd-a-steach bho mhalairt | £49,481 | Buidhnean coimhearsnachd a chaidh a stèidheachadh | 1 | Buidhnean coimhearsnachd le barrachd comais | 7 |
| Tabhartasan do dh'Fhèisean | £65,345 | Cosgais iomlan obair nam Fèisean | £210,062 | Teachd-a-steach iomlan a nì na Fèisean | £135,717 | Stòrais ùra a nì teachd-a-steach | 1 |
| Tachartasan cultarach | 19 | Daoine a gheibh buannachd | 1,975 | Compàirtichean | 677 | Luchd saor-thoileach | 85 |
| Obair gus lìonraidhean a chruthachadh | 2 | Seirbheisean/goireasan ùra/leasaichte | 1 | Seiseanan leasachaidh don luchd-obrach | 20 | Luchd-trèanaidh | 95 |
| Cèilidhean air Chuairt | 0 | Luchd-èisteachd nan Cèilidhean air Chuairt | 0 | Tachartasan an lùib nan Cèilidhean air Chuairt | 0 | Pròiseactan a nì feum do dh'eaconamaidh na Gàidhlig | 1,502 |
| **Builean Iomairt na Gàidhealtachd agus nan Eilean** | | | | | | | |
| InG1 | Seirbheis Ealain is Ghàidhlig airson Foghlam a stèidheachadh, a bhios ag amas air Gàidhlig a chur air adhart is a bhrosnachadh tro Aontaidhean Seirbheis le Ùghdarrasan Ionadail is buidhnean eile san roinn phoblaich, ro 31 Màrt 2015 | Leasachaidhean Ùra | Mar AC12 agus AC23 gu h-àrd, chaidh Fèisgoil a chur gu seòl agus tha còmhraidhean a' leantainn le grunn ùghdarras ionadail. Bidh sinn cuideachd a' faotainn cuireadh gu co-labhairt de na buidhnean poblach aig a bheil Planaichean Gàidhlig a bheireadh dhuinn cothrom a bharrachd ar seirbheisean a reic. | | | |
| InG2 | A' leantainn oirnn a' lorg chothroman coimeirsealta; a' dèanamh cinnteach gu bheil an teachd-a-steach bho mhalairt aig Fèisean nan Gàidheal na shùim a tha 35% de theachd-a-steach iomlan FnG, ro 31 Màrt 2015 | Leasachaidhean Ùra | Tha sinn den bheachd gun tèid an teachd-a-steach a tha sinn fhìn a' cosnadh, tha sin 40% den teachd-a-steach iomlan againn mu thràth, am meud ri linn seirbheisean a bharrachd a thabhainneas sinn mu choinneimh chothroman a th' ann an-dràsta. Tha sinn an dòchas an àireamh seo a chur suas gu mòr ach tha e mu thràth nas àirde na 35%. | | | |
| InG3 | 17.5 obraichean Ionann is Làn-thìde a ghleidheadh ann an sgìre obrach HIE air a' Ghàidhealtachd is sna h-Eileanan, ro 31 Màrt 2015 | Lìbhrigeadh Sheirbheisean | An-dràsta tha 14.2 obraichean FTE aig a' bhuidhinn. Ge-tà, le cothroman cosnaidh a bharrachd an lùib Fèisgoil is cùmhnantan eile tha sinn gu mòr an dòchas gum bi mòran a bharrachd air a 17.5 obraichean FTE againn mar a tha HIE ag iarraidh. | | | |
| InG4 | Obair a chur air adhart gu sònraichte ann an sgìrean cugallach, 3 Fèisean ùra is 5 pròiseactan eadar-ghinealaichean | Leasachaidhean Ùra | An-dràsta, a-mach à 37 Fèisean ann an sgìre HIE, tha 23 gan cumail ann an sgìrean cugallach. A thuilleadh air a bhith toirt taic do na Fèisean sin | | | |

| | | | | |
|---|---|---|---|---|
| | a chruthachadh sna sgìrean cugallach, ro 31 Màrt 2015 | | tha sinn ag obair còmhla ri Iomairtean Gàidhlig a tha ag obair ann an sgìrean cugallach ann an Leòdhas, Uibhist, An t-Eilean Sgitheanach agus Loch Abar. Chaidh 9 prìomh tachartasan an lùib Bhlais is 49 tachartasan tro na Cèilidhean air Chuairt am bliadhna. Nì sinn ar dìcheall gus obair Fèisean nan Gàidheal a chur air adhart a bhios gu sònraichte ag amas air na sgìrean cugallach. | |
| InG5 | Rannsachadh a dhèanamh feuch an gabhadh iomairtean dràma Ghàidhlig is iomairtean eile co-cheangailte ris a' choimhearsnachd a stèidheachadh, ann an co-bhuinn ri luchd-compàirt bunaiteach mar Sabhal Mòr Ostaig ro 31 Màrt 2015 | Leasachaidhean Ùra | Mar AC21 gu h-àrd. | |
| InG6 | A' cumail oirnn le taic do dh'oidean is luchd-eagrachaidh los gun ionnsaich iad sgilean ùra a thaobh sireadh maoineachaidh, dìon cloinne, Gàidhlig, ciad chobhair, riaghladh, coimpiutaireachd is dòighean teagaisg. Bidh 87 luchd saor-thoileach is 23 luchd-trèanaidh/oidean, bho sgìre obrach na Gàidhealtachd is nan Eilean aig HIE, air a dhol tron phròg ram aig Fèisean nan Gàidheal airson leasachadh sgilean, ro 31 Màrt 2015 | Lìbhrigeadh Sheirbheisean | Tha Fèisean nan Gàidheal a' leantainn orra a' toirt trèanadh do dh'oidean gu cunbhalach. Chaidh trèanadh Gàidhlig a chumail sa chiad ràith, mar a chìthear gu h-àrd aig CS5.<br>Ghabh 45 de luchd-eagraichaidh nam Fèisean pàirt ann an seiseanan trèanaidh aig co-labhairt na buidhne san t-Sultain.<br>Thuige seo tha sinn air a bhith a' toirt seachad a' mhòr-chuid de thrèanadh do dh'oidean is luchd-eagrachaidh sa Ghearran is sa Mhàrt gach bliadhna. Ach tha na Fèisean air innse dhuinn gum b' fheàrr leotha trèanadh fhaotainn na bu thrice do bhuidhnean nas lugha ann an sgìrean ionadail. Bidh sinn ag obair gus seo a lìbhrigeadh. | |
| InG7 | A dhèanamh cinnteach gu bheil 8,206 compàirtichean/luchd-ionnsachaidh a' dol an sàs ann am pròg ram sgilean nam Fèisean, ann an sgìre obrach na Gàidhealtachd is nan Eilean aig HIE, ro 31 Màrt 2015 | Lìbhrigeadh Sheirbheisean | Tha sinn an ìre mhath cinnteach gun coilean sinn an targaid seo airson 2015 agus chìthear na figearan airson a' chiad dà ràithe de 2012-13 gu h-àrd fo Fhiosrachadh Àireamhail. | |
| InG8 | Sanasachd ga dèanamh air Cèilidhean air Chuairt is Fèis Bhlais gu nàiseanta is gu h-eadar-nàiseanta agus iad nan tarraing mhòr a thaobh cùisean turasachd chultarach, ro 31 Màrt 2015. | Leasachaidhean Ùra | Tha sinn ri oidhirpean mòra gu nàiseanta is gu h-eadar-nàiseanta, agus tha sinn an dòchas a bhith ag obair nas dlùithe còmhla ri VisitScotland is EventScotland is companaidhean turais fa leth gus an dèan sinn sanasachd nas fharsainge air an dà iomairt.<br>Tha sinn air iarrtas son taic-airgid a chur gu EventScotland airson Blas agus Cèilidhean air Chuairt ann an 2013 agus 2014, gu sònraichte airson barrachd mhargaideachd a dhèanamh thall thairis. Bidh fios againn san Dùbhlachd no san Fhaoilleach an do shoirbhich leinn.<br>Bidh an taic mhargaideachd a chuir HIE air dòigh dhuinn feumail agus bidh sinn cuideachd a' bruidhinn ri SDI faicinn an gabhadh Alba adhartachadh thall thairis tron obair againne. | |
| InG9 | Trì mòr-thachartasan nàiseanta a chumail; a nì taisbeanadh air | Leasachaidhean | Faicibh AC17 gu h-àrd. | |

| | | | | |
|---|---|---|---|---|
| | dualchas Gàidhlig na sgìre do bharrachd dhaoine an dà chuid san dùthaich seo agus thall-thairis agus iad a' dol an sàs ann an tachartasan is fèisean a tha freagarrach dhaibh | Ùra | | |
| InG10 | Sgrùdadh a dhèanamh air ar dleastanasan, freagarrachd is èifeachd Bòrd Fèisean nan Gàidheal, ro 31 Màrt 2013 | Leasachaidhean Ùra | Mar a chìthear fo AC26 tha sinn an dùil sgrùdadh mar seo a chumail ron cheann-latha seo, ann am compàirt ri luchd-obrach HIE, mar a chaidh aontachadh. | |
| **Builean Bhòrd na Gàidhlig** | | | | |
| BnG1 | Fianais air taic phragtaigeach a thugadh don Sgeama Comhairleachaidh Phàrant. Conaltradh cunbhalach eadar Fèisean nan Gàidheal agus luchd-obrach Comann nam Pàrant agus Leasaiche Foghlaim Bhòrd na Gàidhlig gus cothroman a chomharrachadh a thaobh trèanadh is sanasachd do dh'fhoghlam Gàidhlig | Com-pàirteachas agus Cùmhnantan | Tha sinn a' brosnachadh foghlam tro mheadhan na Gàidhlig aig gach cothrom, tro thachartasan Fèise, Blas agus cothrom sam bith far am b'urrainn dhuinn seo a dhèanamh. Tha sinn a' neartachadh nan ceanglaichean a th'againn le Comann nam Pàrant anns na diofar sgìrean 's bha sreath làithean Gàidhlig ann an Loch Abar na bu thràithe am bliadhna a chuir an t-Oifigear Leasachaidh againn air adhart ann an co-bhonn leis a' bhuidheann ionadail an sin.<br>Tha sinn fhathast a' cumail taic làidir ri Comann nam Pàrant ann am Port Rìgh agus a' nochdadh aig tachartasan airson foghlam tron Ghàidhlig a bhrosnachadh nuair a bhios iad a' dol air adhart.<br>Tha sinn cuideachd a' sgaoileadh fiosrachaidh aig gach tachartas a tha ag innse mu fhoghlam Gàidhlig agus that tòrr fiosrachaidh air ar làrach-lìn le ceanglaichean gu làraich eile. | |
| BnG2 | Dearbhadh air co-dhiù 500 uair a thìde de thaic phractaigeach a thugadh dha na h-Iomairtean Gàidhlig air feadh Alba, le oidhirp shònraichte ga dhèanamh a thaobh obair le Fòram Gàidhlig Shiaboist | Com-pàirteachas agus Cùmhnantan | Tha co-obrachadh a' leantainn anns gach sgìre iomairt.<br>Bidh sinn a' lìonadh clàran fiosrachaidh airson CnaG leis an fhiosrachadh às ùire bho na gnìomhan anns am bheil Fèisean nan Gàidheal an sàs agus bidh sinn a' frithealadh choinneamhan anns gach sgìre airson beachdachadh air na tha tachairt, còmhradh mu dhòighean leasachaidh agus cothroman co-obrachaidh.<br>Tha sinn a' cumail 'Cofaidh is Còmhradh' gach Dimàirt ann am Port Rìgh, 's tha sinn ag amas air seo a chumail nas cunbhalaiche ann an Inbhir Nis.<br>Tha sinn a' clàradh nam pròiseactan a tha a' tachairt àite anns gach sgìre agus nan uairean a tha sinn a' cur mun coinneamh.<br>Tha na h-oifigearan leasachaidh againn agus oifigearan Iomairt ag obair gu dlùth air diofar phròiseactan is tachartasan tron bhliadhna. Mar eisimpleir, chaidh Fèis an Rubha ath-stèidheachadh air a bhliadhna seo le co-obrachadh eadar oifigear na h-Iomairt is oifigear Fèisean nan Gàidheal a' cumail taic is stiùir dhan choimhearsnachd san sgìre. | |
| BnG3 | Fiosrachadh air ciamar a tha Poileasaidh Gàidhlig na buidhne ga chur an gnìomh, agus co-dhiù 4 seiseanan trèanaidh Gàidhlig ann do luchd-obrach Fèisean nan Gàidheal, agus | Lìbhrigeadh Sheirbheisean | Tha na Fèisean gu lèir a' cur an gnìomh Poileasaidh Gàidhlig na buidhne le taic cunbhalach bho na h-oifigearan leasachaidh.<br>Tha luchd-teagaisg nam Fèisean a dèanamh adhartais le cleachdadh na | |

| | | | | |
|---|---|---|---|---|
| | cothrom aig luchd-obrach bho bhuidhnean Gàidhlig eile am frithealadh | | Gàidhlig agus a' gabhail ris na cothroman trèanaidh a thathar a' tabhann dhaibh. Bidh sinn a' cur trì làithean trèanaidh eile air dòigh dhaibh ro dheireadh na bliadhna ann an Inbhir Nis, Glaschu, agus anns a' Ghearasdain.<br>Tha luchd-obrach Fèisean nan Gàidheal a' faighinn trèanadh Gàidhlig gach ràithe 's bidh sinn a' coinneachadh a-rithist san t-Samhain ann an Inbhir Nis. Bidh seo a-rithist fosgailte do na buidhnean Gàidhlig eile. | |
| BnG4 | Fianais air co-obrachadh le buidhnean Gàidhlig eile | Com-pàirteachas agus Cùmhnantan | Tha an obair seo a' leantainn anns na sgìrean lomairt gu h-àraidh.<br>Aig Blas na bliadhna-sa bha sinn ag obair gu dlùth le Clì, CnaG agus Comhairle nan Leabhraichean. Bha clasaichean còmhraidh, cèilidhean taighe agus bùird fiosrachaidh mun cuairt air tachartasan Blas. Aig aon tachartas rè Blas ann am Poll Iù, nochd ùidh bho 14 duine ann a bhith ag ionnsachadh na Gàidhlig agus tha Clì a-nise a' dèanamh oidhirp neach-teagaisg a chur air dòigh airson sin a choilionadh.<br>Bha Màrtainn Mac an t-Saoir agus Aonghas Phàdraig Caimbeul ag innse sgeulachdan agus a' leughadh bàrdachd aig cuid de na consartan a chaidh a chumail rè na fèise.<br>Tha sinn cuideachd air a bhith ag obair gu dlùth leis a' Chomunn Gàidhealach air planaichean gus taic a bharrachd a chumail ri Mòdan Ionadail agus na farpaisich a bhios a' gabhail pàirt annta.<br>Tha sgioba drama na buidhne air a bhith ag obair le Stòrlann a thaobh taic do thidsearan sgrìobhadh dealbhan-cluiche, a' cruthachadh pasgan-taice air an cuspair seo agus a' sgrìobhadh eisimpleirean de dhealbhan-chluiche a tha stèidhichte air an leabhar a dh'fhoillsich Stòrlann 'Mar a chuala mise e'.<br>Tha Clì Gàidhlig air a bhith ag obair còmhla rinn gus clasaichean Gàidhlig a chur air dòigh dhan luchd-teagaisg agus bidh sinn a' cumail seo a' dol anns an mìosan ri teachd. | |
| BnG5 | Fianais air conaltradh le Ùghdarrasan Ionadail gus leudachadh air a' cho-obrachadh còmhla riutha agus sinn gan cuideachadh le bhith cur an gnìomh eileamaidean de na Planaichean Gàidhlig aca tron t-Seirbheis Ealain is Ghàidhlig aig Fèisean nan Gàidheal | Leasachaidhean Ùra | Gu ruige seo tha sinn air coinneachadh ri oifigearan bho Chomhairle na Gàidhealtachd agus Comhairle Earra-Ghàidheal is Bhòid airson bruidhinn mu chùmhnantan agus cothroman leis an t-seirbheis ùr againn - Fèisgoil. Bidh sinn a' coinneachadh ri oifigearan bho Chomhairle nan Eilean Siar agus Comhairle na h-Eaglaise Brice san Dàmhair.<br>Chaidh Fèisgoil a sheòladh gu h-oifigeil aig Coinneamh-Bhliadhnail Fèisean nan Gàidheal 's tha mòran ùidh air nochdadh bho dhiofar Ùghdarrasan Ionadail san t-seribheis. Tha sinn an dòchas tuilleadh choinneamhan a chumail ri oifigearan bho na diofar sgìrean air na | |

| | | | | |
|---|---|---|---|---|
| | | | mìosan ri teachd.<br>Mar tha, tha Fèisgoil a' libhrigeadh cùmhnant ghoirid do Chomhairle Pheairt is Ceann Rois 's tha sinn air cuairt a chur air dòigh timcheall Taigh-tasgaidh Nàiseanta na h-Alba airson buidheann de dhaoine òga airson Comunn na Gàidhlig.<br>Tha sinn air sanasachd airson daoine a dh'fhaodadh seirbheisean Fèisgoil a lìbhrigeadh 's tha ùidh air nochdadh bho còrr is 20 duine bho air feadh na dùthcha. Thèid trèanadh a chur air dòigh dhaibh ro dheireadh na bliadhna. | |
| BnG6 | Coinneamh tràth sa Ghiblean le Sgioba Conaltraidh Bhòrd na Gàidhlig gus beachdachadh air tachartasan Fèisean nan Gàidheal rè 2012/13 agus air co-obrachadh air ro-innleachd sanasachd airson na bliadhna | Lìbhrigeadh Sheirbheisean | Choinnich sinn ri Sgioba Conaltraidh Bhòrd na Gàidhlig sa Ghiblean gus bruidhinn mu na pròiseactan againn a bhios a' dol air adhart feadh na bliadhna agus na cothroman a bhiodh ann gus barrachd sanasachd a dhèanamh air an taic a tha Bòrd na Gàidhlig a' toirt do dh'obair Fèisean nan Gàidheal. | |
| BnG7 | Còmhraidhean cunbhalach eadar Fèisean nan Gàidheal agus Bòrd na Gàidhlig a thaobh brathan-naidheachd a tha a' dol a-mach, le cothrom don Bhòrd briathran a chur nan cois mar as iomchaidh | Lìbhrigeadh Sheirbheisean | Thèid gach brath-naidheachd a tha sinn a' dol a sgaoileadh a chur gu Bòrd na Gàidhlig agus cothrom aca briathran a chur ris an naidheachd mar as iomchaidh, mar eisimpleir nuair a tha iomradh air pròiseact sònraichte a tha faighinn taic bhon Bhòrd. | |
| BnG8 | 20 sgoilear àrd-sgoile a' gabhail pàirt ann an seachdain chòmhnaidheach chultarach aig àm na Càisge 2013 | Leasachaidhean Ùra | Tha sinn a' coimhead ri 5 Latha a chumail a-rithist sna Gearrannan air an 8-13 Giblean 2013. | |
| BnG9 | 20 sgoilear àrd-sgoile a' gabhail pàirt ann an Sgoil Shamhraidh Dràma | Leasachaidhean Ùra | Am-bliadhna bha deichnear an làthair aig An Sgoil Shamhraidh Dhràma. Ged a bha na h-àireamhan nas ìsle na b' àbhaist fhuair na compàirtichean fìor dheagh chothrom measgachadh farsaing de sgilean ùra ionnsachadh agus an cleachdadh air beulaibh èisteachd. Bha taisbeanaidhean sràide ann cho math ri consart aig Sabhal Mòr Ostaig aig deireadh cola-deug u math trang.<br>Bha deagh àireamhan luchd-amhairc an làthair aig an tachartas mu dheireadh seo, far an d' fhuair iad cothrom trì pìosan dràma diofraichte fhaicinn. Chuala iad cuideachd ceòl bho cheithir de na buidhnean Cèilidh air Chuairt a bha an làthair air an t-seachdain sin aig Fèis Alba sa Phloc. | |
| BnG10 | Taic ga thoirt do co-dhiù 40 Fèis air feadh Alba | Lìbhrigeadh Sheirbheisean | Tha sinn a' cumail oirnn a' toirt taic do dh'Fhèisean air feadh na dùthcha le oifigear leasachaidh an urra ri gach Fèis, tha cothrom aca air tabhartasan maoineachaidh, àrachas, stòras ionnstramaidean, seirbheisean eadar-theangachaidh, trèanadh cunbhalach do bhuill nan comataidhean agus barrachd. | |
| BnG11 | Cuairt 6 seachdainean le Meanbh-Chuileag timcheall sgoiltean Gàidhlig | Leasachaidhean Ùra | Bidh Dealbh-chluich na Nollaige air chuairt san Dùbhlachd agus thèid an ath chuairt aca timcheall air sgoiltean Gàidhlig air adhart anns a' | |

| | | | | |
|---|---|---|---|---|
| | | | Ghearran agus sa Mhàrt 2013. | |
| BnG12 | 80 bùithtean-obrach dràma Gàidhlig gan lìbhrigeadh ann an coimhearsnachdan air feadh Alba | Leasachaidhean Ùra | Tha an obair seo air a bhith a' dol air adhart ann an sgìrean Lochabair, Earra-Ghàidheal, An t- Eilean Sgitheanach, Lèodhas, Na Hearadh agus Uibhist air a' bhliadhna seo.<br>Bidh tuilleadh bùthan-obrach air an cur air dòigh nas fhaide air adhart air a' bhliadhna agus ann an 2013 anns na sgìrean seo. | |
| BnG13 | A' cumail 20 tachartas do suas ri 3,000 sgoilear air a' Ghàidhealtachd tro phròram coimhearsnachd Bhlais | Leasachaidhean Ùra | Chaidh pròram sgoile Bhlas a libhrigeadh anns an t-Sultain mar phàirt dhan fhèis. Chìthear am pròram an seo http://www.blas-festival.com/school-and-community-2012.html.<br>A thuilleadh air a' phròram seo, chaidh 9 bùithtean-obrach dràma eile a chumail dha còrr is 150 sgoilear ann an sgìre Loch Abar. Chaidh pàirt dhiubh a libhrigeadh tro mheadhan nan Gàidhlig 's bha an còrr air an dèanadh gu dà-chànanach. | |
| BnG14 | Conaltradh cunbhalach leis an Oifigear Ealain is Chultair aig Bòrd na Gàidhlig agus Alba Chruthachail | Com-pàirteachas agus Cùmhnantan | Chaidh luchd-obrach na buidhne gu coinneamhan airson beachdachadh air Dràma Ghàidhlig san Ògmhios ann an Inbhir Nis agus san Eilean Sgitheanach.<br>Tha sinn a' cumail fiosrachadh air ais 's air adhart gu cunbhalach 's tha sinn an dùil coinneachadh ris an oifigear anns an t-Samhain. | |
| **Builean Chomhairle na Gàidhealtachd** | | | | |
| CnG1 | An àireamh de dhaoine òga a tha a' dol gu Fèisean is clasaichean air a' Ghàidhealtachd a ghlèidheadh (stèidhichte air àireamh 2011-12 a bha aig 3,408) | Lìbhrigeadh Sheirbheisean | Tha sinn gu math dòchasach gun ruig sinn an àireamh seo. Chìthear na figearan iomlan airson a' chiad dà ràithe fo Fhiosrachadh Àireamhail. | |
| CnG2 | Taic do cho-dhiù 19 Fèisean ann an Roinn na Gàidhealtachd | Lìbhrigeadh Sheirbheisean | Thèid taic a chumail ri 21 Fèisean ann an Roinn na Gàidhealtachd ann an 2012-13. | |
| CnG3 | An àireamh de dhaoine òga a gheibh teagasg Gàidhlig a leudachadh (bho àireamh 2011-12 a bha aig 2,556) | Leasachaidhean Ùra | Tha sinn gu math dòchasach gun ruig sinn an àireamh seo ach chan fhaighear am fiosrachadh deireannach chun na ceathraimh ràith. | |
| CnG4 | Dèan cinnteach gu bheil co-dhiù £24,000 air a roinn eadar co-dhiù 19 Fèisean a rèir foirmle a chaidh aontachadh | Lìbhrigeadh Sheirbheisean | Tha Fèisean nan Gàidheal air £110,096 a chomharrachadh airson Fèisean air a' Ghàidhealtachd ann an 2012-13, a' gabhail a-steach an £24,000 a fhuaras bho Chomhairle na Gàidhealtachd. | |
| CnG5 | Dèan cinnteach gu bheil £23,393 air a chleachdadh gus taic a chumail ri Oifigearan Leasachaidh nam Fèisean is airson cosgaisean coitcheann Fèisean nan Gàidheal | Lìbhrigeadh Sheirbheisean | Thathar a' cosg an còrr der tabhartas, £23,393, air cosgaisean ar n-obrach agus mar phàirt dhe sin cosgaisean an dithis Oifigear Leasachaidh stèidhichte air a' Ghàidhealtachd. | |
| CnG6 | Cleachdadh na Gàidhlig a chur am meud an lùib nam Fèisean | Leasachaidhean Ùra | Tha Fèisean nan Gàidheal daonnan a' dèanamh oidhirp gus seo a dhèanamh, gu sònraichte le bhith toirt trèanadh do dh'eilean gus an urrainn dhaibh barrachd Gàidhlig a chleachdadh. Nì sinn cinnteach cuideachd gum bithear a' cleachdadh Gàidhlig tro na cùmhnantan a tha an lùib nan tabhartasan againn agus tha sinn a' sireadh fianais air sin gach bliadhna. | |

| | | | | |
|---|---|---|---|---|
| | | | Bidh ar Sgioba-G a' cuideachadh le Gàidhlig aig na Fèisean nuair nach eil na comasan aig luchd-eagrachaidh no oidean.<br>Mar a tha air a mhìneachadh gu h-àrd, tha sinn a' cumail cùrsaichean airson oidean gu cunbhalach agus a' dèanamh cinnteach gu bheil na compàirtichean anns na Cèilidhean air Chuairt a' faighinn trèanadh ann an cleachdadh na Gàidhlig. | |
| **Builean Chomhairle nan Eilean Siar** | | | | |
| CnES1 | £8,550 den mhaoineachadh bhon Chomhairle ann an 2012/13 a chosg sna h-Eileanan Siar a rèir na chaidh aontachadh | Lìbhrigeadh Sheirbheisean | Chaidh maoineachadh luach £35,719 a thabhann do dh'Fhèisean sna h-Eileanan Siar, a' gabhail a-staigh an £8,550 bho Chomhairle nan Eilean Siar, a rèir an Aonta Mhaoineachaidh. | |
| CnES2 | Thèid £5,400 de mhaoineachadh na Comhairle a chosg mu choinneimh nan cosgaisean airson Oifigear Leasachaidh nam Fèisean làn-thìde a bhith ann airson nan Eilean Siar | Lìbhrigeadh Sheirbheisean | Thèid an £5,400 a tha air fhàgail a chosg mu choinneimh nan cosgaisean airson Oifigear Leasachaidh nam Fèisean làn-thìde a bhith ann airson nan Eilean Siar | |
| **Builean Chomhairle Earra-Ghàidheal is Bòid** | | | | |
| CEB1 | A' cleachdadh cuibhreann den airgead mu choinneamh tabhartasan do na Fèisean ann an Earra-Ghàidheal agus Bòid tro Sgeama Thabhartasan nam Fèisean aig Fèisean nan Gàidheal. | Lìbhrigeadh Sheirbheisean | Leis nach deach aontachadh ris a' chùmhnant gu deireadh an t-Sultain cha robh e comasach dhuinn suimean airgid a thairgse do na Fèisean ann an Earra-Ghàidheal san ràithe seo. Bidh sinn a' coimhead ri seo a dhèanamh, agus airgead a thoirt do na Fèisean a tha iar tachairt mu thràth cho tràth san Dàmhair sa ghabhas. | |
| CEB2 | A' cleachdadh cuibhreann den airgead mu choinneamh cosgaisean Oifigear Leasachaidh stèidhichte ann an Earra-Ghàidheal agus Bòid. | Lìbhrigeadh Sheirbheisean | Leis nach deach aontachadh ris a' chùmhnant gu deireadh an t-Sultain cha deach suim airgid a chur mu choinneamh dreuchd na h-oifigear leasachaidh againn san ràithe seo. Nì sinn seo aon uair 's gu bheil sinn air dèiligeadh ri feumalachdan nam Fèisean san sgìre an toiseach. | |

**Gnìomh a dhìth**

Thathar ag iarraidh air buill a' Bhùird fa-near a thoirt don adhartas leis a' phròg ram-obrach gu 30 Sultain agus còmhradh a chumail mu chuspair sam bith a bhios ag èirigh.

**Art MacCarmaig**
Ceannard
Dùbhlachd 2012

# Fèisean nan Gàidheal

## Blas 2012 and 2013

Àireamh air a' Chlàr Chùisean: 4.2012.02(b)

**Adhbhar a' Phàipeir**

Airson fios a thoirt do bhuill a' Bhùird mu thoradh Blas 2012 agus planaichean airson 2013 air adhart.

**Blas 2012**

Thachair Blas 2012 eadar 7 agus 15 Sultain agus bha an fhèis soirbheachail le cuid de thachartasan a bha sònraichte:

- Eilean Fraoich – cuirm ann an Srath Pheofhair a' cuimhneachadh air Calum Ceanadach
- A' Bhanais Ghàidhealach aig Maighread Stiùbhart a thèid air adhart gu Celtic Connections san Fhaoilleach 2013
- An Guth aig Cùirt an Aodainn
- Ceangal eadar Colaiste Taobh Siar na Gàidhealtachd agus Sgoil Chiùil na Gàidhealtachd
- Cuairt nam Bàrd mar phàirt den phròram
- Pròram nan Sgoiltean agus Coimhearsnachdan
- Seiseanan Gàidhlig air an cur air dòigh le Clì Gàidhlig agus Comunn na Gàidhlig
- Co-obrachadh le Comhairle nan Leabhraichean airson sgrìobhadairean Gàidhlig a thoirt a-steach dhan fhèis
- 7 pròraman air an clàradh airson BBC ALBA fon tiotal Cèilidh@Blas a thathar a' craobh-sgaoileadh an-dràsta

**Ionmhas**

Fhuair Blas 2012 taic-airgid bho chompanaidhean prìobhaideach - RBS (£5k), Business Gateway (£2.5k) agus Colaiste Taobh Siar na Gàidhealatchd (£500).

Bidh an teachd a-steach tro thiogaidean mu £3k nas àirde na bha sinn an dùil le cosgaisean taobh a-staigh buidseat. Bu chòir gum biodh còrran bheag aig an fhèis a thèid air adhart chun ath-bhliadhna, ged a bhios beagan cosgaisean mu choinneamh fèis na h-ath-bhliadhna ro 31 Màrt 2013, a bharrachd air cosgaisean a' chùmhnant le Firefly Productions.

Tha buidseat, a' sealltainn teachd a-steach agus teachd a-mach gu 14.11.12, a' leantainn cuide ri tuairmse air cosgaisean gu 31.03.13.

Nochd 3,933 aig 22 prìomh thachartas Blas na bliadhna-sa (gun Phròram nan Sgoiltean agus Coimhearsnachd) le 78% de na tiogaidean air an reic. Bha 154 san àbhaist aig gach tachartas.

A' dèanamh coimeas eadar 2011 agus 2012, an-uiridh bha taic-airgid a bharrachd againn bho Alba Chruthachail agus Eileanan na h-Alba, a leig leinn barrachd thachartasan a chur air dòigh. Bha 127 san àbhaist aig 39 tachartasan le àireamh iomlan de 4,971.

Tha seo a' sealltainn gun deach gu math le Blas 2012.

**Beachdan Luchd-èisteachd**

Dh'fhaighnich sinn dha na daoine a bha a' frithealadh na fèise ciamar a chòrd tachartasan aig an robh iad riutha, le comharra eadar 1 agus 5 (1 = 'cha do chòrd' agus 5 = 'air leth math') agus an robh an tachartas, nam beachd, a' toirt dhaibh luach an airgid. Tha toraidhean an rannsachaidh seo a' sealltainn gun robh an ìre de riarachas aig 89%. A thaobh luach an airgid, bha an ìre de riarachas aig 90%.

**Cleachdadh na Gàidhlig**

Chaidh ceistean a thogail mun ìre de Ghàidhlig aig tachartasan Blas agus a' bhuaidh a bh' aig sin air beachd dhaoine mun chànan.

An do dh'adhbharaich làthaireachd aig tachartas Blas deagh-rùn don Ghàidhlig??
Dh'adhbharaich 78% Cha do dh'adhbharaich 22%

An do dh'atharraich am fiosrachadh a fhuair sibh aig Blas do bheachd air a' Ghàidhlig ann an dòigh dòchasach?
Dh'atharraich 56% Cha do dh'atharraich 44%

Gu h-iomlan tha cleachdadh na Gàidhlig aig Blas a' toirt dhuinn ìre riarachais de 89%.

**Blas 2013 agus 2014**
Choinnich am buidheann-stiùiridh airson Blas air 22 Lùnastal agus 6 Samhain airson tòiseachadh air planaichean a chur an òrdugh son Blas 2013 (Bliadhna Nàdair na h-Alba) agus 2014 (Bliadhna an Tilleadh Dhachaigh agus Geamaichean a' Cho-fhlaitheis). Chùm sinn coinneamh, cuideachd, le buidheann nas fharsainge a dh'fhaodadh co-obrachadh le Blas san àm ri teachd agus bha daoine gu math taiceil dhan bheachd gum bu chòir barrachd co-obrachaidh a bhith ann.

Tha sinn air plana a chur air dòigh airson Blas 2014 a' ceangal Cèilidhean air Chuairt agus Blas ann an tachartasan thairis air mìosan an t-samhraidh. Thug seo dhuinn bunait airson iarrtas gu EventScotland a b' fheudar dhuinn a chur thuca ro 30 Sultain. Tha sinn air sreath chuirm a thairgse gu Fèis Eadar-nàiseanta Dhùn Èideann a' taisbeanadh nan coimiseanan a chruthaich Blas thar nam bliadhnaichean. Tha sinn cuideachd air iarrtas a chur gu Alba Chruthachail agus tha sinn a' feitheamh fios mu thoradh nan iarrtasan sin.

Tha còmhraidhean air a bhith a' dol air adhart le Dualchas Nàdair na h-Alba agus iad a' beachdachadh air coimisean ùr airson Bliadhna Nàdair na h-Alba agus tha e coltach gum bi co-obrachadh eadarainn.

Tha còmhraidhean air a bhith ann, cuideachd, le ùghdarrasan ionadail eile a tha a' sealltainn ùidh ann an tachartasan Blas san sgìre acasan. Feumaidh sinn còmhradh ri Comhairle na Gàidhealtachd mun seo leis gus ann leothasan a bha am beachd Blas a stèidheachadh sa chiad dol a-mach. Ach, le lùghdachadh san airgead bhon Chomhairle, agus uallach air Fèisean nan Gàidheal an fhèis a ruith bho bhliadhna gu bliadhna, feumaidh sinn a bhith mothachail air a h-uile cothrom airson a dhèanamh cinnteach as an fhèis sam àm ri teachd.

**Pròram nan Sgoiltean agus Coimhearsnachdan**
Tha Amy NicLeòid bho Highlife na Gàidhealtachd a' deasachadh aithisg mun phròram a chuir i fhèin ri chèile agus bidh seo againn aig coinneamh a' Bhùird.

**Blas Festival Earranta**
Ged a rinn sinn oidhirp coinneamh den bhòrd aig Blas Festival Earranta a chur air dòigh, cha deach leinn le ceann-latha aontachadh far am b' urrainn dhan a h-uile duine a bhith an làthair. Tha sinn a-nise air 29 Faoilleach a stèidheachadh airson na coinneamh agus thèid i air adhart le nas urrainn a bhith an làthair.

**Gnìomh a dhìth**
Thathar ag iarraidh air buill a' Bhùird fa-near a thoirt do (1) thoraidhean Blas 2012 agus beachdan luchd-èisteachd, (2) na planaichean airson Blas 2013 & 2014 agus (3) gun tèid còmhraidhean a chumail mu Bhlas a leudachadh gu sgìrean eile.

**Art MacCarmaig**
Ceannard
Dùbhlachd 2012

| Blas Festival 2012 | Budget | Actuals to 14.11.12 | Estimate to 31.03.13 |
|---|---|---|---|
| **INCOME** | | | |
| **Public Sources** | | | |
| Highland Council Grant | £73,500.00 | £73,500.00 | £73,500.00 |
| Highland Council In-kind | £0.00 | £0.00 | £0.00 |
| Creative Scotland (applied for) | £0.00 | £0.00 | £0.00 |
| HIE | £10,000.00 | £10,000.00 | £10,000.00 |
| Bòrd na Gàidhlig | £25,000.00 | £25,000.00 | £25,000.00 |
| Colmcille (Cuairt nam Bàrd) | £5,000.00 | £4,000.00 | £5,000.00 |
| Creative Scotland (allocated from FnG funds) | £8,000.00 | £0.00 | £8,000.00 |
| **Sponsorship & Donations** | | | |
| Business Gateway | £2,500.00 | £2,500.00 | £2,500.00 |
| West Highland College | £500.00 | £0.00 | £500.00 |
| RBS | £5,000.00 | £0.00 | £5,000.00 |
| Other | £0.00 | £0.00 | £40.00 |
| **Earned Income** | | | |
| Box Office | £25,000.00 | £22,164.24 | £27,250.00 |
| Surplus from 2011 | £5,000.00 | £3,500.00 | £3,500.00 |
| Fèisean nan Gàidheal (in-kind) | £0.00 | £500.00 | £500.00 |
| Ticket Advertising | £0.00 | £540.77 | £540.77 |
| **Total Income** | **£159,500.00** | **£141,705.01** | **£161,330.77** |
| | | | |
| **EXPENDITURE** | | | |
| **Programme Costs** | | | |
| Artists' Fees including travel | £41,950.00 | £44,944.39 | £44,944.39 |
| Accommodation and Meals for Artists and crew | £11,346.00 | £11,133.89 | £11,133.89 |
| International Artistes Travel and Expenses | £2,578.00 | £2,094.22 | £2,094.22 |
| International Artists Domestic Travel (in-kind from HC minibus) | £250.00 | £0.00 | £0.00 |
| Stage/Concert Management/Fear or Bean-an-Taighe | £200.00 | £0.00 | £0.00 |
| Venue Hire & Commission to Promoters/Production Cost | £7,500.00 | £6,496.94 | £8,100.00 |
| PA & Lighting | £13,612.00 | £14,522.64 | £14,522.64 |
| Press Management | £2,000.00 | £2,200.00 | £2,200.00 |
| Posters/Overprinting/Postage | £600.00 | £0.00 | £0.00 |
| Brochure Design and Print x 70,000 | £5,500.00 | £5,500.00 | £5,500.00 |
| Brochure Distribution | £1,053.00 | £2,625.34 | £2,625.34 |
| Promotional materials | £0.00 | £1,191.65 | £1,191.65 |
| Advertising | £5,000.00 | £6,456.36 | £6,456.36 |
| Press and Launch Events | £293.00 | £412.52 | £412.52 |
| Commission to Ticketweb | £700.00 | £910.01 | £910.01 |
| Ticket Printing | £385.00 | £385.10 | £385.10 |
| **Management & Production Costs** | | | |
| Firefly Productions: Festival Director and all administration | £40,000.00 | £26,440.00 | £39,640.00 |
| Fèisean nan Gàidheal Management Fee | £12,000.00 | £12,000.00 | £12,000.00 |
| Fèisean nan Gàidheal Staff Time (in-kind from FnG) | £0.00 | £0.00 | £0.00 |
| Action Group/Blas Board Costs | £500.00 | £556.38 | £556.38 |
| Photography | £1,000.00 | £1,000.00 | £1,000.00 |
| Gaelic Translations (in-kind from HC) | £0.00 | £500.00 | £500.00 |
| Insurance | £450.00 | £487.60 | £487.60 |
| Royalties | £300.00 | £435.78 | £435.78 |
| **Other Costs** | | | |
| Cuairt nam Bàrd | £4,323.00 | £5,731.93 | £5,731.93 |
| **TOTALS** | **£151,540.00** | **£146,024.75** | **£160,827.81** |
| Surplus/Deficit | £7,960.00 | -£4,319.74 | £502.96 |

# Fèisean nan Gàidheal

## An Gille agus Maighstir Tìm

Àireamh air a' Chlàr Chùisean: 4.2012.02(c)

**Adhbhar a' Phàipeir**

Airson aonta a shireadh bhon Bhòrd airson a dhol air adhart le taisbeanadh theatar agus siorcas tro mheadhan na Gàidhlig, co-obrachadh le Bright Night International agus Ariel Killick.

**Cùl-fhiosrachadh**

Tha Ariel Killick, neach-cluiche siorcas le Gaeilge agus Gàidhlig, air a thighinn thugainn le beachd mu thaisbeanadh siorcas a thèid air chuairt ann an 2013, stèidhichte air sgeulachd ùr leis an tiotal "An Gille agus Maighstir Tìm".

Choinnich mi fhìn agus Art MacCarmaig ri Ariel, Iain Johnston (neach-cluiche siorcas/cleasaiche), Rob Thorburn (neach-cluiche siorcas/cleasaiche) cuide ri JL Cassells agus Phyllis Martin bhon bhuidheann Bright Night International. Chùm sinn còmhradh mu cho-obrachadh airson an taisbeanaidh a lìbhrigeadh.

Chaidh pàipear a chur gu coinneamh a' bhuidhinn riaghlaidh bho chionn greis a thug iomradh air an taisbeanadh, a' chompanaidh stiùiridh agus na dh'fhaodadh Fèisean nan Gàidheal a dhèanamh airson a' phròiseact a thoirt gu buil.

Ged a b' ann à Astràilia a thàinig Ariel Kellick, ghluais i a dh'Èirinn anns na 1990an far an do dh'ionnsaich i Gaeilge san Oilthigh. Tha i air a trèanadh gu ìre àrd ann an cleasachd agus ealain lèirsinneach, agus tha i air obair a dhèanamh air feadh Astràilia agus Èirinn a' cleachdadh Gaeilge na h-Èireann na h-obair agus ag obair glè thric gu tur tro mheadhan na Gaelige. Airson barrachd fiosrachaidh mu Ariel Killick faic www.independentstateofhappiness.com.

Tha Ariel air an sgeulachd ùr seo, "An Gille agus Maighstir Tìm", a sgrìobhadh. Bidh triùir san taisbeanadh: Neach aithris, An Gille agus Mgr Tìm. Tha an sgeulachd stèidhichte air gille le alt sònraichte airson obair siorcais. Bidh an taisbeanadh làn ghluasad agus tha an triùir a bhios a' gabhail pàirt uile air an trèanadh mar luchd-cluiche siorcas le Ariel na neach aithris. Bidh e làn spòrs, le cleasan siorcas, lùth-chleasachd agus daoine air casan àrda.

Thathar an dòchas gum biodh cuairt de chòig seachdainean ann an 2013 an lùib a' phròiseict a' gabhail a-steach sgoiltean agus coimhearsnachdan. Bidh an taisbeanadh fhèin mu uair a thìde agus bidh bùithtean-obrach ann an sgilean siorcas air an lìbhrigeadh tro mheadhan na Gàidhlig, le dòchas gun cumadh na sgoilearan a' dol le cleasan siorcas aig deireadh chùisean.

Ghabhadh Bright Night International stiùir air an taisbeanadh agus leasachadh a' phròiseict. Tha eòlas mòr aca air tachartasan siorcas a chur air dòigh. Bho chionn greis bha iad an sàs anns na ullachaidhean son tachartas nan Geamaichean Cho-fhlaitheis agus tachartas mòr siorcas ann an taobh tuath Shasainn.

Tha eòlas aca cuideachd air taisbeanaidhean coltach ris, agus nas motha, na tha fa-near do "An Gille agus Maighstir Tìm".

**Dleasdanasan Fèisean nan Gàidheal**

Bu mhath le Bright Night International co-obrachadh le Fèisean nan Gàidheal air a' phròiseact seo.

Tha eòlas aig Fèisean nan Gàidheal ann an co-obrachadh le sgoiltean agus coimhearsnachdan agus tha eòlas acasan air taisbeanaidhean siorcas a chur air adhart. Bidh cothrom againn pròiseact a chur air adhart nach do thachair riamh roimhe tro mheadhan na Gàidhlig.

Ghabhadh Fèisean nan Gàidheal stiùir air obair rianachd na cuairt còig-seachdaineach agus bhiodh againn ri

suas ri £30k a thogail airson a chur mu choinneamh an £20k a dh'fhaodadh Bright Night a lorg tro na sruthan-airgid aca fhèin.

Ged a tha luchd-obrach Fèisean nan Gàidheal gu math mothachail air an obair mhòr a dh'fhaodadh a bhith na lùib, tha sinn taiceil dhan phròiseact agus a' creidsinn gun cuireadh e gu mòr ri tachartasan Gàidhlig leis gu bheil e caran neo-àbhaisteach.

**Gnìomh a dhìth**
Thathar a' sireadh aonta bhon Bhòrd a dhol air adhart leis a' phròiseact leis gun toireadh e cleas ùr do dh'fhoghlam tro mheadhan na Gàidhlig agus do na Fèisean, is gum faigheadh Blas cothrom air theatar sràide, mar eisimpleir. Ged a dhèanamaid a h-uile oidhirp an t-airgead air fad a tha a dhìth a thogail, bhiodh cothrom ann cuairt nas giorra a chur air dòigh le nas lugha de dh'airgead.

**Calum A Macmhaolain**
Manaidsear Leasachaidh
Dùbhlachd 2012

## An Gille agus Maighstir Tìm - Buidseat

| **No of weeks rehearsal** | **3** | **£** |
|---|---|---|
| **Staff costs** | | |
| Performers x 3 | 400 p/w | 3,600 |
| Stage Manager | 1/2 wk prep | 1,400 |
| Rehearsal director | | 1,200 |
| Bi-lingual support | | 1,050 |
| Production Manager | 4 wks | 1,600 |
| Project Manager | 6 wks | 2,400 |
| **Production costs** | | |
| Travel - one performer from outwith UK | | 150 |
| Travel - one performer from within UK | | 100 |
| Travel - cast and crew within Glasgow for 3 weeks | | 540 |
| Rehearsal subsistence | | 450 |
| Accommodation - rehearsals | | 800 |
| Rehearsal venue hire @ £80 per day | | 1,200 |
| Costume | | 625 |
| Van hire for load in / load out | | 200 |
| Production expenses | | 300 |
| Props, design and materials | | 750 |
| Set design and build | | 750 |
| AV / projection - design | | 750 |
| Lighting - design | | 750 |
| Sound - design | | 750 |
| **No of weeks touring** | **5** | |
| **Company while touring** | **5** | |
| **Staff costs** | | |
| Performers x 3 | | 6,000 |
| Tutor 1 / crew member / driver | | 2,000 |
| Tutor 2 / stage manager / tech / driver | | 2,000 |
| Tour / admin manager (based in office) | | 1,250 |
| **Production costs** | | |
| Costume laundry and maintenance | | 200 |
| Van hire and petrol | | 3,125 |
| Car hire and petrol | | 2,000 |
| Ferries + additional travel | | 1,600 |
| Production consumables, repairs | | 560 |
| Insurance | | 600 |
| Touring subsistence | | 2,625 |
| Touring accommodation @ £45 p/n B&B | | 7,875 |
| Sound hire | | 500 |
| LX hire | | 1,000 |
| **Marketing** | | 1,500 |
| **Evaluation** | | 1,250 |
| **Contingency** | | 2,750 |
| **Total rehearsal + touring cost** | | **56,200** |

# Fèisean nan Gàidheal

**Adhartas le Fèisgoil**
Àireamh air a' Chlàr Chùisean: 4.2012.02(d)

**Adhbhar a' Phàipeir**
Airson fiosrachadh a chumail ri buill a' Bhùird mu adhartas leis an t-seirbheis Fèisgoil

**Cùl-fhiosrachadh**
Chaidh Fèisgoil a chur gu seòl aig co-labhairt bhliadhnail Fèisean nan Gàidheal san t-Sultain agus tha grunn ùghdarras ionadail air ùidh a shealltainn nar seirbheisean. Ged a tha sinn air aon chùmhnant a thogail gu ruige seo, bho Chomhairle Peairt agus Ceann Rois, agus dàrna pròiseact nas giorra, le dùil ris an treas pròiseact sa bhliadhn' ùir, tha sinn dòchasach gum faigheamaid barrachd obrach sa bhliadhna ionmhais 2013-14. Tha e deatamach gu bheil sinn a' bruidhinn ris na h-ùghdarrasan ionadail aig an àm seo nuair a tha iad a stèidheachadh buidseatan na h-ath-bhliadhna.

**Adhartas**
Bhon a choinnich sinn mu dheireadh tha adhartas a bharrachd air a bhith ann le Fèisgoil:

- Bha coinneamh air a stèidheachadh san t-Sultain gus plana a chur ri chèile airson trèanadh luchd-teagaisg
- Chaidh stuthan-teagaisg a thrusadh agus tha iad rim faighinn tron làrach-lìn againn
- Bha coinneamhan ann le oifigearan bho Chomhairle na h-Eaglaise Brice agus Comhairle nan Eilean Siar
- Bhruidhinn Art MacCarmaig, air fòn, le oifigear à Chomhairle Siorrachd Adhar a Tuath aig a bheil ùidh ann am pròiseact an Eilean Arainn le òrain Ghàidhlig
- Bidh Art MacCarmaig agus Calum Macmhaolain a' toirt seachad taisbeanadh do Chomataidh Buileachaidh na Gàidhlig aig Comhairle nan Eilean Siar air 29 Samhain
- Thèid trèanadh son a' chiad chuibhreann de luchd-teagaisg air adhart ann an Glaschu air 1 Dùbhlachd
- Thèid coinneamh a chumail le oifigearan Chomhairle Baile Ghlaschu air 7 Dùbhlachd
- Tha sinn an dùil coinneamh eile a chumail le Comhairle na Gàidhealtachd air 11 Dùbhlachd ann an Inbhir Nis
- Tha sinn air cuireadh fhaighinn gu co-labhairt aig Bòrd na Gàidhlig air 13 Dùbhlachd ann an Glaschu far am bi riochdairean bho na buidhnean poblach agus ùghdarrasan ionadail aig a bheil Planaichean Gàidhlig. Bheireadh seo dhuinn cothrom a' còmhradh riutha mu na dòighean sa dh'fhaodadh Fèisgoil an cuideachadh a' toirt am planaichean gu buil
- Tha ùidh fhathast aig Comhairle Earra-Ghàidheal agus Bòid agus tha sinn a' feitheamh air ceann-latha bhuapa airson coinneachadh riutha a-rithist.

**Obair a bharrachd san àm ri teachd**
Anns na mìosan air thoiseach oirnn 's e ar prìomh amas a bhith ag aontachadh chùmhnantan, eadhon airson pròiseactan goirid, airson a dhearbhadh do dh'ùghdarrasan ionadail gun obraicheadh Fèisgoil dhaibh. Ged nach b' urrainn dhuinn a bhith ag obair le 32 ùghdarras aig an aon àm, bu chòir dhuinn a bhith ag amas air 4-6 an toiseach.

Aon uair 's gu bheil barrachd oidean air an trèanadh dh'fhaodamaid na seirbheisean a leudachadh a-rèir comasan leis an amas gum bi sgioba luchd-teagaisg air an cleachdadh thall 's a bhos air feadh na dùthcha ann an dòigh a tha a' dearbhadh luach an airgid.

**Gnìomh a dhìth**
Thathar ag iarraidh air buill a' Bhùird fa-near a thoirt don adhartas gu ruige seo.

**Art MacCarmaig**
Ceannard
Dùbhlachd 2012

# Fèisean nan Gàidheal

## Trèanadh Ionadail do na Fèisean

Àireamh air a' Chlàr Chùisean: 4.2012.02(e)

**Adhbhar a' Phàipeir**

Fiosrachadh a thoirt do bhuill a' Bhùird mu na planaichean agus clàr-ama airson trèanadh ionadail, stèidhichte air an fhiosrachadh a thàinig bhon cheisteachan a fhreagair na Fèisean bho chionn greis.

**Bun Fhiosrachadh**

Dh'aontaich luchd-obrach treànaidh agus leasachaidh Fèisean nan Gàidheal aig a' choinneimh anns an t-Sultain a dhol air adhart le trèanadh ionadail an dèidh beachd fhaighinn bho na Fèisean, tron cheisteachan, gur e sin a b' fheàrr leotha.

Air sgath 's nach robh an uiread de chom-pàirtichean a' nochdadh aig an Fhèis Trèanaidh sa Mhàirt, tha Fèisean nan Gàidheal a' dol a thoirt dhaibh trèanadh iomchaidh agus ionadail, a tha a' nochdadh aig àm freagarrach anns na sgìrean aca fhèin. Chaidh seo aontachadh le buill na buidhne aig a' Cho-labhairt Bhliadhnail.

**Rannsachadh**

Chuir an luchd-leasachaidh fiosrachadh air falbh dha na fèisean, le stiùireadh bhon Oifigear Trèanaidh, a' sireadh beachdan air cuin a bhiodh freagarrach dhaibhsan, agus dè na cuspairean sònraichte a bhiodh gu feum nam biodh trèanadh ionadail ri fhaotainn.

Tha freagairtean air a bhith gann, ach fhuaras freagairt bho Innis an Uillt, le moladh cinn-latha agus cuspairean a bha dhìth orra. Air sgàth 's gur iad an aon fhèis a fhreagair, shaoilinn gum biodh e cothromach an latha sin a chumail, le cuireadh do na fèisean ionadail eile. Mar sin, thèid latha trèanaidh a chumail ann an Glaschu air 19 Am Faoilleach 2013 dha na fèisean.

Ged a fhreagair Fèis a' Bhaile agus Fèis Inbhir Nàrainn le moladh chuspairean agus eile, tha ceann-latha ri aontachadh fhathast. Thathar an dùil ri co-dhiù dà sheisean eile a dhèanamh – aon anns na h-Eileanan Siar, agus fear eile air taobh an iar - An t-Òban, 's dòcha, ged nach eil freagairt air nochdadh bho na fèisean sin fhathast. Tha post-d air a dhol a-mach thuca a-rithist. Chaidh latha a thabhainn dha na fèisean a tuath (Gallaibh/Cataibh) ach chan eil freagairt ann fhathast.

'S e na cuspairean a tha dhìth orra ann an Glaschu (Innis an Uillt):

- Dìon Chloinne
- Stiùireadh do Neach-taic na fèise
- A' togail airgid dha na fèisean
- Làrach-lìn

Tha comas agam fhìn na ciad dà chuspair a libhrigeadh, agus gheibh mi taic a-staigh no a-muigh leis na cuspairean eile. Chan eil e coltach gum bi an t-Oifigear Leasachaidh ùr san dreuchd, ach ma dh' fhaoidte gum biodh iad deònach a bhith ann.

Eadar Inbhir Nis agus Inbhir Nàrainn, thathar a moladh

- A' togail airgid dha na fèisean
- Làrach-lìn
- Taisbeanadh bho VAG/CVS (Voluntary Action Group/Council for Voluntary Service)
- Stiùireadh do neach-taic na fèise (seisean fa leth, 's dòcha)
- Stiùireadh TF

Tha a' mhòr-chuid den eòlas againn eadar an t-oifigear trèanaidh agus an sgioba leasachaidh. Gheibh sinn eòlas bhon taobh a-muigh air TF, agus an taisbeanadh.

Chaidh a mholadh le Fèis a' Bhaile gum biodh e ciallach teisteanas a thoirt seachad do dhaoine a bha an-

làthair, a chuireadh iad ris am fianais CPD (Continuing Professional Development) aca. Tha Fèisean nan Gàidheal mar-thà a' toirt seachad teisteanas do dhaoine a tha a' frithealadh trèanadh luchd teagaisg agus dìon chloinne, agus mar sin gabhaidh seo a dhèanamh.

Thèid fiosrachadh a sgaoileadh bhuamsa dha na fèisean agus oifigearan gu dìreach, le moladh gun tig na freagairtean thugam, le lethbhreac dhan oifigear. Bidh am fiosrachadh ri fhaotainn air làrach-lìn FnG, *Faileas*, agus air an duilleag Facebook, gu da-chànanach. Thèid fios naidheachd a chur an cèill airson sgaoileadh dha na meadhanan àbhaisteach ron Nollaig.

Tha tòrr eòlais aig oifigearan Fèisean nan Gàidheal, agus thèid daoine bhon taobh a-muigh fhasdadh a-rèir feum, nuair a tha molaidhean/cinn-làithean nas cruaidhe ann.

Cha do dh' iarr gin de na Fèisean fhathast Gàidhlig a thoirt a-staigh, ach gabhaidh sin a dhèanamh.

Tha clàr-ama na pròiseict air dheireadh gu ìre, air sgath dìth luchd-obrach, neo-làthaireachd agus tinneas, ach thathar air gluasad air adhart a-nis gus dèanamh cinnteach gun tig an iomairt gu bith ron àm, agus an taobh a-staigh buidseat. Thathar an dùil gun tig cosgaisean a lùghdachadh gu mòr, an coimeas ri figearan na bliadhna-sa, oir cha bhith an uiread de shiubhail agus cuid-oidhche ri phàigheadh. Cuideachd, thathar an dùil gun urrainn do mhuinntir Fèisean nan Gàidheal feadhainn dha na cuspairean a thoirt seachad cho math no nas fheàrr na daoine bhon taobh a-muigh (eg. Annualised Hours Guidance) agus thèid lùghdachadh air na cosgaisean sin cuideachd, fiù 's le bhith gabhail a-staigh uairean luchd-obrach agus siubhail.

**Gnìomh a dhìth**
Thathar ag iarraidh air Buill a' Bhùird fa-near a toirt don fiosrachadh.

**Iona NicDhòmhnaill**
Oifigear Trèanaidh agus Poileasaidh
Dùbhlachd 2012

# Fèisean nan Gàidheal

## Pròiseactan Dràma

Àireamh air a' Chlàr Chùisean: 4.2012.02(f)

**Adhbhar a' Phàipeir**

Tha am pàipear seo airson fiosrachadh a thoirt don Bhòrd mun a' Chuairt Nollaig a bhios aig Meanbh-chuileag eadar 3-10 Dùbhlachd agus cuideachd fios mu na planaichean a th'ann airson cuairt Meanbh Chuileag anns a' bhliadhna ùr. Bheir e iomradh dhuibh cuideachd air na pròiseactan eile anns a bheil na h-oifigearan dràma an sàs an-dràsta agus anns an àm ri teachd.

**Panto**

Bidh 'Gloidhchean agus na Dèideagan Brìste' a' dol air chuairt air feadh na Gàidhealtachd 's nan Eilean eadar an 3-7 Dùbhlachd, bidh e cuideachd a' tadhal air Dùn Èideann air 10 Dùbhlachd. Chaidh an sgeulachd a' sgrìobhadh le Dougie Beck. 'S ann mu dheidhinn balach òg nach eil uabhasach sgileil a thaobh obair shaorsainneachd a tha an dealbh-cluiche, is tha e làn spòrs, fealla-dhà agus òrain. Bidh triùir de sgioba Fèisean nan Gàidheal a' cleasachd ann, 's iad – Aonghas MacLeòid, Christine Nic an t-Saoir agus Dougie Beck, agus còmhla riutha bidh Raonaid Cheannadach, a cheumnaich o chionn ghoirid bho Oilthigh Thaobh Siar Alba le ceum le urram ann an dràma.

Airson a' chiad uair bidh am panto a' tadhal air tallaichean coimhearsnachd a bharrachd air sgoiltean airson cothrom a thoirt dhan mhòr-shluagh am panto fhaicinn.

**Meanbh Chuileag – Cuairt 2013**

Bidh Meanbh Chuileag air an rathad a-rithist sa Ghearran agus sa Mhàirt le dealbh-cluich ùr a thèid a thaisbeanadh aig sgoiltean Ghàidhlig air feadh na dùthcha. Leis gur e 2013 am bliadhna a bhios Alba a' comharrachadh 'Nàdar' tha Dougie Beck air plana ullachadh le sgriobt a bhios stèidhichte air beatha Iain Muir. Tha sinn a' cumail còmhraidhean le Dualchas Nàdair na h-Alba 's tha ùidh aca sa bheachd 's tha sinn an dòchas taic fhaighinn bhuapa ann a bhith a' cruthachadh goireasan a bhios sinn a' fàgail aig sgoiltean.

**Pròiseactan eile**

- Tha na h-oifigearan dràma, Aonghas MacLeòid is Dougie Beck, air a bhith trang a' cumail taic ri sgoiltean a tha cuir filmichean a-steach don farpais Film-G. 'S e Dihaoine 20 Dùbhlachd an latha mu dheireadh airson iarrtasan bho sgoiltean.
- Bidh Dougie is Christine Nic an t-Saoir (Oifigear Leasachaidh Earra-Ghàidheil) a' cur air dòigh pròiseact dràma a-rithist sa bhliadhn ùr. Bidh Dougie a' tadhail air sgoiltean ann an Loch Abar agus Earra-Ghàidheal a' toirt taic dha sgoiltean pìosan drama ùra a sgrìobhadh 's bidh latha taisbeanaidh a' gabhail àite sa Chèitean.
- Bidh Aonghas a' toirt seachad bùthan-obrach drama ann an sgoiltean an Eilein Sgiathanaich is Loch Aillse. Thèid grunn sgilean dràma a thoirt dhan chloinn 's bidh Aonghas a' conaltradh le sgoiltean airson beachdadh air latha drama a dhèanamh mar a thathas ga dhèanamh le Pròiseact Loch Abar is Earra-Ghàidheal.
- Mar phàirt den Lìonradh Dràma Ghàidhlig tha sinn air a bhith còmhradh le Eden Court mu phròiseact Theatar Òigridh a stèidheachadh ann an trì àrd-sgoiltean air a' Ghàidhealtachd. Chaidh iarrtas a chuir a-steach gu Bòrd na Gàidhlig 's ma tha seo soirbheachail thèid am Pròiseact air adhart bho thoiseach an Fhaoillich gu deireadh a' Ghiblein le gach sgoil a' faighinn 10 bùthan-obrach agus a' tighinn còmhla airson oidhche thaisbeanaidh aig Eden Court aig deireadh a' phròiseict.
- Bidh sinn a' foillseachadh fiosrachadh mun Sgoil Shamhraidh Dhràma 2013 anns a' bhliadhn' ùire. Thathas a' beachdachadh air na cinn-latha as freagarraiche agus mar a thèid Sgoil a sanasachadh le iomairt gus barrachd àireamhan a tharraing ann.

**Gnìomh a dhith**

Thathas ag iarraidh air a' Bhòrd a bhith toirt fa-near na pròiseactan drama gu h-àrd le cothrom deasbad a dhèanamh air pròiseactan drama san àm ri teachd.

**Dougie Beck**
Oifigear Dràma
Samhain 2012

**Tha Meanbh-chuileag a' toirt thugaibh...**
Meanbh-chuileag presents...

# Gloidhcean
# agus na dèideagan briste

**Le Raonaid Cheannadach, Aonghas MacLeòid, Christine Nic an t-Saoir agus Dougie Beck**
With Rachel Kennedy, Angus Macleod, Christine MacIntyre and Dougie Beck

## Dealbh-cluiche Nollaig Gàidhlig don a h-uile duine aois 3 gu 103!
A Gaelic Christmas Play for everyone aged 3 to 103!

**Chan eil Greannag idir dèidheil air Gloidhcean, a tha dìreach air nochdadh air stairsneach na bùtha-ciùird. Ged nach eil e gu cus feum le òrd no gilb, tha Gloidhcean deònach obair sam bith fheuchainn fhad 's a gheibh e cupa tì agus rudeigin a dh'itheas e, agus cothrom norrag a ghabhail ri taobh an stòbha. An e an gilleonaidh bochd seo a bhris na dèideagan ùra agus a chuir an Nollaig ann an cunnart...?**
Greannag is not very keen on Gloidhcean, who has just turned up on the workshop doorstep. Although he's not too handy with a hammer or chisel, Gloidhcean is more than willing to give any kind of work a go, just as long as he gets a cuppa and something to eat, and the chance to have a nap beside the stove. Could this poor gormless creutair possibly be the one who broke all the new toys, threatening to scupper Christmas for everyone...?

### Public Performances | Tachartasan poblach
**Monday 3 December @ 7.30pm: Acharacle Primary School - Diluain 3 Dùbhlachd**
**Tuesday 4 December @ 7.30pm: Talla Dhonaidh Chaimbeil, Sleat - Dimàirt 4 Dùbhlachd**
**Wednesday 5 December @ 7.30pm: Carinish Hall - Diciadain 5 Dùbhlachd**
**Thursday 6 December @ 7.30pm: Clan MacQuarrie Community Centre - Diardaoin 6 Dùbhlachd**
**Friday 7 December @ 7.30pm: Spectrum Centre, Inverness - Dihaoine 7 Dùbhlachd**

### Schools Performances (not open to the public) | Sgoiltean a-mhàin
**3 December: Fort William Gaelic Primary - 3 Dùbhlachd**
**3 December: Rockfield Primary School. Oban - 3 Dùbhlachd**
**4 December: Portree High School (with Skye primaries) - 4 Dùbhlachd**
**5 December: Sgoil Dhalabroig, South Uist - 5 Dùbhlachd**
**6 December: Sgoil Lacasdail, Lewis (with Lewis primaries) - 6 Dùbhlachd**
**7 December: Dingwall Primary - 7 Dùbhlachd**
**10 December: Tolcross Primary, Edinburgh - 10 Dùbhlachd**

***"Tha mi a' sgrìobhadh a dh'innse cho math 's a chòrd an dràma Gàidhlig 'Marsaili agus a' Bhleideag Airgid' ris an sgoil air fad. Bha e èibhinn, deagh stòiridh agus seinn àlainn. Thuig a' chlann an stòiridh agus bha na h-actairean fìor mhath air a' chlann a bhrosnachadh gus pàirt a ghabhail. Bha a' Ghàidhlig cho soilleir agus furasta tuigsinn. Bha na props sgoinneil cuideachd."*** **(Ceannard Sgoile)**

*"I'm writing to tell you how much the school enjoyed the Gaelic play 'Marsaili agus a' Bhleideag Airgid'. It was funny, had a great story and the singlng was beautiful. The children understood the language and the actors were very good at getting the children involved. The Gaelic was very clear and easy to understand, and the props were excellent."* (Headteacher)

**Tiogaidean a' phobaill**
Public tickets
**£5/£3/£2**

**Fios agus tiogaidean sgoiltean**
Info and schools' tickets
**01478 613355 · moreen@feisean.org**

Year of Creative Scotland 2012
fèisean NAN GÀIDHEAL
HIE Highlands and Islands Enterprise Iomairt na Gàidhealtachd 's nan Eilean
The Highland Council Comhairle na Gàidhealtachd
BÒRD NA GÀIDHLIG

# Fèisean nan Gàidheal

## Cùisean Ionmhasail

Àireamh air a' Chlàr Chùisean: 4.2012.03

| Anns an aithisg seo: | **Gnìomh a dhìth** |
|---|---|
| **Àireamh air a' Chlàr Chùisean: 4.2012.3(a)** | |
| Teachd a-steach agus teachd a-mach gu 31 Màrt 2013 leis mar a thionndaidh cùisean a-mach gu 31 Dàmhair 2012, ath-sgrùdaichte son an dàrna leth den bhliadhna ionmhais | Airson Fiosrachaidh agus Aontachaidh |
| **Àireamh air a' Chlàr Chùisean: 4.2012.03(b)** | |
| Bidh na suimean a th' againn anns a' bhanca air an dearbhadh aig a' choinneimh | Airson Fiosrachaidh |
| **Àireamh air a' Chlàr Chùisean: 4.2012.03(c)** | |
| Liosta de na tabhartasan a tha air gealltainn dha na Fèisean airson 2012-13 leis na suimean pàighte gu 31 Dàmhair 2012 | Airson Fiosrachaidh |
| **Àireamh air a' Chlàr Chùisean: 4.2012.03(d)** | |
| Cunntasan Ràitheil gu 30 Sultain 2012, air an ullachadh le Mann Judd Gordon | Airson Fiosrachaidh agus Deasbaid |

**Anne Willoughby**
Manaidsear Gnìomha
Dùbhlachd 2012

## Teachd a-steach agus teachd a-mach gu 31 Màrt 2013 leis mar a thionndaidh cùisean a-mach gu 31 Dàmhair 2012

Àireamh air a' Chlàr Chùisean 4.2012.03(a)

| **TEACHD A-STEACH** | **2012-13** | **ÙINE** | **MAR A THACHAIR** |
|---|---|---|---|
| Core Grants | £ 349,333.00 | £ 203,777.58 | £ 251,690.90 |
| Management Fees | £ 99,550.00 | £ 58,070.83 | £ 96,774.35 |
| Grants Scheme | £ 200,000.00 | £ 116,666.67 | £ 202,950.00 |
| Fèis Development Fund | £ 5,000.00 | £ 2,916.67 | £ 5,000.00 |
| Annualised Hours | £ 10,000.00 | £ 5,833.33 | £ 5,000.00 |
| Training | £ 20,000.00 | £ 11,666.67 | £ 2,920.00 |
| Gaelic Development | £ 55,000.00 | £ 32,083.33 | £ 10,000.00 |
| Youth Music Initiative | £ 219,511.00 | £ 128,048.08 | £ 219,511.00 |
| Blas Festival | £ 151,500.00 | £ 88,375.00 | £ 141,705.01 |
| Other Earned Income | £ 12,550.00 | £ 7,320.83 | £ 6,117.60 |
| Meanbh Chuileag TIE Service | £ 35,000.00 | £ 20,416.67 | £ 18,040.00 |
| Support Cèilidh Trails | £ 110,205.00 | £ 64,286.25 | £ 42,500.30 |
| Gaelic Drama Summer School | £ 28,000.00 | £ 16,333.33 | £ 20,000.00 |
| Songwriting & Collecting Projects | £ 12,500.00 | £ 7,291.67 | £ 0.00 |
| Press/PR/Website Updates/Newsletter | £ 1,000.00 | £ 583.33 | £ 1,000.00 |
| Showcase Opportunities | £ 12,731.33 | £ 7,426.61 | £ 12,731.33 |
| Fèisean Services | £ 24,000.00 | £ 14,000.00 | £ 17,965.14 |
| General Funds still to be raised | £ 12,952.00 | £ 7,555.33 | £ 1,143.88 |
| **IOMLAN** | **£ 1,358,832.33** | **£ 792,652.19** | **£1,055,049.51** |
| | | | |
| **TEACHD A-MACH** | | | |
| **COSGAISEAN RUITH** | | | |
| Staff Salaries | £ 307,936.00 | £ 179,629.33 | £183,600.27 |
| NIC Contributions | £ 36,952.00 | £ 21,555.33 | £17,464.54 |
| Pension Contributions | £ 15,397.00 | £ 8,981.58 | £5,259.94 |
| Fèisean Services Staff Wages and NI | £ 24,000.00 | £ 14,000.00 | £10,971.51 |
| Staff Travel | £ 22,000.00 | £ 12,833.33 | £12,105.49 |
| Office Rent & Rates | £ 23,000.00 | £ 13,416.67 | £13,996.79 |
| Stationery, Printing & Postage | £ 12,000.00 | £ 7,000.00 | £6,663.56 |
| Telephone, Fax, E-mail, Heat & Light | £ 13,000.00 | £ 7,583.33 | £7,526.37 |
| Board Expenses | £ 5,000.00 | £ 2,916.67 | £1,423.93 |
| Implementation of Child Protection policy | £ 10,000.00 | £ 5,833.33 | £5,477.00 |
| Insurance | £ 6,000.00 | £ 3,500.00 | £0.00 |
| Sundry Expenses | £ 1,000.00 | £ 583.33 | £806.93 |
| Accountancy & Bank Charges | £ 6,100.00 | £ 3,558.33 | £501.98 |
| Professional Fees | £ 1,000.00 | £ 583.33 | £955.80 |
| Instrument Bank Maintenance | £ 2,500.00 | £ 1,458.33 | £1,095.75 |
| Additional Support Needs | £ 500.00 | £ 291.67 | £0.00 |
| Capital Expenses | £ 3,000.00 | £ 1,750.00 | £1,904.22 |
| **COSGAISEAN PHRÒGRAM** | | | |
| Grants Paid Out | £ 200,000.00 | £ 116,666.67 | £ 107,938.00 |
| Annualised Hours | £ 10,000.00 | £ 5,833.33 | £ 0.00 |
| Feis Development Fund | £ 5,000.00 | £ 2,916.67 | £ 500.00 |
| Training Programme | £ 20,000.00 | £ 11,666.67 | £ 3,759.78 |
| *Training Programme Management Fee* | -£ 3,000.00 | -£ 1,750.00 | -£ 3,000.00 |

| | | | |
|---|---|---|---|
| Gaelic Language Development | £ 55,000.00 | £ 32,083.33 | £ 26,418.09 |
| *Gaelic Language Development Management Fee* | -£ 8,250.00 | -£ 4,812.50 | -£ 8,250.00 |
| Youth Music Initiative | £ 219,511.00 | £ 128,048.08 | £ 108,497.81 |
| *Youth Music Initiative Management Fee* | -£ 50,000.00 | -£ 29,166.67 | -£ 50,000.00 |
| Annual Conference | £ 8,000.00 | £ 4,666.67 | £ 4,748.94 |
| Blas Festival | £ 195,500.00 | £ 114,041.67 | £ 158,024.75 |
| *Blas Festival Management Fee* | -£ 15,000.00 | -£ 8,750.00 | -£ 12,000.00 |
| Support for Meanbh Chuileag | £ 35,000.00 | £ 20,416.67 | £ 13,701.51 |
| Support Cèilidh Trails | £ 110,205.00 | £ 64,286.25 | £ 92,177.70 |
| *Cèilidh Trails Management Fee* | -£ 12,000.00 | -£ 7,000.00 | -£ 12,000.00 |
| Gaelic Drama Summer School | £ 28,000.00 | £ 16,333.33 | £ 19,874.66 |
| *Drama Summer School Management Fee* | -£ 2,800.00 | -£ 1,633.33 | -£ 2,800.00 |
| Archiving Project | £ 12,500.00 | £ 7,291.67 | £ 8,275.65 |
| *Archiving Management Fee* | -£ 2,000.00 | -£ 1,166.67 | -£ 2,000.00 |
| Press/PR/Website Updates/Newsletter | £ 1,000.00 | £ 583.33 | £ 379.54 |
| Showcase Opportunities | £ 12,731.33 | £ 7,426.61 | £ 12,974.39 |
| *Showcase Opportunities Management Fee* | -£ 1,724.35 | -£ 1,005.87 | -£ 1,724.35 |
| Contingency | £ 1,000.00 | £ 583.33 | £ 2,000.00 |
| **FO-IOMLAN A-MACH** | **£ 1,309,025.67** | **£ 763,598.31** | **£ 738,273.74** |
| Management Fees | £ 99,774.35 | £ 58,201.70 | £96,774.35 |
| **TEACHD A-MACH GU H-IOMLAN** | **£ 1,408,800.02** | **£ 821,800.01** | **£ 835,048.09** |
| Transfer to Reserves | £ 17,421.25 | £ 1,451.77 | £16,935.51 |
| **CÒRR/CALL** | **-£ 49,967.69** | **-£ 29,147.82** | **£ 220,001.42** |

## Tabhartasan nam Fèisean 2012-13 leis na suimean pàighte gu 31 Dàmhair 2012

Àireamh air a' Chlàr Chùisean: 4.2012.03(c)

Tha an clàr a leanas a' sealltainn tabhartasan a tha air an aontachadh airson nam Fèisean, agus na th' air a bhith pàighte air a' cheann-latha shuas.

| Ainm Fèise | InG | InG Dùbhlanach | Prìomh Thabhartas Fèise | Maoin Ùghdarras Ionadail | Tabhartas Leantainneach | Uairean a rèir Bliadhna | Tabhartas Uairean Bliadhnail | Sgeama Leasachaidh | Tabhartas Iomlan air a Thabhann | Còrr Pàighte | Còrr gun rèiteach |
|---|---|---|---|---|---|---|---|---|---|---|---|
| **Comhairle na Gàidhealtachd** | | | | | | | | | | | |
| Fèis an Earraich | √ | √ | £5,797.47 | £3,165.53 | £2,000.00 | 150 | £1,125.00 | £0.00 | £12,088.00 | £8,284.50 | £3,803.50 |
| Fèis Lochabair | √ | | £2,842.78 | £1,552.22 | £1,000.00 | 100 | £750.00 | £0.00 | £6,145.00 | £3,296.00 | £2,849.00 |
| Fèis nan Garbh Chrìochan | √ | √ | £3,686.89 | £2,013.11 | £3,050.00 | 20 | £150.00 | £0.00 | £8,900.00 | £4,275.00 | £4,625.00 |
| Fèis Chataibh | √ | | £2,029.08 | £1,107.92 | £1,872.00 | 80 | £600.00 | £0.00 | £5,609.00 | £3,589.00 | £2,020.00 |
| Fèis a' Bhealaich | √ | √ | £298.83 | £163.17 | £532.00 | 10 | £75.00 | £0.00 | £1,069.00 | £346.50 | £722.50 |
| Fèis Rois Òigridh | √ | √ | £8,189.50 | £3,473.50 | £5,345.00 | 0 | £0.00 | £0.00 | £17,008.00 | £14,335.50 | £2,672.50 |
| Fèis Rois nan Deugairean | √ | √ | £7,244.41 | £3,955.59 | £0.00 | 0 | £0.00 | £0.00 | £11,200.00 | £9,493.00 | £1,707.00 |
| Fèis Eige | √ | √ | £877.74 | £479.26 | £0.00 | 20 | £150.00 | £0.00 | £1,507.00 | £0.00 | £1,507.00 |
| Feis Ghallaibh | √ | √ | £0.00 | £0.00 | £2,546.00 | 20 | £150.00 | £0.00 | £2,696.00 | £1,348.00 | £1,348.00 |
| Fèis Farr | √ | | £0.00 | £0.00 | £850.00 | 0 | £0.00 | £0.00 | £850.00 | £0.00 | £850.00 |
| Fèis na h-Òige | √ | | £711.51 | £388.49 | £1,160.00 | 0 | £0.00 | £0.00 | £2,260.00 | £1,405.00 | £855.00 |
| Fèis Air an Oir | √ | √ | £732.20 | £399.80 | £2,480.00 | 50 | £375.00 | £0.00 | £3,987.00 | £1,427.50 | £2,559.50 |
| Feis Ghleann Albainn | √ | | £1,010.98 | £552.02 | £2,725.00 | 0 | £0.00 | £0.00 | £4,288.00 | £1,172.00 | £3,116.00 |
| Fèis Ratharsaidh | √ | √ | £1,466.99 | £801.01 | £0.00 | 0 | £0.00 | £0.00 | £2,268.00 | £0.00 | £2,268.00 |
| Fèis a' Bhaile | √ | | £1,406.84 | £768.16 | £1,588.00 | 100 | £750.00 | £0.00 | £4,513.00 | £2,800.00 | £1,713.00 |
| Fèis Òigridh na Mara | √ | √ | £468.95 | £256.05 | £5,720.00 | 200 | £1,500.00 | £0.00 | £7,945.00 | £4,360.00 | £3,585.00 |
| Fèis Inbhir Narann | √ | | £897.15 | £489.85 | £3,001.00 | 100 | £750.00 | £0.00 | £5,138.00 | £1,876.00 | £3,262.00 |
| Fèis Spè | √ | | £2,377.07 | £1,297.93 | £4,706.00 | 0 | £0.00 | £0.00 | £8,381.00 | £5,109.00 | £3,272.00 |
| Fèis an Iar Thuath | √ | √ | £358.99 | £196.01 | £300.00 | 0 | £0.00 | £0.00 | £855.00 | £919.00 | -£64.00 |
| Fèis Thròndairnis | √ | √ | £2,000.62 | £1,092.38 | £604.00 | 0 | £0.00 | £0.00 | £3,697.00 | £2,320.00 | £1,377.00 |
| Feis a' Chaolais | √ | | £0.00 | £0.00 | £1,520.00 | 0 | £0.00 | £0.00 | £1,520.00 | £760.00 | £760.00 |
| **Iomlan Comhairle na Gàidhealtachd** | | | **£42,398.00** | **£22,152.00** | **£40,999.00** | **850** | **£6,375.00** | **£0.00** | **£111,924.00** | **£67,116.00** | **£44,808.00** |
| **Comhairle nan Eilean Siar** | | | | | | | | | | | |
| Fèis Tìr a' Mhurain | √ | √ | £3,211.00 | £1,350.00 | £1,732.00 | 80 | £600.00 | £0.00 | £6,893.00 | £3,758.00 | £3,135.00 |
| Fèis Eilean an Fhraoich | √ | | £3,790.00 | £1,800.00 | £1,800.00 | 120 | £900.00 | £0.00 | £8,290.00 | £5,543.00 | £2,747.00 |
| Fèis Tìr an Eòrna | √ | √ | £2,490.00 | £1,350.00 | £870.00 | 20 | £150.00 | £0.00 | £4,860.00 | £3,293.00 | £1,567.00 |
| Fèis Bharraigh | √ | √ | £4,475.00 | £1,350.00 | £3,454.00 | 60 | £450.00 | £0.00 | £9,729.00 | £4,706.00 | £5,023.00 |

| | | | | | | | | | | | |
|---|---|---|---|---|---|---|---|---|---|---|---|
| Fèis Eilean na Hearadh | √ | √ | £1,337.00 | £1,350.00 | £0.00 | 20 | £150.00 | £0.00 | £2,837.00 | £2,428.00 | £409.00 |
| Fèis an Rubha | √ | | £0.00 | £0.00 | £0.00 | 0 | £0.00 | £500.00 | £500.00 | £500.00 | £0.00 |
| Fèis Taigh Dhonnchaidh | √ | √ | £916.00 | £1,350.00 | £1,144.00 | 0 | £0.00 | £0.00 | £3,410.00 | £2,609.00 | £801.00 |
| **Iomlan Comhairle nan Eilean Siar** | | | **£16,219.00** | **£8,550.00** | **£9,000.00** | **300** | **£2,250.00** | **£500.00** | **£36,519.00** | **£22,837.00** | **£13,682.00** |
| **Earra-Ghàidheal agus Bhòid** | | | | | | | | | | | |
| Fèis Cholla | √ | √ | £1,525.00 | £0.00 | £1,136.00 | 20 | £150.00 | £0.00 | £2,811.00 | £75.00 | £2,736.00 |
| Fèis Latharna | √ | | £3,231.00 | £1,500.00 | £3,100.00 | 50 | £375.00 | £0.00 | £8,206.00 | £5,660.50 | £2,545.50 |
| Fèis Mhuile | √ | √ | £778.00 | £0.00 | £432.00 | 20 | £150.00 | £0.00 | £1,360.00 | £0.00 | £1,360.00 |
| Fèis Thiriodh | √ | √ | £700.00 | £1,500.00 | £550.00 | 60 | £450.00 | £0.00 | £3,200.00 | £2,025.00 | £1,175.00 |
| Fèis Ìle agus Dhiùra | √ | √ | £1,745.00 | £1,500.00 | £1,500.00 | 60 | £450.00 | £0.00 | £5,195.00 | £750.00 | £4,445.00 |
| Fèis Dhùn Omhain | √ | √ | £780.00 | £0.00 | £500.00 | 20 | £150.00 | £0.00 | £1,430.00 | £0.00 | £1,430.00 |
| Fèis Cheann Loch Goibhle | √ | | £1,207.00 | £1,500.00 | £1,359.00 | 40 | £300.00 | £0.00 | £4,366.00 | £0.00 | £4,366.00 |
| **Iomlan Earra-Ghàidheal agus Bhòid** | | | **£9,966.00** | **£6,000.00** | **£8,577.00** | **270** | **£2,025.00** | **£0.00** | **£26,568.00** | **£8,510.50** | **£18,057.50** |
| **Sgìrean Eile/Bailtean Mòra** | | | | | | | | | | | |
| Fèis Arainn | √ | | £2,550.00 | £0.00 | £2,456.00 | 0 | £0.00 | £0.00 | £5,006.00 | £3,141.00 | £1,865.00 |
| Fèis Mhoireibh | √ | √ | £1,353.00 | £0.00 | £448.00 | 20 | £150.00 | £0.00 | £1,951.00 | £0.00 | £1,951.00 |
| **IOMLAN InG** | **37** | **23** | **£72,486.00** | **£36,702.00** | **£61,480.00** | **1,440** | **£10,800.00** | **£500.00** | **£181,968.00** | **£101,604.50** | **£80,363.50** |
| Fèis Dhùn Èideann | | | £2,750.00 | £0.00 | £6,100.00 | 300 | £2,250.00 | £0.00 | £11,100.00 | £4,175.00 | £6,925.00 |
| Fèis Chille Conbhal | | | £0.00 | £0.00 | £0.00 | 0 | £0.00 | £0.00 | £0.00 | £0.00 | £0.00 |
| Fèis Obair Dheathain | | | £0.00 | £0.00 | £0.00 | 0 | £0.00 | £0.00 | £0.00 | £0.00 | £0.00 |
| Feis Dhùn Bhreatainn | | | £0.00 | £0.00 | £1,932.00 | 0 | £0.00 | £0.00 | £1,932.00 | £966.00 | £966.00 |
| Fèis Lannraig a Tuath | | | £878.00 | £0.00 | £728.00 | 0 | £0.00 | £0.00 | £1,606.00 | £1,023.00 | £583.00 |
| Fèis Fhoirt | | | £3,850.00 | £0.00 | £2,328.00 | 50 | £375.00 | £0.00 | £6,553.00 | £4,052.00 | £2,501.00 |
| Feis Ghlaschu | | | £2,140.00 | £0.00 | £0.00 | 20 | £150.00 | £0.00 | £2,290.00 | £1,605.00 | £685.00 |
| Fèis Innis an Uillt | | | £945.00 | £0.00 | £0.00 | 20 | £150.00 | £0.00 | £1,095.00 | £0.00 | £1,095.00 |
| Fèis Lunnainn | | | £0.00 | £0.00 | £0.00 | 0 | £0.00 | £0.00 | £0.00 | £0.00 | £0.00 |
| Feis an t-Stratha | | | £0.00 | £0.00 | £0.00 | 0 | £0.00 | £0.00 | £0.00 | £0.00 | £0.00 |
| **Iomlan Sgìrean Eile/Bailtean Mòra** | | | **£14,466.00** | **£0.00** | **£13,992.00** | **410** | **£3,075.00** | **£0.00** | **£31,533.00** | **£14,962.00** | **£16,571.00** |
| | | | **Prìomh Thabhartas Fèise** | **Maoin Ùghdarras Ionadail** | **Tabhartas Leantainneach** | **Uairean a rèir Bliadhna** | **Tabhartas Uairean Bliadhnail** | **Sgeama Leasachaidh** | **Tabhartas Iomlan air a Thabhann** | **Còrr Pàighte** | **Còrr gun rèiteach** |
| **GU H-IOMLAN** | | | **£ 83,049.00** | **£ 36,702.00** | **£ 72,568.00** | **1,830** | **£ 13,725.00** | **£ 500.00** | **£ 206,544.00** | **£ 113,425.50** | **£ 93,118.50** |

# Fèisean nan Gàidheal

## Cunntasan Ràitheil gu 30 Sultain 2012

Àireamh air a' Chlàr Chùisean: 4.2012.03(d)

| Description | Total | Core activities | Blas Festival | Training | Schools project | Gaelic development |
|---|---|---|---|---|---|---|
| **STATEMENT OF FINANCIAL ACTIVITIES** | | | | | | |
| **INCOMING RESOURCES** | | | | | | |
| Creative Scotland | 252,500 | 252,500 | | | | |
| Highland Council | 340,404 | 47,393 | 73,500 | | 219,511 | |
| Highland & Islands Enterprise | 85,840 | 59,340 | 10,000 | | | 16,500 |
| Bòrd na Gàidhlig | 74,541 | 10,000 | 29,541 | | | 35,000 |
| Comunn na Gàidhlig | 900 | | | 900 | | |
| Membership fees | 415 | 415 | | | | |
| Sale of publications | 865 | 865 | | | | |
| Instrument bank revenue | 3,513 | 3,513 | | | | |
| Training registration fees | 420 | | | 420 | | |
| Ceilidh Trails - other income | 12,050 | 12,050 | | | | |
| Celtic Neighbours | 2,731 | | | | | 2,731 |
| Management fees | 96,550 | 96,550 | | | | |
| Box office / concerts | 8,891 | | 8,891 | | | |
| Performance fees | 2,000 | 2,000 | | | | |
| Other income | 3,958 | 958 | 3,000 | | | |
| Wages reimbursed by Fèisean | 8,841 | 8,841 | | | | |
| Bank interest received | 68 | 68 | | | | |
| **Total incoming resources** | **894,487** | **494,493** | **124,932** | **1,320** | **219,511** | **54,231** |
| **RESOURCES EXPENDED** | | | | | | |
| ***Fundraising trading*** | | | | | | |
| Instrument bank costs | 1,072 | 1,072 | | | | |
| Artistes costs | 41,560 | | 41,560 | | | |
| Travel and support | 11,430 | | 11,430 | | | |
| PA and lighting | 17,571 | | 17,571 | | | |
| Project manager | 19,840 | | 19,840 | | | |
| | 112,241 | 1,072 | 111,169 | 0 | 0 | 0 |
| ***Charitable activities*** | | | | | | |
| Wages | 167,481 | 167,481 | | | | |
| Development officers & tutors | 10,541 | | | | 10,541 | |
| Grants to Fèisean | 96,225 | 96,225 | | | | |
| Travelling | 5,281 | | | | 4,019 | 1,261 |
| Child protection costs | 4,941 | 4,941 | | | | |
| Training | 523 | | | 523 | | |
| Workshops | 9,274 | | | 150 | | 9,124 |
| Materials | 8,536 | | | | 8,505 | 31 |
| Sgoil Shamhraidh | 12,971 | | | | | 12,971 |
| Ceilidh trail | 82,041 | 82,041 | | | | |
| Festival costs | 2,572 | | | | | 2,572 |
| Tachartas Còmhnaidh 2012 | 8,725 | | | | | 8,725 |
| Celtic Neighbours | 7,088 | | | | | 7,088 |
| Fonn Ratharsair | 8,276 | | | | | 8,276 |
| Meanbh Fhèis | 1,256 | | | | | 1,256 |
| Sundry expenses | 807 | 807 | 0 | | | |
| Management charge | 96,550 | 16,300 | 12,000 | | 50,000 | 18,250 |
| | 523,086 | 367,795 | 12,000 | 673 | 73,065 | 69,553 |
| ***Governance costs*** | | | | | | |

| | | | | | | |
|---|---|---|---|---|---|---|
| Audit & accountancy | 3,614 | 2,614 | 1,000 | | | |
| Committee expenses | 1,359 | 1,359 | | | | |
| Annual conference | 468 | 468 | | | | |
| Legal & professional fees | 582 | 582 | | | | |
| | 6,023 | 5,023 | 1,000 | 0 | 0 | 0 |
| ***Support costs*** | | | | | | |
| Social security | 16,092 | 16,092 | | | | |
| Pensions | 4,472 | 4,472 | | | | |
| Staff travel & expenses | 8,871 | 8,871 | | | | |
| Office rent | 8,448 | 8,448 | | | | |
| Light and heat | 3,786 | 3,786 | | | | |
| Insurance | 488 | | 488 | | | |
| Capital costs | 1,808 | 1,808 | | | | |
| Telephone | 3,669 | 3,669 | | | | |
| Postage and stationery | 8,380 | 8,380 | | | | |
| Website costs | 380 | 380 | | | | |
| Bank charges and interest | 579 | 502 | 77 | | | |
| Depreciation | 524 | 196 | 328 | | | |
| | 57,497 | 56,604 | 892 | 0 | 0 | 0 |
| **Total resources expended** | **698,846** | **430,494** | **125,061** | **673** | **73,065** | **69,553** |
| **Net incoming / (outgoing) resources - for six months ended 30 September 2012** | **195,640** | **63,999** | **(130)** | **647** | **146,446** | **(15,322)** |
| Total funds at 1 April 2012 | 86,053 | | | | | |
| **Total funds at 30 September 2012** | **281,693** | | | | | |

**BALANCE SHEET AS AT 30 SEPTEMBER 2012**

| | |
|---|---|
| **Fixed assets** | |
| Photocopier - cost | 11,042 |
| Computer equipment - cost | 2,791 |
| Photocopier - depreciation | (8,749) |
| Computer equipment - depreciation | (1,417) |
| | 3,667 |
| **Current assets** | |
| Grants receivable | 90,492 |
| VAT | 6,004 |
| | 96,496 |
| **Bank accounts** | |
| FnG current account | (907) |
| FnG high interest account | 219,791 |
| Blas Festival current account | (15,570) |
| | 203,315 |
| **Current liabilities** | |
| Social security and other tax | (9,087) |
| Trade creditors | (1,923) |
| Accrued expenses | (10,774) |
| | (21,784) |
| **Net assets as at 30 September 2012** | **281,693** |

# Fèisean nan Gàidheal

## Lèirmheas air Bòrd-stiùiridh Fèisean nan Gàidheal

Àireamh air a' Chlàr Chùisean: 4.2012.04(a)

**Adhbhar a' Phàipeir**

A' leantainn air còmhraidhean aig a' choinneimh mu dheireadh den Bhòrd, tha molaidhean sa phàipear seo mu lèirmheas den Bhòrd-stiùiridh aig Fèisean nan Gàidheal.

**Cùl-fhiosrachadh**

Bidh cuimhne air buill a' Bhùird gun deach aontachadh ris a' ghnìomh seo sa chùmhnant 2012-15 le InG: "undertake a review on function, appositeness and efficacy of Fèisean nan Gàidheal board, by 31st March 2013."

Aig a' choinneimh mu dheireadh den Bhòrd, dh'aontaich buill gun robh iad an ìre mhath riaraichte leis mar a tha buill air an taghadh a tha a' leigeil leis na Fèisean ainmean a chur air adhart agus daoine a thaghadh. Cha robh iad a' faicinn cus feum gnothaichean atharrachadh.

A dh'aindheoin sin, bha buill mothachail gun deach aontachadh ris a' ghnìomh sa chùnhnant agus chaidh iarraidh ormsa (a) faighinn a-mach bho InG dè dha-rìribh na bha iad a' sùileachadh bhon ghhìomh agus (b) molaidhean a thoirt air adhart airson lèirmheas freagarrach.

Seach gu bheil lèirmheas gu bhith ann, chaidh gabhail ri moladh gum biodh e na b' fheàrr nam fuiricheadh na buill a th' againn an-dràsta airson ùine a bharrachd gus am bi e seachad.

**An lèirmheas**

Choinnich mi Ann Marie Reid air 3 Dàmhair airson còmhradh mun lèirmheas agus airson faighinn a-mach dè dìreach a tha HIE ag iarraidh coimhead air a thaobh ballrachd a' Bhùird.

Bha mi air clàr sgilean a dheasachadh stèidhichte air tagraidhean nam ball nuair a chaidh an taghadh. Tha seo a' dearbhadh gu bheil sgilean farsaing air a' Bhòrd. Cha robh seo a' toirt a-steach sgilean an luchd-obrach bhon a tha am buidheann a' faighinn feum agus luach cuideachd.

Bha ceist ann mu ciamar a dhèanamaid cinnteach gum biodh na sgilean riatanach air a' Bhòrd fad na h-ùine. Bha Ann Marie Reid cuideachd den bheachd gun robh sgilean malairteach a dhìth bhon a chuir sinn Fèisgoil gu seòl, airson a dhèanamh cinnteach gum faigheamaid an teachd a-steach as fheàrr bhon t-seribheis.

Bhruidhinn mi ri Arts & Business Scotland mu lèirmheas a dhèanamh dhuinn. Tha iadsan mar-thà an sàs ann am pròg ram airson Bùird a leasachadh agus ghabhadh seo a chleachdadh airson lèirmheas neo-eisimeileach air sgilean nam ball agus molaidhean a chur air adhart mu leasachaidhean san àm ri teachd.

Chùm mi còmhradh ri Catriona Reynolds bho Arts & Business Scotland agus thug ise dhomh iomradh air na dh'fhaodadh iad a dhèanamh dhuinn:

- Còmhraidhean leis an cathraiche agus a' cheannard mu dhleasdanasan na buidhne aig an ìre seo, ann an oidhirp mìneachadh nan sgilean a tha a dhìth airson an coileanadh, agus airson faighinn a-mach ciamar a tha am bòrd air a fhrithealadh an-dràsta.
- An dèidh còmhraidhean agus sealltainn ris a' bhuidhinn, rachadh ceisteachan a-mach do gach ball gan ceasnachadh mu na sgilean aca fhèin agus na beachdan a th' aca mun dòigh sa bheil am Bòrd ag obrachadh agus mar a tha iadsan a' cur ri obair na buidhne.
- Aithisg a dheasachadh stèidhichte air freagairtean nam ball, cuide ri molaidhean airson leasachadh a' Bhùird san àm ri teachd, gu bhith deiseil air thoiseach air coinneamh a' Bhùird sa Ghearran.

Bhiodh Arts & Business Scotland ag iarraidh £400+VAT gach latha agus bha iad a' tuairmse gun gabhadh an obair a dhèanamh taobh a-staigh 3 latha, le cosgais iomlan timcheall air £1,200 + VAT.

Leis gu bheil Fèisean nan Gàidheal maoinichte mar bhuidheann 'foundation', tha sinn airidh air latha leasachaidh an asgaidh bho Arts & Business Scotland. 'S e seisean a tha seo a ghabhadh a stèidheachadh air feumalachdan sònraichte na buidhne agus dh'fhaodadh iad coimhead ri dleasdanasan gach ball agus na tha iad a' cur ris a' bhuidhinn.

Leis gum bitheamaid airson coimhead gu sònraichte ri sgilean a' Bhùird, agus gu bheil clàr sgilean againn mar-thà, 's e mo bheachd gu bheil feum again air rudeigin eadar dà dhòigh.

Tha mi air aontachadh gun gabhadh dèiligeadh ris na prìomh phuingean air am bu chòir dhuinne a bhith ag amas ann an latha leasachaidh. Seachad air sin, ghabhadh na puingean a tha a' dèanamh dragh do InG – sgilean buill a' Bhùird – a leasachadh tro sgrùdadh air na sgilean a dhèanadh Arts & Business mar phrìomh amais. Mu dheireadh, thèid iarraidh air Arts & Business Scotland aithisg a chur ri chèile dhuinn le molaidhean mar obair a bharrachd, pàighte dhuinne.

Ma bhios buill a' Bhùird riaraichte leis an dòigh-obrach seo, dh'fheumamaid latha a bharrachd a chur air dòigh airson coinneachadh, ma dh'fhaoidte san Fhaoilleach. Bhruidhinninn ri Catriona Reynolds airson aontachadh amasan an latha.

Tha fiosrachadh mun t-seòrsa latha àbhaisteach a bhios Arts & Business a' tabhann air an ath dhuilleig, ged a bhios an latha againn stèidhichte air na feumalachdan againn fhìn. Tha clàr nan sgilean a' leantainn sin.

**Gnìomh a dhìth**
Thathar a' sireadh aonta bho bhuill a' Bhùird don dòigh-obrach seo co-cheangailte ri lèirmheas a dhèanamh agus thathar ag iarraidh air na buill ceann-latha aontachadh airson na seisean leasachaidh.

**Art MacCarmaig**
Ceannard
Dùbhlachd 2012

Arts & Business Scotland

# Planning your Board Development Day

Thank you for booking a board development day for your organisation through Arts & Business Scotland. This one-day, bespoke, programme is designed to assist the Board of an arts organisation or museum to develop and make the best possible use of the skills and experience of its members, maximise the contribution each can make to the organisation, and to help the Board perform better as a whole.

**What happens next?**
An experienced Arts & Business trainer will be assigned to you to facilitate this training day for your Board and will help you to look in detail at the members' key responsibilities. The trainer will discuss with your Chief Executive (or appropriate senior executive) and Chair the issues that are specific to your organisation, and will tailor the training to address your chosen areas. These areas may include any combination of the following as determined by the requirements of the Board:

- Governance and OSCR – an introductory session that must be included in all courses
- Clarifying the roles and relationship of the board and staff
- Financial duties
- Planning and policy, including monitoring and risk management
- Employment / human resources
- Delivering effective advocacy
- Making your board meetings work for you
- Board skills audit
- Reviewing, recruiting and retiring board members
- Board dynamics and structures

**Cost and booking details**
As you know Creative Scotland is covering the cost of this day, which includes preparation, tailoring the course to the needs of the organisation, course delivery and follow-up. However you must provide the venue and refreshments and pay any expenses incurred by the facilitator.

- These days are a valuable opportunity for the development of your Board and we therefore ask that **at least 80%** of Board Members attend the day, and that your chief executive also attends.
- We strongly recommend that a Board meeting is **not** scheduled for the same day.

If you have any questions about your day contact:
Catriona Reynolds, Arts & Business Scotland, 11 Abercromby Place, Edinburgh EH3 6LB.
E: catriona.reynolds@aandbscotland.org.uk; T: 0131 556 3353

Supported by:

CREATIVE SCOTLAND
ALBA | CHRUTHACHAIL

## Fèisean nan Gàidheal Board Members - Skills Matrix

| Ainm<br>Name | Ealain Ghàidhlig<br>Gaelic Arts | Foghlam<br>Education | Gàidhlig<br>Gaelic | Gnìomhachas<br>Business Skills | Poileasaidh agus Planadh<br>Policy & Planning | Sgilean Meadhanan<br>Media Skills | Eòlas TCF<br>ICT | Feumalachan Sònraichte<br>Special Needs | Cùram Chloinne<br>Child Protection | Togail-airgid<br>Fund-raising | Gnothaichean Coimhearsnachd<br>Community Affairs | Ùghdarrasan Ionadail<br>Local Government |
|---|---|---|---|---|---|---|---|---|---|---|---|---|
| **Catriona MacIntyre** | √ | √ | √ | | √ | | | √ | √ | | | √ |
| **Margaret Cameron** | | | √ | √ | | | | | | √ | √ | |
| **Fiona Johnston** | | | | | | | | | √ | √ | | √ |
| **Bernard Bell** | | √ | √ | √ | | | | √ | √ | √ | √ | √ |
| **Norma Gunn** | √ | | √ | | | | | | | | | √ |
| **Uisdean Robertson** | √ | | √ | | √ | √ | √ | | √ | √ | √ | √ |
| **Peigi MacLennan** | √ | | √ | | | | | | | √ | √ | |
| **Janet MacDonald** | √ | √ | √ | | | | √ | | | √ | √ | |
| **Duncan MacQuarrie** | √ | √ | √ | √ | √ | | | √ | √ | | | |
| **Elaine Spence** | √ | | | | | | | | √ | √ | √ | |

## Fèisean nan Gàidheal Board - Gaelic Language Skills

| Ainm<br>Name | Labhairt<br>Speak | Leughadh<br>Read | Sgrìobhadh<br>Write | Tuigse<br>Understand |
|---|---|---|---|---|
| **Catriona MacIntyre** | √ | √ | √ | √ |
| **Margaret Cameron** | √ | √ | √ | √ |
| **Fiona Johnston** | | | | √ |
| **Bernard Bell** | √ | √ | √ | √ |
| **Norma Gunn** | √ | √ | | √ |
| **Uisdean Robertson** | √ | √ | √ | √ |
| **Peigi MacLennan** | √ | √ | √ | √ |
| **Janet MacDonald** | √ | √ | √ | √ |
| **Duncan MacQuarrie** | √ | √ | √ | √ |
| **Elaine Spence** | | | | √ |

# Fèisean nan Gàidheal

## Duaisean agus Aithne

Àireamh air a' Chlàr Chùisean: 4.2012.04(b)

**Adhbhar a' Phàipeir**

Airson còmhradh fhosgladh mu phuing a chaidh a thogail, aig coinneamh mu dheireadh den Bhòrd, mu na cothroman a dh'fhaodadh a bhith ann aithne a thoirt do dhaoine fa leth, no buidhnean, a tha air tòrr a dhèanamh airson nam Fèisean (no nas fharsainge).

Bidh taisbeanadh aig a' choinneimh bho Art MacCarmaig a' mìneachadh nan dòighean anns a bheil daoine agus buidhnean air an aithneachadh aig an ìre seo, gus am bidh còmhradh againn mu dè a bharrachd a ghabhas dèanadh le Fèisean nan Gàidheal sam àm ri teachd.

**Gnìomh a dhìth**

Thathar ag iarraidh air buill a' Bhùird (a) fa-near a thoirt do na dòighean a th' ann mar-thà aithne a thoirt do dhaoine agus (b) co-dhùnadh a ruighinn a bheil feum air barrachd a dhèanamh, gu h-àraid airson aithne a thoirt dhaibhsan a tha a' dèanamh tòrr airson nam Fèisean gu sònraichte.

**Art MacCarmaig**
Ceannard
Dùbhlachd 2012

# Fèisean nan Gàidheal

## Aithisgean Luchd-obrach

Àireamh air a' Chlàr Chùisean: 4.2012.05(a)

| | |
|---|---|
| **Ainm** | **Art MacCarmaig** |
| **Dreuchd** | **Ceannard** |

**Bun fhiosrachadh**

Bidh fios aig buill a' Bhùird gur e mise a bhios a' cur ri chèile an aithisg fharsaing air Pròram-obrach Fèisean nan Gàidheal gach ràithe. Le sin, cha bhi mi a' dèiligeadh san aithisg seo ach ri cùisean nach eil a' nochdadh ann an aithisgean eile dhan Bhòrd.

Is mise prìomh oifigear Fhèisean nan Gàidheal a tha a' dèiligeadh ri Fèis Rois agus seo geàrr-iomradh air an obair aca bho chionn greis.

**Tachartasan**

- Bha dà chòmhlan Cèilidhean air Chuairt aca, fear eadar-nàiseanta nam measg, a thug obair samhraidh do 17 oileanach ciùil. Chluich iad air beulaibh 5,000 ann an 78 tachartasan air an cur air dòigh ro làimh, cho math ri iomadh tachartas a bharrachd. A thuilleadh air sin, chluich an òigridh air beulaibh mi 1,000 eile ann an Sasainn eadar Scotland House (rè na Geamaichean Olympic), Fèis chiùil Cambridge agus aig cuirm ann an Eaglais Cholmcille ann an Lunnainn.
- Chuir Fèis Rois air dòigh flashmob aig Cùirt an Aodainn mar phàirt de chuirm fhosglaidh Blas agus ghabh 17 luchd-ciùil bho na Cèilidhean air Chuairt pàirt sa chuirm dheireannaich den fhèis.
- Tha Fèis Rois agus Fèis Spè air a bhith ag iomlaid leis an òigridh a' gabhail pàirt ann an cothrom ionnsachaidh air an cur air dòigh le càch a-chèile. Bha iad co-obrachadh le Sgoil Chiùil na Gàidhealtachd, le sgoilearan a' Phluic a' gabhail pàirt ann an seisean mìosail agus buidheann bho Fhèis Rois a' gabhail pàirt ann am bùth-obrach air deireadh sheachdain a' coimhead ri ceòl agus na meadhanan. Tha iad cuideachd a' cur air dòigh clasaichean ICO ann an 45 sgoiltean ann an sgìre Dhùn Phris is Gall-Ghaidhealaibh agus co-obrachadh air pròiseact òrain Ghàidhlig le Sgoil Ghàidhlig Ghlaschu.
- Thug Colmcille taic-airgid seachad airson turas iomlaid shamhraidh do na h-Eileanan Arannach air chuir Fèis Rois air dòigh
- Thachair Fèis Rois nan Deugairean san Dàmhair le 105 compàirtchean
- Fhuair Fiona Dalgetty agus triùir neach ciùil òga cuireadh bhon bhuidheann Light into Europe a dhol gu ruige Bucharest eadar 22mh agus 26mh den t-Samhain. Chluich iad aig Ball Chailleanach – tachartas a bhios a' bhuidheann a chur air dòigh gus airgead a thogail gach bliadhna, agus bha iad os cionn bùiththean-obrach ciùil airson òigridh le duilgheadasan mothachaidh.
- Ghabh còignear bho Fhèis Rois agus luchd-ciùil bhon Chèilidh air Chuairt an Earra-Ghàidheal pàirt san tachartas iomain a chuir Fèisean nan Gàidheal/Comunn na Camanachd air dòigh còmhla. Chluich iad ann an Inbhir Nis air 20mh Dàmhair far an each an clàradh leis a' BhBC airson telebhisean. Shiubhail iad a dh'Èirinn far an do ghabh iad pàirt san geama thall a sin air 27mh Dàmhair.

**ICO air Ghàidhealtachd**

- Bidh Fèis Rois a' cur air dòigh clasaichean ICO ann an sgoiltean an Gallaibh, Rois, Inbhir Nis agus Inbhir Narainn mar phàirt den chùmhnant lìbhrigidh eadar Comhairle na Gàidhealtachd agus Fèisean nan Gàidheal.

**Coinneamhan is eile bhon choinneamh mu dheireadh den Bhòrd**

| | |
|---|---|
| 20.09.12 | Coinneamh le SMO, Aros and càch co-cheangailte ris an tairgse bho Bhòrd na Gàidhlig taic a chumail ri leasachaidhean dràma sa choimhearsnachd |
| 02.10.12 | Coinneamh le Bòrd na Gàidhlig airson còmhradh mu lìbhrigeadh chùmhnant 2012-13 agus na bhios comasach ann an cùmhnant 2013-14 |
| 10.10.12 | Coinneamh le luchd-obrach Chomhairle nan Eilean Siar mu Fèisgoil |
| 25.10.12 | Coinneamh le Gayle Martin bho Chomhairle na h-Eaglaise Brice mu Fèisgoil |
| 25.10.12 | Coinneamh le Debra Salem bho Northcross ann am Peairt mu dheidhinn nam planaichean aca airson ionad leasachaidh ceòl traidiseanta agus Gàidhlig |
| 01.11.12 | Làthaireachd aig co-labhairt nam meadhanan Gàidhlig ann an Inbhir Nis |
| 05.11.12 | Coinneamh le Peter Andrew, Comhairle Margaideachd le LEL, air chur air dòigh le InG |
| 06.11.12 | Coinneamh de bhuidheann-stiùiridh Bhlais |
| 06.11.12 | Taisbeanadh gu, agus coinneamh le, buidhnean Gàidhlig eile mu choinneamh pàirt a ghabhail |

| | |
|---|---|
| | ann am Blas san àm ri teachd |
| 13.11.12 | Coinneamh air fòn le Ariel Killick is eile airson còmhradh mu An Gille agus Maighstir Tìm |
| 15.11.12 | Coinneamh le Dòmhnall MacNèill, ceannard Chomunn na Gàidhlig |
| 19.11.12 | Coinneamh ràitheil le Ann Marie Reid bho InG |
| 21.11.12 | Coinneamh air fòn le Scottish Development International airson còmhradh mu an dòighean san gabhadh tachartasan Fèisean nan Gàidheal a chur gu feum thall thairis |
| 21.11.12 | Coinneamh a bharrachd le SMO, Aros and càch co-cheangailte ri leasachaidhean dràma sa choimhearsnachd |
| 22.11.12 | Latha trèanaidh nam meadhanan ann an Inbhir Nis |
| 23.11.12 | Coinneamh den Bhuidhinn Riaghlaidh |
| 29.11.12 | Taisbeanadh gu Comataidh Buileachaidh na Gàidhlig aig Comhairle nan Eilean Siar |
| 03.12.12 | Coinneamh le oifigearan Comhairle Baile Ghlaschu mu Fèisgoil |

| | |
|---|---|
| **Ainm** | **Calum Ailig MacMhaolain** |
| **Dreuchd** | **Manaidsear Leasachaidh** |

Gnìomh/Toradh

Adhartas

**Builean Alba Chruthaichail**

**AC1** **Taic a chumail ri Fèisean fa leth is an leasachadh, farsaingeachd an cuid obrach a leudachadh agus sàr dhòighean-obrach a stèidheachadh tro lìonra de phrìomh oifigearan.**

Tha mi a' cumail taic ris an sgioba leasachaidh air fad gu cunbhalach a' toirt stìuireadh dhaibh air diofar phròiseactan agus dhan cuideachadh le leasachaidhean ùra. Tha mi a' cumail taic chunabhalach dha Fèis Dhuneideann, Fèis Fhoirt agus Fèis Ghallaibh. Tha mi cuideachd air a bhith a' cumail taic ri cuid dha na Fèisean anns na h-Eileanan Siar leis gu bheil an t-oifigear san sgìre air fòrladh màthareil agus ann an sgìre Lochabair agus dreuchd bàn againn an sin.

**AC2** **Taic a chumail ri stèidheachadh Fhèisean ùra nuair a dh'iarras coimhearsnachdan cuideachadh gus sin a dheanmah**

Tha ùidh air nochdadh bho Cille Bhrìde an Ear agus Paislig 's tha coinneamhan ri chuir air dòigh ri na buidhnean sin. Tha an Sgoil Chaileanach ann an Glashcu cuideachd air ùidh a shealltainn gus Fèis a thòiseachadh 's tha iad ag iarraidh meanbh-fhèis a' chumail sa Chàisge.

**AC4** **Airgead a chur an seilbh Leasachaidhean Ùra tro Sgeama Leasachaidh nam Fèisean.**

Fhuair Fèis an Rubha taic airson an Fhèis aca ath-stèidheachadh air a' bhliadhna seo. Tha sinn an duil ri barrachd iarrtasan bho Fèisean ro dheireadh na bliadhna.

**AC5** **Cleachdadh na Gàidhlig a leudachadh le bhith a' cur an gnìomh ar Poileasaidh Gàidhlig a chaidh a dheasachadh às ùr is a neartachadh**

Chaidh trì làithean-trèanaidh Gàidhlig a chumail ann an 2012 gu ruige seo le 84 daoine a' gabhail pàirt annta. Bidh clas eile air a chumail ann an Glaschu aig toiseach an Dùbhlachd far am bi sinn an dùil ri suas ri 20 duine.

**AC7** **Tachartasan tro mheadhan na Gàidhlig a chur air adhart far a bheil daoine a' dol an sàs sna h-ealain agus is raointean cultarach eile**

Tha sinn a' cur planaichean ri cheile air son 5 Latha 2013 a bhios a' gabhail àite eadar 8-13 Giblean. Thèid an tachartas a shanas ro dheireadh na bliadhna.

**AC9** **Taic a chumail ri Fèisean a thaobh na Gàidhlig agus oidean bhon Sgioba-G againn a' cur tachartasan air dòigh**

Chum Sgioba-G taic ri Fèis a' Bhaile tro shaor-làitheanan Damhair. Tha na h-oifigearan dràma ag ullachadh cur-seachadan tarraingeach mar phàirt den iomairt Fèisgoil a ghabhas cleachdadh leis an Sgioba-G.

**AC12** **A' leantainn oirnn a' cumail taic ri is a' cur air adhart sgrìobhadh òrain ùra ann an Gàidhlig**

Chaidh crìoch a chur air a' phròiseact Taigh nan Òran, a chaidh a chumail an co-bhuinn ri Watercolour gus sgrìobhadh òrain a bhrosnachadh. Tha na h-òrain seo a-nis air ar làrach le film goirid a tha ag aithris a' phròiseact.

**AC13** **Cothroman trèanaidh is leasachadh proifeiseanta a chur air dòigh, don a h-uile duine a tha an sàs ann a bhith cur air adhart is ag eagrachadh nam Fèisean is a tha a' gabhail pàirt annta, agus do bhuidhnean eile a tha an sàs ann a bhith leasachadh is a' lìbhrigeadh ceòl traidiseanta.**

Air a' bhliadhna seo chum sinn ceithir làithean Gàidhlig airson luchd-teagaisg nam Fèisean 's bidh latha eile a' gabhail àite san Dùbhlachd 's cuideachd margaid trèanaidh airson buill coamataidhean nam Fèisean. Tha sinn cuideachd an-dràsta a' dèanamh rannsachadh air na dòighean às fheàrr is urrainn dhuinn a bhith a' cur air dòigh cothroman trèanaidh do na Fèisean.

**AC14** **Thèid sinn an sàs, nuair as urrainn dhuinn, ann an obair chompàirt le fòraman a tha stèidhichte, nam measg tha Fòram Ceòl Traidiseanta na h-Alba agus Fòram Ro-innleachd nan Ealain Gàidhlig.**

Bha mi an làthair aig coinneamh airson Foram Cìùil Òigridh na Gàidhealtachd anns an t-Òg mhios agus bidh mi riochdachadh Fèisean nan Gàidheal aig coinnemahan eile den fhòram anns na mìosan ri teachd.

**AC19** **Fèis Bhlais a chur air adhart mar fhèis aig a bheil ceòl, Gàidhlig agus òigridh, agus a leudachadh gus am bi filmichean, sgrìobhadairean, biadh is deoch mar phàirt dhith**

Thachair Fèis Blas eadar 7-15 Sultain 's bha mi an sàs gu mòr le tachartasan mar neach-taice agus nam fhear-an-tàighe. Tha sinn a' coimhead ris am program a leasachadh air a' bhliadhna romhainn 's chaidh coinneamh a chumail le buidhnean iomchaidh a dh'fhaodadh a bhith an sàs san Fhèis 's bidh sinn a leasachadh seo 's na mìosan ri teachd. Tha sinn air a' coimhead ris am program fhoillseachadh sa bhliadhn' ùr. Bidh mi a frithealadh coinneamhan den bhuidheann gnìomh agus Bòrd blas 's tha mi ag obair gu dlùth le stiùiriche Blas agus ceannard na buidhne air an fhèis a chuir ri chèile.

**AC21** **A' cumail oirnn a bhith nar pàirt den iomairt gus Ro-innleachd Nàiseanta nan Ealain Gàidhlig a lìbhrigeadh agus a' toirt taic do dh'obair an Oifigeir Ealain Ghàidhlig**

Bidh sinn a' faighinn cothrom a' tighinn a-staigh air coinneamh NGASD airson beachdachadh air cuisean drama gu h-àraid, thachair an coinneamh mu dheireadh a chumail air 19mh Samhain far an robh sinn a deasbad dràma agus an àite a th'aige air BBCAlba

## Builean Iomairt na Gàidhealtachd agus nan Eilean

**InG1** **Seirbheis Ealain is Ghàidhlig airson Foghlam a stèidheachadh, a bhios ag amas air Gàidhlig a chur air adhart is a bhrosnachadh tro Aontaidhean Seirbheis le Ùghdarrasan Ionadail is buidhnean eile san roinn phoblaich, ro 31 Màrt 2015**

Chaidh Fèisgoil a chuir air bhog san t-Sultain. Tha sinn air a bhith bruidhinn ri Ùghdarrasan Ionadail agus buidhnean poblach airson obair Fèisgoil a bhrosnachadh 's tha ùidh air nochdadh bho ghrunn sgìrean le dòchas gum bi sinn a' libhrigeadh seirbheisean fèisgoil bho 2013 air adhart.

**InG5** **Rannsachadh a dhèanamh feuch an gabhadh iomairtean dràma Ghàidhlig is iomairtean eile co-cheangailte ris a' choimhearsnachd a stèidheachadh, ann an co-bhuinn ri luchd-compàirt bunaiteach mar Sabhal Mòr Ostaig ro 31 Màrt 2015.**

Tha sinn air a bhith ag obair gu dlùth le Eden Court airson beachd pròiseact a chuir air adhart do lìonraidhean na dràma Ghàidhlig airson clubaichean theatar òigridh a stèidheachadh ann an trì sgoiltean. Chuir sinn iarrtas a-staigh do Bhòrd na Gàidhlig mu choinneamh seo air Dimàirt 27 Samhain. Tha an ceannard air a bhith coinneachadh ri buidhnean ionadail san t-Eilean Sgitheanach airson iarrtas a chuir a-staigh dhan aon mhaoin airson pròiseactan dràma a chuir air adhart san sgìre.

## Builean Bhòrd na Gàidhlig

**BnG1** **Fianais air taic phragtaigeach a thugadh don Sgeama Comhairleachaidh Phàrant. Conaltradh cunbhalach eadar Fèisean nan Gàidheal agus luchd-obrach Comann nam Pàrant agus Leasaiche Foghlaim Bhòrd na Gàidhlig gus cothroman a chomharrachadh a thaobh trèanadh is sanasachd do dh'fhoghlam Gàidhlig**

Tha sinn a' gabhail a h-uile cothrum a gheibh sinn gus Gàidhlig agus foghlam tro mheadhan na Gàidhlig a chur air adhart aig Fèisean, Blas agus tachartasan eile. Tha sinn a' neartachadh nan ceanglaichean againn ri Comann nam Pàrant ann an diofar sgìrean. Na bu tràithe air a' bhliadhna chuir sinn air dòigh trì làithean teaghlaich an lùib nam Fèisean mar phàirt de cho-obrachadh eadar an t-Oifigear Leasachaidh againn ann an Loch Abar agus a' bhuidheann ionadail an sin aig Comann nam Pàrant. Bidh Fèisean nan Gàidheal a' toirt taic do Chomann nam Pàrant Phort Rìgh a thaobh rianachd, ghoireasan agus faodaidh iad tighinn gu na tachartasan againn gus sanasachd a dhèanamh air an obair aca.

**BnG2** **Dearbhadh air co-dhiù 500 uair a thìde de thaic phractaigeach a thugadh dha na h-Iomairtean Gàidhlig air feadh Alba, le oidhirp shònraichte ga dhèanamh a thaobh obair le Fòram Gàidhlig Shiaboist**

Tha co-obrachadh a' leantainn anns gach sgìre iomairt. Tha na h-oifigearan leasachaidh ag obair gu dlùth le na h-oifigearan Iomairt air diofar phròiseactan 's tha sinn a frithealadh coinneamhan Iomairt anns gach sgìre airson ro-innleachd a deasbad agus an cuir an cèill. Tha sinn a' coileanadh an targaid de 500 uairean a thìde agus leis na tha na Fèisean agus am buidheann a' dèanamh tron bhliadhna tha sinn a' dèanamh mòran a bharrachd uairean.

**BnG3** **Fiosrachadh air ciamar a tha Poileasaidh Gàidhlig na buidhne ga chur an gnìomh, agus co-dhiù 4 seiseanan trèanaidh Gàidhlig ann do luchd-obrach Fèisean nan Gàidheal, agus cothrom aig luchd-obrach bho bhuidhnean Gàidhlig eile am frithealadh**

Tha a h-uile Fèis a' cur an gnìomh ar Poileasaidh Gàidhlig le taic bho ar n-oifigearan leasachaidh. Tha oidean air a bhith gu math taiceil agus chuir sinn air dòigh làithean trèanaidh far an robh oidean a' faighinn fhaclan is abairtean bunaiteach a dh'fhaodas iad a chleachdadh aig na Fèisean. Bidh sinn a' cur barrachd làithean trèanaidh air dòigh thar nam mìosan a tha romhainn. Bidh luchd-obrach a' faighinn ceithir bùithtean-obrach Gàidhlig sa bhliadhna 's rinn sin am fear mu dheireadh dhiubh seo anns an t-Samhain, a' coimhead gu sònraichte air sgrìobhadh airson na diofar mheadhanan.

**BnG4** **Fianais air co-obrachadh le buidhnean Gàidhlig eile**

Tha an obair seo a' leantainn, gu sònraichte ann an sgìrean nan Iomairtean, agus fhuair a h-uile buidheann Ghàidhlig fiathachadh pàirt a ghabhail ann am Fèis Bhlais agus a bhith frithealadh na tachartasan far am faod iad sanasachd a dhèanamh air obair na buidhne aca. Am bliadhna-sa bha CnaG, Clì agus Comhairle nan Leabhraichean an làthair aig diofar thachartasan aig an fhèis. Tha sinn a' coimhead ri seo a leasachadh air a bhliadhna romhain.

Tha sinn air a bhith còmhradh ris A' Chomunn Ghàidhealach mu bhith toirt oideachadh is taic do dhaoine a tha gabhail pàirt sna mòdan ionadail air feadh na dùthcha.

**BnG5** **Fianais air conaltradh le Ùghdarrasan Ionadail gus leudachadh air a' cho-obrachadh còmhla riutha agus sinn gan cuideachadh le bhith cur an gnìomh eileamaidean de na Planaichean Gàidhlig aca tron t-Seirbheis Ealain is Ghàidhlig aig Fèisean nan Gàidheal**

Tha sinn air grunn choinneamhan a chumail le Ùghdarrasan Ionadail mar Peairt is Cinn Rois, Earra-Ghàidheal is Bhòid, Comhairle na Gàidhealtachd, An Eaglais Bhreac agus Comhairle nan Eilean Siar 's tha na comhraidhean a leanntainn leotha bhon uair sin le dòchas seirbheisean Fèisgoil a libhrigeadh as na sgìrean. Bidh sinn cuideachd a' cumail comhraidhean le Ùghdarrasan Ionadail a bharrachd air na mìosan a tha romhainn.

**BnG6** **Coinneamh tràth sa Ghiblean le Sgioba Conaltraidh Bhòrd na Gàidhlig gus beachdachadh air tachartasan Fèisean nan Gàidheal rè 2012/13 agus air co-obrachadh air ro-innleachd sanasachd airson na bliadhna**

Choinnich sinn ri Sgioba Conaltraidh Bhòrd na Gàidhlig sa Ghiblean gus bruidhinn mu na pròiseactan againn a bhios a' dol air adhart feadh na bliadhna agus na cothroman a bhiodh ann gus barrachd sanasachd a dhèanamh air an taic a tha Bòrd na Gàidhlig a' toirt do dh'obair Fèisean nan Gàidheal.

**BnG7** **Còmhraidhean cunbhalach eadar Fèisean nan Gàidheal agus Bòrd na Gàidhlig a thaobh brathan-naidheachd a tha a' dol a-mach, le cothrom don Bhòrd briathran a chur nan cois mar as iomchaidh**

Tha sinn a' cur a h-uile brath-naidheachd agus pios fiosrachaidh dhan bhòrd agus tha sinn a' toirt cohtrom dhaibh aithris a chuir mar phàirt dhiubh ma bhios e iomchaidh.

**BnG8** **20 sgoilear àrd-sgoile a' gabhail pàirt ann an seachdain chòmhnaidheach chultarach aig àm na Càisge 2013**

Thathar ag obair air planaichean airson ar tachartas Còig Latha an-dràsta a thèid a chumail sa Ghiblean 2013 air 8-13 Giblean.

**BnG14** **Conaltradh cunbhalach leis an Oifigear Ealain is Chultair aig Bòrd na Gàidhlig agus Alba Chruthachail**

Chaidh sinn gu coinneamh fhosgailte leis an Oifigear Ealain is Chultair air 28 Ògmhios agus bidh sinn a' dèanamh cinnteach gum faigh e fiosrachadh gu cunbhalach mu na pròiseactan anns a bheil sinn an sàs.

**Builean Comhairle na Gàidhealtachd**

**CnG6** **Cleachdadh na Gàidhlig a chur am meud an lùib nam Fèisean**

Tha sinn ag obair gu dluth le na Fèisean airson a bhith cinnteach gu bheil seo a' tachairt. Tha sinn a' cuideachadh luchd-teagaisg a bhith ag ionnsachadh agus a bhith a' cleachdadh Gàidhlig fad na h-ùine 's leanaidh an obair seo anns an àm ri teachd.

| | |
|---|---|
| **Ainm** | **Anna Willoughby** |
| **Dreuchd** | **Manaidsear Gnìomha** |

Gnìomh/Toradh

Adhartas

**Builean Alba Chruthaichail**

**AC1** **Taic a chumail ri Fèisean fa leth is an leasachadh, farsaingeachd an cuid obrach a leudachadh agus sàr dhòighean-obrach a stèidheachadh tro lìonra de phrìomh oifigearan.**

Tha Oifigearan Leasachaidh air an comharrachadh mar phrìomh oifigearan airson gach Fèis ris am faod na Fèisean bruidhinn sa chiad dol-a-mach nuair a tha iad feumach air seirbheisean Fèisean nan Gàidheal no taic le obair leasachaidh. Bidh sinn a' cumail taic ri còrr is 44 Fèis ann an 2012-13 agus bidh sinn a' feuchainn ar dìcheall a h-uile càil lìbhrigeadh aig àrd ìre.

**AC3** **Sgeama Thabhartasan do dh'Fhèisean a ruith le taic-airgid bho dhiofar thobraichean maoineachaidh.**

Chaidh taic-airgid a thabhann do 44 Fèisean tro Sgeama Thabhartasan Fèisean nan Gàidheal 2012-13 a fhuair maoineachadh bho Alba Chruthachail, Iomairt na Gàidhealtachd is nan Eilean, Comhairle na Gàidhealtachd, Comhairle nan Eilean Siar is Comhairle Earra-Ghàidheal is Bhòid.
Tabhartasan air an tabhann do 44 Fèisean (37 ann an sgìre IGE) le 23 ann an sgìrean dubhlanach, pàigheadh a-mach £200,094.00 an rèir aontachaidhean. A chuir a-mach cuid mhath den airgid a tha air a thabhann, £88,403.00 do sgeama tabhartasan nam Fèisean do 30 Fèisean.

**AC4** **Airgead a chur an seilbh Leasachaidhean Ùra tro Sgeama Leasachaid nam Fèisean.**

Gu ruige seo tha sinn air iarrtas fhaighinn bho Fèis an Rubha airson £500 is iad ag iarraidh prìomh thachartas na Fèise aca a stèidheachadh às ùr. Chaidh a chumail aig toiseach an Lùnastail. Tha dùil againn ri iarrtasan eile nas fhaide dhen bhliadhna.

**AC11** **A' cumail oirnn a' cur air adhart obair nam Fèisean ann an roinn fhoirmeil an fhoghlaim, ann am compàirt ri YMI ann an Roinn na Gàidhealtachd agus ann an roinnean ùghdarrasan ionadail eile nuair a gheibh sinn an cothrom.**

Leanaidh YMI ann an Roinn na Gàidhealtachd sa bhliadhna sgoile 2012-13 agus tha sinn an dòchas, le bhith stèidheachadh Fèisgoil, gun tèid againn air seirbheisean a reic do dh'ùghdarrasan ionadail eile gus clasaichean ciùil a lìbhrigeadh tro YMI. Fhuair sin £219,511 a-staigh bho Comhairle na Gàidhealtachd agus tha sin a dèanamh cinnteach gu bheil airgead air a pàigheadh a-mach airson an luchd-teagasg agus na Fèisean air am pàigheadh gu cunbhalach.

**AC17** **A' togail air ìomhaigh nam Fèisean le tachartasan a dh'aona-ghnothach a nì sanasachd air ar n-obair, barrachd chothroman gus naidheachdan a sgaoileadh sna meadhanan is a' dol an sàs ann an tachartasan far am bi cothrom sanasachd a dhèanamh air ar n-obair.**

Gu ruige seo, ann an 2012-13 cha robh mòran chothroman gus tachartasan a dh'aona-ghnothach a nì sanasachd air ar n-obair chumail. Ach, bha tòrr de an Cèilidhean air Chuairt a' gabhail pàirt ann an tachartasan ionadail.

**AC18** **Ann an compàirt ri Alba Chruthachail, Iomairt na Gàidhealtachd is Bòrd na Gàidhlig cumaidh Fèisean nan Gàidheal orra a bhith na phrìomh bhuidheann a tha a' cur air adhart is a' sìor leasachadh ceòl traidiseanta is na h-ealain Ghàidhlig an Alba.**

Tha obair na buidhne gu lèir ag amas air an seo, tha uallach orm airson smachd a chumail air an airgid agus siostaman ionmhais air fad aig Fèisean nan Gàidheal agus Blas. Tha mi toirt stiùir a thoirt don Oifigear Trèanaidh, Oifigear Dìon Cloinne agus Oifigear Ghnothaichean bho latha gu latha agus luchd obrach eile mar a tha iomchaidh.

Maoineachadh bho Alba Chruthachail, Iomairt na Gàidhealtachd is nan Eilean, Comhairle na Gàidhealtachd, Comhairle nan Eilean Siar is Comhairle Earra-Ghàidheal is Bhòid 12/13.

Bha mi ag obair gu dlùth còmhla ri Andy Cumming airson cunntasan bliadhnail gu 31 Màrt 2012 agus ràitheil gu Sultain 2012 a cuir air dòigh.
Tharraing mi dara pios airgead a-steach, £23,696.50 bho Comhairle na Gàidhealtachd
Fhuair sin treas cuid airgead nam bliadhna, £307,500.00 air a-staigh bho Alba Cruthachail
Airgead ràitheil bho Bòrd na Gàidhlig, £105,000.00, cuid dà ràithe air tighinn a-staigh.
Tharraing mi a-steach £28,096.45 airgead chiad ràithe bho Iomairt na Gaidhealtachd agus a fèitheamh ris an dara pàirt.
£11,858.00 a-staigh bho Comhairle nan Eilean Siar.
£20,000.00 a-staigh bho is Comhairle Earra-Ghàidheal is Bhòid.

Bha sin a cumail sùil gheur air gnothaichean ceangailte ri ionmhais bho mìos gu mìos, agus biodh gu deireadh nam bliadhna, 31 Am Màrt 2013. Tha seo leanntaineach agus anns An Dàmhair thug sin sùil gheur air am bùidseat a-rithist airson dèanamh cinnteach gu ro e cothromach.

**AC19** **Fèis Bhlais a chur air adhart mar fhèis aig a bheil ceòl, Gàidhlig agus òigridh, agus a leudachadh gus am bi filmichean, sgrìobhadairean, biadh is deoch mar phàirt dhith.**
Cha ro Blas 2012 cho mòr ri bliadhnaichean eile seach nach d'fhuaras maoineachadh fa leth bho Alba Chruthachail air a shon is nach robh maoineachadh bho Eileanan na h-Alba ann mar a bha airson Blas 2011. Ge-tà, bha fhathast taghadh farsaing de thachartasan ann leithid consairtean, ceòl sna sgoiltean, buidhnean còmhraidh Gàidhlig, cèilidhean taighe, filmichean, agus tro chompàirteachas le Comhairle nan Leabhraichean, bidh sgrìobhadairean Gàidhlig ann. Cuideachd bàird is luchd-ciùil bho Èirinn le Cuairt nam Bàrd, a tha air a bhith dol airson bliadhnaichean, aig an fhèis le taic £5,000 bho Cholmcille. Tha £4,000 air a pàigheadh a-mach bho Cholmcille agus £73,500 air tighinn a-staigh bho Comhairle na Gàidhealtachd.
Tha tha uallach orm airson smachd a chumail air an airgid agus siostaman ionmhais air fad aig Blas.

**AC20** **A' cumail oirnn a' toirt taic don lìonra de Chèilidhean air Chuairt.**
Thèid taic a chumail ri 7 Cèilidhean air Chuairt ann an 2012 agus bha iad a' cluich aig còrr is 200 cèilidh is tachartas air feadh na h-Alba. Bha Cèilidh air Chuairt aig Fèis Fhoirt airson a' chiad uair ann an sgìre Shruighlea is na h-Eaglaise Brice. Cuideachd bha Fèis Rois a' cumail pròg ram farsaing de Trad Trails an co-bhuinn ri TMSA, a thuilleadh air a' Chèilidh air Chuairt aca.
Tha £71,836.00 a dol a-mach gu Fèisean airson na Cèilidhean air Chuairt. Chuidich mi Nicola Simpson airson airgead LEADER+ £5,522.70 fhaighinn a-staigh agus tha iarrtais air a dol a-staigh airson £3,417.34 gu Leader+ Earra Ghàidheal. Tha sin fhathast a fèitheamh ris an airgead seo.

**AC22** **A' cumail oirnn a' cuideachadh le obair a thaobh nan ealain Gàidhlig ann am foghlam tro mheadhan na Gàidhlig ann an sgìrean nan Iomairtean Gàidhlig.**
Tha Fèisean nan Gàidheal a' cumail orra a' cuideachadh le obair ann an sgìrean nan Iomairtean Gàidhlig, gu sònraichte na sgìrean far a bheil luchd-obrach againn is far a bheil Fèisean. Bidh sinn a' tabhann cothrom air uidheamachd oifis is àite sna h-oifisean fhèin a bharrachd air a bhith a' dol an sàs ann an iomadach pròiseact.

**AC23** **Co-labhairt Bhliadhnail a chumail.**
Chaidh Co-labhairt 2012 a chumail sa Ghearasdan air 21 is 22 Sultain ann an Taigh-òsta Cheann an Iar. Bha sin toilichte gu ro an Comhairliche Ailean MacEanraig na neach labhairt agus bha chlann bho Fèisean Lochabair ar-leth math. Bha co-labhairt soirbheachail ann agus tòrr Fèisean an làthair.

**AC24** **A' cumail oirnn a' toirt taic do dh'Fhèisean a tha airson an obair aca a leudachadh.**
Taobh a-staigh nam buidseatan againn bheir sinn taic do dh'Fhèisean ionadail a tha airson an obair aca a leudachadh agus/no a tha airson barrachd a dhèanamh is a bhith nas neo-eisimeiliche. Tha mi a' cur ghoireasan sgeama tuarastail air dòigh. do dh'Fhèis Bharraigh, Fèis a' Bhaile is Fèis Spè. Thug mi taic do Fèis Spè airgead a

tarraing a-staigh bho LEADER.

**AC25** **A' cumail oirnn a' dèanamh cinnteach gu bheil deagh dhòighean-obrach gan cur an sàs a thaobh Dìon Cloinne agus a rèir atharrachaidhean san lagh.**

Am poileasaidh air ùrachadh agus fo sgrùdadh fad an t-siubhail airson dèanamh cinnteach gu bheil a-rèir an t-siostam measaidh ùr PVG. (Sgeama Dìon Buidhnean So-leònte) Obair leantainneach aig Sandy Gray le sgrùdaidhean ùraichte gach 3 bliadhna fon sgeama ùr PVG. Feumaidh gach Fèis liosta luchd-teagaisg a chur a-steach mus fhaigh iad tabhartas. Thèid iad sin a sgrùdadh feuch a bheil aithisg sgrùdaichte aca uile. Tha seo à' dol air adhart mar iarrtas.

Tha cosgaisean air à' dhol suas airson teisteanas ùr bho £23.00 gu £59.00 agus airson teisteanas ùrachadh gu £18.00. Tha sin cumail sùil air cosgaisean bho àm gu àm.

**AC26** **A' cumail oirnn ag obair mar bhuidhinn a tha ag amas air sàr mhodhan lìbhrigidh nuair a thig e gu seirbheisean is pròiseactan, agus na dòighean-obrach againn san fharsaingeachd.**

Tha sinn daonnan a' feuchainn ri piseach a thoirt air ar seirbheisean agus bha mi a' sgaoileadh ceisteachan rannsachaidh a rinn mi air Survey Monkey anns an Lunastal. Chaidh seo a sgaoileadh am measg prìomh luchd-obrach nam Fèisean is buill nan comataidhean feuch dè am beachd a th' aca air mar a choileanas sinn ar dleastanasan agus ciamar a b' fheàrr a b' urrainn dhuinn an cuideachadh. Thàinig beachdan a tighinn a-staigh bho nam Fèisean agus chaidh seo a thaisbeanadh aig an co-labhairt againn.

Bidh sinn cuideachd a' toirt sùil às ùr air na sgilean a th' againn taobh a-staigh na buidhne, is an dòigh anns am bi sinn a' taghadh Buill a' Bhùird Stiùiridh ro 31 Màrt 2013.

## Builean Iomairt na Gàidhealtachd agus nan Eilean

**InG2** **A' leantainn oirnn a' lorg chothroman coimeirsealta; a' dèanamh cinnteach gu bheil an teachd-a-steach bho mhalairt aig Fèisean nan Gàidheal na shùim a tha 35% de theachd-a-steach iomlan FnG, ro 31 Màrt.**

Tha sinn den bheachd gun tèid an teachd-a-steach a tha sinn fhìn a' cosnadh, tha sin 40% den teachd-a-steach iomlan againn mu thràth, am meud ri linn seirbheisean a bharrachd a thabhainneas sinn mu choinneimh chothroman a th' ann an-dràsta. Tha sinn an dòchas an àireamh seo a chur suas gu mòr. Tha sin a toirt a-staigh airgead rianachd airson pròiseactan a tha sin a cur air dòigh. Tha sin a toirt a-staigh £1,700 bho Fonn Ratharsair agus £1,500 bho Celtic Neighbours airson Branwen. Thàinig £95,550.00 a-staigh airson pròiseactan àbhaisteach.

**InG4** **Obair a chur air adhart gu sònraichte ann an sgìrean cugallach, 3 Fèisean ùra is 5 pròiseactan eadar-ghinealaichean a chruthachadh sna sgìrean cugallach, ro 31 Màrt 2015.**

An-dràsta, a-mach à 37 Fèisean ann an sgìre HIE, tha 23 gan cumail ann an sgìrean cugallach. A thuilleadh air a bhith toirt taic do na Fèisean sin tha sinn ag obair còmhla ri Iomairtean Gàidhlig a tha ag obair ann an sgìrean cugallach ann an Leòdhas, Uibhist, An t-Eilean Sgitheanach agus Loch Abar. Chaidh feadhainn de na tachartasan an lùib Bhlais is nan Cèilidhean air Chuairt a chumail sna sgìrean cugallach. Nì sinn ar dìcheall gus obair Fèisean nan Gàidheal a chur air adhart a bhios gu sònraichte ag amas air na sgìrean cugallach.

## Builean Bhòrd na Gàidhlig

**BnG2** **Dearbhadh air co-dhiù 500 uair a thìde de thaic phractaigeach a thugadh dha na h-Iomairtean Gàidhlig air feadh Alba, le oidhirp shònraichte ga dhèanamh a thaobh obair le Fòram Gàidhlig Shiaboist.**

Tha co-obrachadh a' leantainn anns gach sgìre iomairt. Bheir sinn taic do Chomunn na Gàidhlig leis na planaichean fa leth aca airson an Iomairtean agus bidh sinn a' dol gu coinneamhan gu cunbhalach gus bruidhinn air mar a tha cùisean a' tighinn air adhart agus air cothroman eile a dh'fhaodadh a bhith ann airson obair còmhla air pròiseactan. Tha an t-Oifigear againn sna h-Eileanan Siar air a bhith ag obair gu dlùth còmhla ris an Oifigear a chaidh fhastadh o chionn ghoirid airson Iomairt Ghàidhlig Loch a Tuath Leòdhais gus taic a chumail ri pàrantan ann an sgìre an Rubha gus Fèis an Rubha a stèidheachadh a-rithist. Tha luchd-obrach air fad ag obair uairean airson nan Iomairtean agus tha sin a clàradh seo. Tha sinn air leth deònach seo a dhèanamh agus cumaidh sinn taic ris na h-Iomairtean ann an sgìrean far a bheil luchd-obrach againn no far a bheil Fèisean a' tachairt. Faodaidh iad feum a dhèanamh de ghoireas sam bith a th' againn agus tha sinn an dùil gun gabhadh 500 uair de thaic bhon luchd-obrach a choileanadh. Tha FnG a' dèanamh oidhirp gus inbhe na Gàidhlig àrdachadh sgìre Phort-rìgh, tha sinn a' ruith 'cofaidh agus còmhradh' uair san t-seachdain far am faigh daoine cothrom Gàidhlig a bhruidhinn gu nàdarra, agus na sgilean aca a thoirt air adhart.

**BnG4** **Fianais air co-obrachadh le buidhnean Gàidhlig eile.**

Tha an obair seo a' leantainn, gu sònraichte ann an sgìrean nan Iomairtean, agus fhuair

a h-uile buidheann Ghàidhlig fiathachadh pàirt a ghabhail ann an trèanadh Gàidhlig an luchd -obrach againn am bliadhna. Tha Seonag Anderson aig Clì a toirt taic le feumalachdan Gàidhlig luchd-obrach agus luchd-teagasg. Tha sin a toirt fiosrachadh tachartasan anns an sgìre do Sine Gillespie aig CnaG, a h-uile ràithe.

**BnG10** **Taic ga thoirt do co-dhiù 40 Fèis air feadh Alba.**

Tha sinn a' cumail oirnn a' toirt taic do dh'Fhèisean air feadh na dùthcha le tabhartasan maoineachaidh, àrachas (tha àth-sgrùdadh air poileasaidhean agus air an ùrachadh sa Ghearran 2012 le àrachas ùr iomchaidh), stòras ionnstramaidean (air a deagh cleachdadh), trèanadh cunbhalach do bhuill nan comataidhean agus barrachd.

**Builean Comhairle na Gàidhealtachd**

**CnG2** **Taic do cho-dhiù 19 Fèisean ann an Roinn na Gàidhealtachd.**

Thèid taic a chumail ri 21 Fèisean ann an Roinn na Gàidhealtachd ann an 2012-13.

**CnG4** **Dèan cinnteach gu bheil co-dhiù £24,000 air a roinn eadar co-dhiù 19 Fèisean a rèir foirmle a chaidh aontachadh.**

Tha Fèisean nan Gàidheal air £111,924 a chomharrachadh airson Fèisean air a' Ghàidhealtachd ann an 2012-13, a' gabhail a-steach an £24,000 a fhuaras bho Chomhairle na Gàidhealtachd.

**CnG5** **Dèan cinnteach gu bheil £23,393 air a chleachdadh gus taic a chumail ri Oifigearan Leasachaidh nam Fèisean is airson cosgaisean coitcheann Fèisean nan Gàidheal.**

Thathar a' cosg an còrr der tabhartas, £23,393, air cosgaisean ar n-obrach agus mar phàirt dhe sin cosgaisean an dithis Oifigear Leasachaidh stèidhichte air a' Ghàidhealtachd.

**Builean Chomhairle nan Eilean Siar**

**Cnes 1** **£8,550 den mhaoineachadh bhon Chomhairle ann an 2012-13 a chosg sna h-Eileanan Siar a rèir na chaidh aontachadh.**

Chaidh maoineachadh luach £36,519 a thabhann do dh'Fhèisean sna h-Eileanan Siar, a' gabhail a-staigh an £8,550 bho Chomhairle nan Eilean Siar, a rèir an Aonta Mhaoineachaidh.

**Cnes 2** **Thèid £5,400 de mhaoineachadh na Comhairle a chosg mu choinneimh nan cosgaisean airson Oifigear Leasachaidh nam Fèisean làn-thìde a bhith ann airson nan Eilean Siar.**

Thèid an £5,400 a tha air fhàgail a chosg mu choinneimh nan cosgaisean airson Oifigear Leasachaidh nam Fèisean làn-thìde a bhith ann airson nan Eilean Siar.

**Builean Chomhairle Earra-Ghàidheal is Bhòid**

**AB1** **£6,500 den mhaoineachadh bhon Chomhairle Earra-Ghàidheal is Bhòid ann an 2012-13 a chosg sa sgìre a-rèir na chaidh aontachadh.**

Chaidh maoineachadh luach £26,618 a thabhann do dh'Fhèisean Earra-Ghàidheal is Bhòid a' gabhail a-staigh an £9,000 bhon Chomhairle, a rèir an Aonta Mhaoineachaidh. Tha £6,000 air a'phàigheadh a-mach gu ruige seo.

**AB2** **Thèid £13,500 de mhaoineachadh na Comhairle a chosg mu choinneimh nan cosgaisean airson Oifigear Leasachaidh nam Fèisean làn-thìde a bhith ann an Earra-Ghàidheal is Bhòid.**

Thèid an £11,000 a tha air fhàgail a chosg mu choinneimh nan cosgaisean airson Oifigear Leasachaidh nam Fèisean làn-thìde a bhith ann an Earra-Ghàidheal is Bhòid.

| | |
|---|---|
| **Ainm** | **Iona NicDhòmhnaill** |
| **Dreuchd** | **Oifigear Trèanaidh agus Poileasaidh** |

Gnìomh/Toradh

Adhartas

**Builean Alba Chruthachail**

**AC5** **Cleachdadh na Gàidhlig a leudachadh le bhith a' cur an gnìomh ar Poileasaidh Gàidhlig a chaidh a dheasachadh às ùr is a neartachadh**

Chaidh clasaichean luchd-obrach a chumail air 22 Samhain, le clasaichean aig dà ìre – Eadar-meadhanach agus Fileanta. Bha 9near ann gu lèir. Chaidh clas nam fileantaich a làimhseachadh mar bhùth-obrach nam

meadhanan, air a stiùireadh le Ùisdean MacIllinein. Tha luchd-teagaisg a' cuir clasaichean ionadail Gàidhlig gu feum, agus tha dithis clàraichte air An Cùrsa Inntrigidh le SMO. Tha na clasaichean Gàidhlig do luchd-obrach air a shanasachadh.

**AC10** **A' cumail oirnn a' brosnachadh muinntir nam Fèisean gu bhith cruinneachadh, a' tasgadh is a' dèanamh feum de shusbaint a thàinig às an dualchas ionadail aca fhèin**

Tha iarrtas ri làimh dhan Heritage Lottery Fund, gus cruinneachadh agus clàradh a dhèanamh air òrain ionadail. Chaidh roi-iarrtas a-staigh, agus thathar ag obair air iarrtas slàn an-dràsda.

**AC13** **Cothroman trèanaidh is leasachadh proifeiseanta a chur air dòigh, don a h-uile duine a tha an sàs ann a bhith cur air adhart is ag eagrachadh nam Fèisean is a tha a' gabhail pàirt annta, agus do bhuidhnean eile a tha an sàs ann a bhith leasachadh is a' lìbhrigeadh ceòl traidiseanta**

Tha seisean trèanaidh luchd-teagaisg againn anns a' Ghearran, a tha fosgailte do luchd teagaisg nam fèisean, daoine a tha an dùil teagasg aig fèisean agus do bhuidhnean eile. Tha e a-nis a' toirt seachad teastanais aig 3 ìrean.

Bha a' mhòr-chuid de thrèanadh a' tachairt anns a' Mhàirt, ach am bliadhna thèid trèanadh ionadail a thoirt seachad, le cuspairean agus air ceann-latha air am moladh leis na fèisean, tràth sa bhliadhn' ùir. (Faic pàipear fa-leth )

**AC14** **Thèid sinn an sàs, nuair as urrainn dhuinn, ann an obair chompàirt le fòraman a tha stèidhichte, nam measg tha Fòram Ceòl Traidiseanta na h-Alba agus Fòram Ro-innleachd nan Ealain Gàidhlig**

Tha Fèisean nan Gàidheal a' gabhail pàirt san iomairt "Celtic Neighbours", aig a bheil buill anns a' Chuimrigh, Èirinn, agus Alba. Tha neach-obrach Fèisean nan Gàidheal air a' bhòrd-stiùiridh de Cheltic Neighbours CIC. Tha Alba Chruthachail/Bòrd na Gàidhlig agus Pròiseact nan Ealan cuideachd a chur ris. Tha a' bhuidheann seo a' cuir co-labhairt mòr air dòigh aig Sabhal Mòr Ostaig aig deireadh an Ogmhìos 2013 aig Sabhal Mòr Ostaig. Tha an luchd-stiùiridh ag obair air pròram an-dràsta.

**AC19** **Fèis Bhlais a chur air adhart mar fhèis aig a bheil ceòl, Gàidhlig agus òigridh, agus a leudachadh gus am bi filmichean, sgrìobhadairean, biadh is deoch mar phàirt dhith**

Chaidh "Cuairt nam Bàrd" a chumail, le bàird agus luchd-ciùil Èirinn mar phàirt de Bhlas, le taic bho Cholmcille. Ghabh dithis bhàrd Èireannach, pìobaire agus seinneadair pàirt, còmhla ri 11 bàird ionadail agus luchd-ciùil an taobh a-staigh seachdain. Ged a fhuair na bàird fàilte bhlàth bho na h-Albannaich, cha robh na h-àireamhan mòr gu leòr. Thèid an sanasachd a làimhseachadh ann an dòigh eile an ath-bhliadhna. Thèid sgioba Albannach a-null a dh' Èirinn sa Ghiblin.

**AC22** **A' cumail oirnn a' cuideachadh le obair a thaobh nan ealain Gàidhlig ann am foghlam tro mheadhan na Gàidhlig ann an sgìrean nan Iomairtean Gàidhlig**

Cuairt nam Bàrd air feadh na Gàidhealtachd mar phàirt de Blas, agus a' tadhal air Leòdhas.

**AC23** **Co-labhairt Bhliadhnail a chumail**

Coileanta. Chaidh dèiligeadh le maoinachais dha na fèisean, tòraidhean na ceisteachadh rannsachaidh agus Fèisgoil a chur air bhog, a measg.

**AC25** **A' cumail oirnn a' dèanamh cinnteach gu bheil deagh dhòighean-obrach gan cur an sàs a thaobh Dìon Cloinne agus rèir atharrachaidhean san lagh**

Tha clàr agus sgeama is siùil dhearbhaidh PVG aig Fèisean nan Gàidheal a tha coitcheann do na Fèisean uile, a nì cinnteach gu bheil teisteanas PVG aig gach oide, neach-stiùiridh is neach saor-thoileach. Thathas a chumail poileasaidh fo sgrùdadh, agus a' toirt taic le bhith ga chur an gnìomh. Tha seiseanan trèanaidh a ruith gu cunbhalach. Chan eil an sgeama deònach barrachd na 25 teisteanasan "retrospective" a dhèanamh gach mìos, agus mar sin tha e cudromach gun lean na fèisean fhèin am poileasaidh Dìon-Chloinne againn a-thaobh trusadh agus fèin-sgrùdadh.

**Builean Iomairt na Gàidhealtachd agus nan Eilean**

**InG6** **A' cumail oirnn le taic do dh'oidean is luchd-eagrachaidh los gun ionnsaich iad sgilean ùra a thaobh sireadh maoineachaidh, dìon cloinne, Gàidhlig, ciad chobhair, riaghladh, coimpiutaireachd is dòighean teagaisg. Bidh 87 luchd saor-thoileach is 23 luchd-trèanaidh/oidean, bho sgìre obrach na Gàidhealtachd is nan Eilean aig HIE, air a dhol**

**tron phròg ram aig Fèisean nan Gàidheal airson leasachadh sgilean, ro 31 Màrt 2015**

Tha Fèisean nan Gàidheal a' leantainn orra a' toirt trèanadh do dh'oidean gu cunbhalach. Chaidh trèanadh Gàidhlig a chumail sa chiad ràith, mar a chìthear gu h-àrd aig CS5. Thuige seo tha sinn air a bhith a' toirt seachad a' mhòr-chuid de thrèanadh do dh'oidean is luchd-eagrachaidh sa Ghearran is sa Mhàrt gach bliadhna, ach tha sinn den bheach gum bu chòir trèanadh a thoirt seachad nas trice na seo do bhuidhnean nas lugha agus aig àm sam bith. Thathas a' cur seiseanan ionadail air dòigh airson tràth sa bhliadhn' ùir.

Thèid dèiligeadh ri iarrtasan trèanaidh aon-neach a rèir feum, buidseat, agus dlùthachd.

**Builean Bhòrd na Gàidhlig**

**BnG2** **Dearbhadh air co-dhiù 500 uair a thìde de thaic phractaigeach a thugadh dha na h-Iomairtean Gàidhlig air feadh Alba, le oidhirp shònraichte ga dhèanamh a thaobh obair le Fòram Gàidhlig Shiaboist**

Cofaidh is Còmhradh a' ruith gach seachdain aig oifis Phort Rìgh.

**BnG3** **Fiosrachadh air ciamar a tha Poileasaidh Gàidhlig na buidhne ga chur an gnìomh, agus co-dhiù 4 seiseanan trèanaidh Gàidhlig ann do luchd-obrach Fèisean nan Gàidheal, agus cothrom aig luchd-obrach bho bhuidhnean Gàidhlig eile am frithealadh**

3 air a chumail am-bliadhna, le aon eile gu bhith tachairt sa Mhàirt. Tha na cinn-latha air a shanasachadh air ar làrach-lìn agus tro bhrathan puist-d a chuirear gu na buidhnean Gàidhlig.

**BnG4** **Fianais air co-obrachadh le buidhnean Gàidhlig eile**

Iomairt, Clì, CnaG – Trèanadh agus taic. A' cleachdadh Clì airson tidsear Gàidhlig aig na clasaichean luchd-obrach agus clasaichean luchd-teagaisg.

**BnG13** **A' cumail 20 tachartas do suas ri 3,000 sgoilear air a' Ghàidhealtachd tro phròg ram coimhearsnachd Bhlais**

Thadhal Cuairt nam Bàrd air Bun sgoil Shlèite, agus Sabhal Mòr Ostaig.

**BnG14** **Conaltradh cunbhalach leis an Oifigear Ealain is Chultair aig Bòrd na Gàidhlig agus Alba Chruthachail**

Ag obair gu cunbhalach leis an Oifigear Ealain is Chultair gus an iomairt "Celtic Neighbours" a chur air adhart.

| | |
|---|---|
| **Ainm Dreuchd** | **Moreen Pringle**<br>**Oifigear Ghnothaichean** |

Gnìomh/Toradh

Adhartas

**Builean Alba Chruthachail**

**AC3** **Sgeama Thabhartasan do dh'Fhèisean a ruith le taic-airgid bho dhiofar thobraichean maoineachaidh**

Ag obair air Sgeama Tabhartasan nam Fèisean tha mi a cuir thabhartasan a-mach gu Fèisean airson na Priomh Fèisean, Clasaichean agus Uairean-Rianachd aca.

Anns an raìthe seo, chur mi thabhartasan a-mach gu 8 Fèisean.

**AC16** **Feum a dhèanamh de na cothroman a th' ann barrachd bathar a reic mar na leabhraichean, CDan, DVDan is eile aig na Fèisean**

Tha am bùth air an Làrach-Lìn fosgailte airson leabhraichean a' cheannach (www.feisean.org/shop.html).

Tha sinn a' reic nas urrainn dhuinn tro Fhèisean, bùithtean, m.s.a.a. Tha mi a cur a-mach fiosrachadh gu Fèisean gu cunbhalach. 'Se cothrom math tha ann airson airgead a thogal.

**AC23** **Co-labhairt Bhliadhnail a chumail**

Bha an Co-labhairt Bhliadhnail 2012 ann an Taigh-òsta Cheann an Iar, anns a' Ghearasdan air 21/22 Sultain.

**AC24** **A' cumail oirnn a' toirt taic do dh'Fhèisean a tha airson an obair aca a leudachadh**

Leantainneach agus air a dheagh chleachdadh fad an t-shiubhal aig na Fèisean. Tha iad ag iarraidh ionnstramaidean diofarach airson clasaichean ùra a tha iad a' tòiseachadh. Tha tòrr duine ag iarraidh bogsa-ciùil airson clasaichean aig an àm seo.

**AC25** **A' cumail oirnn a' dèanamh cinnteach gu bheil deagh dhòighean-obrach gan cur an sàs a thaobh Dìon Cloinne agus a rèir atharrachaidhean san lagh**

Feumaidh gach Fèis liosta luchd-teagaisg a chur a-steach mus fhaigh iad tabhartas. Thèid iad sin a sgrùdadh feuch a bheil aithisg sgrùdaichte aca uile.

Rinn mi mòran obair ag ùrachadh an stòr-dàta agus tha seo leantainneach.

**Builean Bhòrd na Gàidhlig**

**BnG10** **Taic ga thoirt do co-dhiù 40 Fèis air feadh Alba**

Tha mi a' toirt taic do na Fèisean le tabhartasan, leabhraichean, ionnstramaidean, Faileas, m.s.a.a.

**Builean Chomhairle na Gàidhealtachd**

**CnG2** **Taic do cho-dhiù 19 Fèisean ann an Roinn na Gàidhealtachd**

Ceangailte ri BnG10.

| | |
|---|---|
| Ainm | **Dougie Beck** |
| Dreuchd | **Oifigear Drama** |

Gnìomh/Toradh

Adhartas

**Builean Alba Chruthaichail**

AC5 **Iomairtean dràma Ghàidhlig a chur air adhart, leithid an Sgoil Shamhraidh Dràma Ghàidhlig, cuairtean le Meanbh-Chuileag a' bhuidheann dràma-oideachaidh agus Fèisean dràma**

Tha mi air plana coileanta a chur ri chèile airson dealbh-cluiche ùr stèidhichte air eachdraidh beatha Iain Muir, agus tha a h-uile coltas ann gun tèid seo a chleachdadh airson cuairt Ghàidhlig Meanbh-chuileag a bhios a' tachairt ron Chaisg.

Bidh am panto againn, "Gloidhcean agus na Dèideagan Briste", air an rathad 3 gu 10 Dùbhlachd. Sgrìobh mi fhìn an sgriobt, le tòrr taice bho Calum agus Aonghas. Bidh sinn a' dèanamh measgachadh de taisbeanaidhean sgoile agus seallaidhean poblach – 12 uile gu lèir – ann an caochladh àiteannan eadar Steòrnabhagh is Dùn Èideann.

Thug mi seachad dà latha de bhùthan-obrach air sgrìobhadh dràma aig co-labhairt an Stòrlainn san Dàmhair.

Faic gu h-ìseal airson fiosrachadh mu SSD2013 agus Fèisean Dràma Earra Ghàidheal is Loch Abar/an Eilein Sgitheanaich.

**AC8** **Taic a chumail ri Fèisean a thaobh na Gàidhlig agus oidean bhon Sgioba-G againn a' cur tachartasan air dòigh**

Ged nach eil mi air a bhith an sàs ann an tachartasan Sgioba G bhon Chàisg, tha mi air tòrr stuthan teagaisg a chur ri chèile airson Fèisgoil, is thèid tòrr dheth seo a chur gu feum le Sgioba G.

**AC12** **Cothroman eile a chur air adhart far am bi ar n-obair a' neartachadh foghlam Gàidhlig**

Chaidh am panto a sgrìobhadh airson a bhith freagarrach do chloinn ann am foghlam tro mheadhan na Gàidhlig – ged nach eil am briathrachas a th' ann cho doirbh sin, thathas an dùil gun ionnsaich iad grunn abairtean ùra bhuaithe.

Bidh trèanadh Fèisgoil a' faighinn gu dol 1 Dùbhlachd, agus 's e Catrìona Nic an t-Saoir agus mi fhìn a bhios ga lìbhrigeadh. Tha mi air a bhith ag obair le Catrìona gus deich seachdainean de dh'obair teagaisg a dheasachadh.

**AC13** **Cothroman trèanaidh is leasachadh proifeiseanta a chur air dòigh, don a h-uile duine a tha an sàs ann a bhith cur air adhart is ag eagrachadh nam Fèisean is a tha a' gabhail pàirt annta, agus do bhuidhnean eile a tha an sàs ann a bhith leasachadh is a' lìbhrigeadh ceòl traidiseanta**

Mar a thuirt mi gu h-àrd bidh mi an sàs ann an trèanadh Fèisgoil 1 Dùbhlachd, agus tha mi air a bhith ag obair gus am pròg ram cànain a chur ri chèile.

**AC17** **A' togail air ìomhaigh nam Fèisean le tachartasan a dh'aona-ghnothach a nì sanasachd air ar n-obair, barrachd chothroman gus naidheachdan a sgaoileadh sna meadhanan is a' dol an sàs ann an tachartasan far am bi cothrom sanasachd a dhèanamh air ar n-obair**

Thèid Fèis Dràma Earra Ghàidheal agus Loch Abar a ruith a-rithist an ath-bhliadhna, ged a dh'fheumas sinn, 's dòcha casg a chur air na h-àireamhan a ghabhas pàirt ann. A' leantainn air molaidhean thidsearan, bidh sinn a' cumail an fheasgair thaisbeanaidh ro shaor-làithean na Càisge. Bidh Aonghas an sàs ann an tachartas den aon seòrsa san Eilean Sgitheanach.

**AC22** **A' cumail oirnn a' cuideachadh le obair a thaobh nan ealain Gàidhlig ann am foghlam tro mheadhan na Gàidhlig ann an sgìrean nan Iomairtean Gàidhlig**

Thèid am panto a thaisbeanadh ann an Inbhir Nis, Leòdhas, Uibhist, Dùn Èideann agus Loch Abar.

Tha mi air a bhith an sàs ann an obair leasachadh sgriobtaichean às leth FilmG ann an Àrd-sgoil Loch Abar, agus bidh mi a' cuideachadh leis an obair fiolmaidh aca ron Nollaig (NB – bha mi cuideachd an sàs ann an dà latha de dh'obair fiolmaidh do FilmG san t-samhain).

Thug mi buidheann de Ghàidheil òga à Èirinn is Alba timcheall Taigh-tasgaidh na h-Alba mar phàirt de Ri Chèile san t-Sultain.

## Builean Iomairt na Gàidhealtachd agus nan Eilean

**InG1** **Seirbheis Ealain is Ghàidhlig airson Foghlam a stèidheachadh, a bhios ag amas air Gàidhlig a chur air adhart is a bhrosnachadh tro Aontaidhean Seirbheis le Ùghdarrasan Ionadail is buidhnean eile san roinn phoblaich, ro 31 Màrt 2015**

Bha sinn an làthair aig Fèill Ionnsachaidh na h-Alba san t-Sultain, agus ghabh sinn cothrom bruidhinn ri grunn Ùghdarrasan Ionadail agus cuideachd ri grunn thidsearan, mu Fhèisgoil.

Tha mi air a bhith ag obair gu dlùth le Catrìona Nic an t-Saoir air stuthan teagaisg, agus bidh sinn a' lìbhrigeadh trèanadh do 15 tagraichean ann an Glaschu 1 Dùbhlachd. Tha sinn air deich seachdainean de chlasaichean a chur ri chèile, ag amas air p1 gu 7.

Rinn mi trì làithean ann an sgoiltean Siorrachd Pheairt mar phàirt den chùmhnant a th' againn le Comhairle na sgìre sin gus clasaichean Gàidhlig a lìbhrigeadh. Tha mi cuideachd air pasgain teagaisg a chur ri chèile do luchd-teagaisg eile.

**InG5** **Rannsachadh a dhèanamh feuch an gabhadh iomairtean dràma Ghàidhlig is iomairtean eile co-cheangailte ris a' choimhearsnachd a stèidheachadh, ann an co-bhuinn ri luchd-compàirt bunaiteach mar Sabhal Mòr Ostaig ro 31 Màrt 2015**

Tha sinn air a bhith ann an conaltradh le Eden Court a thaobh an Lìonradh Dràma, agus tha sinn ag obair air iarrtas do BhnaG airson pròiseact co-obrachaidh. Faic gu h-ìseal airson fiosracahdh mu chòmhraidhean le Artair Donald.

## Builean Bhòrd na Gàidhlig

**BnG4** **Fianais air co-obrachadh le buidhnean Gàidhlig eile**

Mar a thuirt mi gu h-àrd, bidh sinn a' co-obrachadh le Eden Court a thaobh a' Lìonradh Dràma, agus tha e coltach gum bi an Comunn agus Comhairle na Gàidhealtachd an sàs ann cuideachd. Tha mi fhìnis Artair Donald air a bhith a' strì gus ùine a lorg coinneamh a chumail, agus a bharrachd air coinneamh ghoirid sa Ghearasdan, far an do bhruidhinn sinn mu ghrunn rudan air am faodadh sinn a bhith ag obair còmhla, Fèis Dhràma as t-Earrach nam measg, chan eil seo air tachairt fhathast.

**BnG5** **Fianais air conaltradh le Ùghdarrasan Ionadail gus leudachadh air a' cho-obrachadh còmhla riutha agus sinn gan cuideachadh le bhith cur an gnìomh eileamaidean de na Planaichean Gàidhlig aca tron t-Seirbheis Ealain is Ghàidhlig aig Fèisean nan Gàidheal**

Tha sinn gus crìoch a chur air bloc de 14 seachdainean ann an sgoiltean Siorrachd Pheairt. Tha Aonghas air a' mhòr-chuid dhiubh seo a lìbhrigeadhl; tha mi fhìn air trì làithean a dhèanamh, agus tha Cailean Collier is Debbie NicAoidh air dà latha a dhèanamh an urra. Tha sinn an-dràsta a' feuchainn ri ùine a lorg coinneamh a chumail le Comhairle na Gàidhealtadh airson còmhradh mu Fhèisgoil, ach chan eil seo air a bhith furasta air sgàth na h-obrach a tha mi a' dèanamh le FilmG.

**BnG9** **20 sgoilear àrd-sgoile a' gabhail pàirt ann an Sgoil Shamhraidh Dràma**

Ged a thuit àireamhan SSD bho 24 ann an 2011 gu 10 ann an 2012, tha sinn dòchasach gun àrdaich na h-àireamhan ann an 2013. Bidh sinn ag atharrachadh an dòigh anns am bi sinn ga sanasachd, agus 's dòcha gun tèid a cumail ann an àite agus aig àm eadar-dhealaichte. Tha sinn an dùil gum bi an ceann-latha air a stèidheachadh ro dheireadh na bliadhna, is gum bi an t-sanasachd aig sgoiltean cho luath 's a thèid na sgoiltean air ais.

**BnG11** **Cuairt 6 seachdainean le Meanbh-Chuileag timcheall sgoiltean Gàidhlig**

Bidh a' chuairt deiseil ro dheireadh theirm an Earraich, agus tha e cha mhòr cinnteach gur ann mu dheidhinn beatha Iain Muir a bhios an dealbh-cluiche. Tha Calum Ailig air a' bhith a' bruidhinn ri SNH mu thaic-airgid.

**BnG12** **80 bùithtean-obrach dràma Gàidhlig gan lìbhrigeadh ann an coimhearsnachdan air feadh Alba**

Ruigidh sinn an targaid seo gu furasta, tro phròiseactan leithid nam Fèisean Dràma, co-obrachadh le Eden Court, Fèisgoil, Blas is obair FilmG.

**BnG13** **A' cumail 20 tachartas do suas ri 3,000 sgoilear air a' Ghàidhealtachd tro phròg ram coimhearsnachd Bhlais**

Thadhail mi air 6 bun-sgoiltean Abrach rè seachdain Blas, 's mi an sàs ann am bùthan-obrach dràma le 133 duine-cloinne.

**BnG14** **Conaltradh cunbhalach leis an Oifigear Ealain is Chultair aig Bòrd na Gàidhlig agus Alba Chruthachail**

Tha sinn tric ann an conaltradh le Brian, an dà chuid to choinneamhan foirmeil is neo-fhoirmeil, agus bidh sinn a' cur thuige fiosrachadh mu gach tachartasan anns am bi sinn an sàs.

| | |
|---|---|
| **Ainm** | **Angus Macleod** |
| **Dreuchd** | **Drama Officer** |

Gnìomh/Toradh

Adhartas

**Builean Alba Chruthachail**

**AC6** **Iomairtean dràma Ghàidhlig a chur air adhart, leithid an Sgoil Shamhraidh Dràma Ghàidhlig, cuairtean le Meanbh-Chuileag a' bhuidheann dràma-oideachaidh agus Fèisean dràma**

**An Sgoil Shamhraidh Dhràma**

Tha sgrùdadh a' dol air adhart an dràsta le sùil gun tèid atharrachaidhean a dhèanamh gus àireamhan àrdachadh sa Sgoil Shamhraidh Dhràma ann an 2013.
Thèid co-dhùnadh a dhèanamh air cinn latha na sgoile samhraidh, fad, àite, cruth agus an aois air a bheilear ag amas.

Chaidh Sgoil Shamhraidh Dràma na bliadhna sa a chumail eadar 2-13 Iuchar.
A' leantainn cruth na bliadhna a dh'fhalbh, chaidh clasaichean a chumail ann am Port Rìgh leis an oidhche thaisbeanaidh air a chumail air Diardaoin 12 Iuchar aig Stiùidio Fàs ann an Slèite.
Uile gu lèir bha 10 compàirtiche ann, àireamh gu math iosal an taca ri bliadhnaichean eile.

**AC8** **Taic a chumail ri Fèisean a thaobh na Gàidhlig agus oidean bhon Sgioba-G againn a' cur tachartasan air dòigh**

Geamannan iomchaidh agus stuthan teagaisg Sgioba G air ullachadh airson luchd-ionnsachaidh na Gàidhlig agus fileantaich agus taic leantainneach air a thoirt do luchd-eagrachaidh agus luchd-oide.

- Thug mi taic do Fèis a' Bhaile ann an Inbhir Nis eadar 15 – 19 Dàmhair.

**AC12** **Cothroman eile a chur air adhart far am bi ar n-obair a' neartachadh foghlam Gàidhlig**

**Fèisgoil**
A' leantainn air na seirbheis a cheannaich Comhaire Siorrachd Pheairt 's Cheann Rois bhuainn tro Fèisgoil chùm mi orm a' teagasg clasaichean Gàidhlig do luchd-ionnsachaidh ann am bun-sgoiltean 2 latha san t-seachdain, le latha slàn aig Sgoil Rioghail Dhun Chailleinn, madainn aig Bun-sgoil Cheann Loch Rainneach agus feasgar aig Bun-sgoil Ghleann Liomhainn.
Chaidh na leasanan mu dheireadh agam a chumail le sgoilearan Dhun Chailleann air Diluain 12 Samhainn.
Às dèidh cùmhnant de dheich sheachdainean fhaighinn sa chiad dol a-mach chaidh aontachadh gun dèanadh Fèisgoil ceitheir seachdain a bharrachd. Thèid na leasanan seo a lìbhreagadh le luchd-teagaisg eile a tha clàraichte tro Fèisgoil. Aig an ìre seo thathar an dùil gun tèid na leasanan mu dheireadh sa chùmnant a chumail air 10 & 11 Dùbhlachd.
Thèid foirmean-measaidh Fèisgoil a chur gu na sgoiltean a bha an sàs.

**Storlann**
- Ag obair ann a bhith a' cur dreach na stèidse air sgeulachdan às an leabhar chloinne aig Stòrlann 'Mar a chuala mis' e'.
- Thug mi taic do Dhougie Beck ann a bhith a' lìbhreagadh na bùthan-obrach 'Stòiridh gu stèidse' aig a' cho-labhairt airson tidsearan na Gàidhlig 'An t-Alltan' a chaidh a chumail air an 3mh agus 4mh latha den Dàmhair anns an Aghaidh Mhòr.

**AC13** **Cothroman trèanaidh is leasachadh proifeiseanta a chur air dòigh, don a h-uile duine a tha an sàs ann a bhith cur air adhart is ag eagrachadh nam Fèisean is a tha a' gabhail pàirt annta, agus do bhuidhnean eile a tha an sàs ann a bhith leasachadh is a' lìbhrigeadh ceòl traidiseanta**

**Leasachadh Proifeiseanta**
Latha Trèanaidh Gàidhlig le Hugh Dan Maclennan ann an oifis Fèisean nan Gàidheal, Inbhir Nis air 22/10/12.
Cha d'fhuair mi cothrom a bhith an làthair ach greiseag aig deireadh an latha air sgàth obair a chur mi romham a dhèanamh do FilmG aig Acadmaidh Inbhir Pheofharain air an latha sin.

Bha mi an làthair aig co-labhairt agus coinneamh bhliadhnail Fèisean nan Gàidheal a chaidh a chumail anns a' Ghearasdan 21 & 22 Sultain.

**AC16** **Feum a dhèanamh de na cothroman a th' ann barrachd bathar a reic mar na leabhraichean, CDan, DVDan is eile aig na Fèisean**

- Chaidh stuthan foillseachaidh a sgaoileadh agus ceanglaichean a dhèanamh le buidhnean eile a bha an làthair aig Fèill Ionnsachaidh na h-Alba aig an SECC, Glaschu air 19 agus 20 Sultain.

**AC17** **A' togail air ìomhaigh nam Fèisean le tachartasan a dh'aona-ghnothach a nì sanasachd air ar n-obair, barrachd chothroman gus naidheachdan a sgaoileadh sna meadhanan is a' dol an sàs ann an tachartasan far am bi cothrom sanasachd a dhèanamh air ar n-obair**

- Bha mi an làthair aig Fèill Ionnsachaidh na h-Alba aig an SECC, Glaschu air 19 agus 20 Sultain.
- Bha mi an làthair aig co-labhairt Stòrlann airson luchd-teagaisg na Gàidhlig 'An t-Alltan' air 3 Dàmhair.

**AC26** **A' cumail oirnn ag obair mar bhuidhinn a tha ag amas air sàr mhodhan lìbhrigidh nuair a thig e gu seirbheisean is pròiseactan, agus na dòighean-obrach againn san fharsaingeachd**

**Sanasachd**
- www.feisean.org

Obair leantainneach ann a bhith a' foillseachadh pìosan naidheachd mu obair Fèisean nan Gàidheal agus pròiseactan dràma.
- www.facebook.com/feisean

A' cruthachadh sgeulachdan agus brathan-naidheachd airson duilleag Facebook Fèisean nan Gàidheal.
- www.youtube.com/feiseannangaidheal

A' deasachadh fiolmaichean goirid airson cunnntas You Tube Fèisean nan Gàidheal.
- A' foillseachadh naidheachdan tron chunntas twitter aig Fèisean nan Gàidheal @FNGaidheal
- Chaidh an oidhche thaisbeanaidh a bh'aig an Sgoil Samhraidh Dràma agus Fèis Alba aig Stiùidio Fàs a fiolmadh.

Thathar an dùil gun tèid na chaidh a chlàradh a dheasachadh ron bhliadhn' ùr gus an gabhadh fhaicinn air dvd agus air-loidhne.

## Builean Iomairt na Gàidhealtachd agus nan Eilean

**InG1** **Seirbheis Ealain is Ghàidhlig airson Foghlam a stèidheachadh, a bhios ag amas air Gàidhlig a chur air adhart is a bhrosnachadh tro Aontaidhean Seirbheis le Ùghdarrasan Ionadail is buidhnean eile san roinn phoblaich, ro 31 Màrt 2015**

Taic agus molaidhean air a thoirt seachad airson coinneamh mu Fèisgoil agus obair deasachaidh airson a' chiad latha trèanaidh Fèisgoil a thèid a chumail air Disathairne 3 Dùbhlachd 2012 ann an Glaschu.

**InG5** **Rannsachadh a dhèanamh feuch an gabhadh iomairtean dràma Ghàidhlig is iomairtean eile co-cheangailte ris a' choimhearsnachd a stèidheachadh, ann an co-bhuinn ri luchd-compàirt bunaiteach mar Sabhal Mòr Ostaig ro 31 Màrt 2015**

- Conaltradh leantainneach le Manaidsear Cruthachail Eden Court Kati Kozikowska agus an obraiche cruthachail Gàidhlig Ruairidh MacNeacail le dùil gun tèid seirbheis agus pròiseactan a' stèidheachadh eadarainn gus dràma na Gàidhlig a leasachadh aig ìre òigridh agus coimhearsnachd.
- Coinneamh leis an neach ealain Ariel Killick a tha stèidhte a-nis ann an Glaschu air 19 Sultain aig an CCA, Glaschu. Tha Ariel fileanta ann an Gàidhlig agus Gaeilge agus tha i a' sireadh taic gus cuairt a dhèanamh le dealbh-cluich dà-chànanach ann an Gàidhlig agus Gaeilge.

Às dèidh dhìth taic-airgid fhaighinn bho Iomairt Cholm Chille gus obair rannsachaidh a dhèanamh tha Ariel Killick airson bùth-obrach dà-chànanach a thabhann do sgoil Gàidhlig ro dheireadh na Samhna agus thug mi comhairle dhith gus an dòigh as fheàrr seo a dhèanamh.

## Builean Bhòrd na Gàidhlig

**BnG4** **Fianais air co-obrachadh le buidhnean Gàidhlig eile**

**FilmG**

Tro Fèisgoil tha mi ag obair ann an co-bhonn le FilmG, a' toirt taic dhaibh ann a bhith a' lìbhreagadh bùthan-obrach gus fiolmaichean goirid a dhèanamh le buidhnean sgoile tro 2012/2013.

Gu ruige seo tha mi air a bhith an sàs le bùthan-obrach le dà bhùth-obrach le àrd-sgoiltean a bha feumach air bùthan-obrach sgeulachd aig:

- Acadamaidh Alanais – 31/10/12
- Acadmaidh Bhaile Dhùbhthaich – 31/10/12

agus trì àrd-sgoiltean a bha feumach air latha fiolmadh agus latha gearraidh:

- Acadamaidh Alanais (luchd-ionnsachaidh) – 13 & 14 Samhainn
- Àrd-sgoil Gheàrrloch – 15 & 16 Samhainn
- Acadamaidh Inbhir Pheofharain – 21 & 22 Samhainn

Tha mi'n dùil bùthan-obrach eile a dhèanamh le Hazelhead Academy ann an Obar Dheathain air 13 agus 14 Dùbhlachd.

'S e 20 Dùbhlachd 2012 an ceann-latha airson fiolmaichean airson òigridh eadar 12-17 bliadhna a dh'aois.

**Storlann**

- Ag obair ann a bhith a' cur dreach na stèidse air sgeulachdan às an leabhar chloinne aig Stòrlann 'Mar a chuala mis' e'.
- Thèid bùthan-obrach 'Stòiridh gu stèidse' a thabhann aig a' cho-labhairt airson tidsearan na Gàidhlig 'An t-Alltan' a thèid a chumail air an 3mh agus 4mh latha den Dàmhair anns an Aghaidh Mhòr.

**BnG9** **20 sgoilear àrd-sgoile a' gabhail pàirt ann an Sgoil Shamhraidh Dràma**

**An Sgoil Shamhraidh Dhràma**

Tha sgrùdadh a' dol air adhart an dràsta le sùil gun tèid atharrachaidhean a dhèanamh gus àireamhan àrdachadh sa Sgoil Shamhraidh Dhràma ann an 2013.

Thèid co-dhùnadh a dhèanamh air cinn latha na sgoile samhraidh, fad, àite, cruth agus an aois air a bheilear ag amas.

Chaidh Sgoil Shamhraidh Dràma na bliadhna sa a chumail eadar 2-13 Iuchar.
A' leantainn cruth na bliadhna a dh'fhalbh, chaidh clasaichean a chumail ann am Port Rìgh leis an oidhche thaisbeanaidh air a chumail air Diardaoin 12 Iuchar aig Stiùidio Fàs ann an Slèite.
Uile gu lèir bha 10 compàirtiche ann, àireamh gu math iosal an taca ri bliadhnaichean eile.

**BnG10** **Taic ga thoirt do co-dhiù 40 Fèis air feadh Alba**

- Chaidh taic rianachd a thoirt do Fèis a' Bhaile agus stiùir a thoirt do Fèis Cholla.

**BnG11** **Cuairt 6 seachdainean le Meanbh-Chuileag timcheall sgoiltean Gàidhlig**

- **Dealbh-cluich na Nollaig**

Rinn mi obair rianachd airson 'Gloidhcean agus na Dèideagan Briste' a thèid air cuairt eadar 3 agus 10 Dùbhlachd. Tha mi gu bhith cleasachd anns an dealbh-cluich cuideachd. Chaidh seachdain deasachaidh air a shon a chumail ann an Inbhir Nis eadar 26 agus 30 Samhainn.

- Chaidh rannsachadh a dhèanamh gus taic-airgid fhaighinn airson turas dràma a mhaireadh 6 seachdain a ghabhadh àite eadar am Faoilleach agus a' Mhàirt. Chaidh cuspairean eadar-dhealaichte a dheasbad le fòcas air Bliadhna Nàdair 2013. Thèid fios a chur gu eagrachaidhean compàirtiche a bhiodh iomchaidh m.e. Dualchas Nàdair na h-Alba

**BnG12** **80 bùithtean-obrach dràma Gàidhlig gan lìbhrigeadh ann an coimhearsnachdan air feadh Alba**

- Chaidh coinneamhan a chumail le Eden Court gus cothroman co-obrachaidh a chur air bhonn eadarainn gus cothroman a bharrachd a thoirt do dheugairean.

- Thèid fios a chur gu roinnean Gàidhlig ann an Àrd-sgoiltean na sgìre seo gus fhaighinn a-mach an gabhadh club dràma Gàidhlig as dèidh na sgoile stèidheachadh sa bhliadhna sgoile 2012/13.

**Builean Chomhairle na Gàidhealtachd**

**CnG3** **An àireamh de dhaoine òga a gheibh teagasg Gàidhlig a leudachadh (bho àireamh 2011-12 a bha aig 2,556)**

- Anns a' bhliadhna sgoile 2011-2012, lìbhrig mi còrr is 70 bùthan-obrach 'Sgilean Dràma' tro mheadhan na Gàidhlig airson naoi buidhnean anns na roinnean Gàidhlig aig seachd bun-sgoiltean anns an Eilean Sgitheanach agus Loch Aillse. Tha sreath de bhùthan-obrach anns a' phròiseact 'Sgilean Dràma' a th'air an lìbhreagadh gu cunbhallach tron bhliadhna agus a tha toirt cothrom do na sgoilearan a ghabhas pàirt eòlas fhaighinn ann an roghainn farsaing de sgilean dràma tro mheadhan na Gàidhlig.
Thathar an dùil pròiseactan dràma a' lìbhreagadh anns an Eilean Sgitheanach agus Loch Aillse sa bhliadhna sgoile 2012/13

**CnG6** **Cleachdadh na Gàidhlig a chur am meud an lùib nam Fèisean**

- Ag ullachadh geamannan Sgioba G agus stuthan-teagaisg airson luchd-ionnsachaidh na Gàidhlig agus fileantaich le taic leantainneach air a thoirt do luchd-eagrachaidh agus luchd-oide.

| | |
|---|---|
| **Ainm** | **Nicola Simpson** |
| **Dreuchd** | **Àrd Oifigear Leasachaidh** |

Gnìomh/Toradh

Adhartas

**Builean Alba Chruthachail**

**AC1** **Taic a chumail ri Fèisean fa leth is an leasachadh, farsaingeachd an cuid obrach a leudachadh agus sàr dhòighean-obrach a stèidheachadh tro lìonra de phrìomh oifigearan**

Anns an dreuchd agam mar Àrd-Oifigear Leasachaidh, bidh mi ag obair le aon Fèisean deug, a' toirt taic dhaibh le iomadach pròiseact agus bidh mi a' toirt barrachd taic do cheithir Fèisean eile aig a bheil Cèilidhean air Chuairt. Cuideachd, bidh mi a' toirt stiùireadh làitheil do na h-Oifigearan Leasachaidh anns na sgìrean eile.

**AC3** **Sgeama Thabhartasan do dh'Fhèisean a ruith le taic-airgid bho dhiofar thobraichean maoineachaidh**

Bidh mi a' toirt taic leantainneach do na Fèisean san sgìre agam airson foirmichean-tagraidh a chuir a-staigh airson taic-airgid agus bidh mi a' toirt stiùireadh dhaibh airson taic-airgid a chosg ann an dòigh èifeachdach. Anns a' mhìos ri teachd, bidh mi a' coinneachadh leis a h-uile Fèis san sgìre agam airson nam foirmichean-tagraidh aca  a crìochnachadh agus planaichean a chur air dòigh airson na h-ath bhliadhna.

**AC5** **Cleachdadh na Gàidhlig a leudachadh le bhith a' cur an gnìomh ar Poileasaidh Gàidhlig a chaidh a dheasachadh às ùr is a neartachadh**

Bha an deireadh-sheachdain Gàidhlig aig Fèis an Iar Thuath air 22 agus 23 an t-Sultain gu math soirbheachail le deich compàirtiche a' gabhail pàirt gach latha.

Bidh coinneamh agam le Fèis a' Bhealaich air 3 Dùbhlachd airson bruidhinn mu dheidhinn cothroman Gàidhlig airson na cloinne sa Chlub Gàidhlig aca agus airson inbhich anns a choimhearsnachd air fad.

Bidh Fèis a' Chaolais a' dol a-mach sa choimhearsnachd leis na sgilean ciùil agus cànan aca air a' mhìos seo airson tadhal air buidhnean diofraichte.  Cuideachd, bidh latha-ealain aca airson na Nollaig agus bidh sin fosgailte do teaghlach sam bith le uidh ann an Gàidhlig.

**AC13** **Cothroman trèanaidh is leasachadh proifeiseanta a chur air dòigh, don a h-uile duine a tha an sàs ann a bhith cur air adhart is ag eagrachadh nam Fèisean is a tha a' gabhail pàirt annta, agus do bhuidhnean eile a tha an sàs ann a bhith leasachadh is a' lìbhrigeadh ceòl traidiseanta**

Bidh mi a' sgaoileadh fiosrachaidh mu dheidhinn cothroman trèanaidh agus tachartasan air post-d, tron làrach-lìn agus air na meadhanan sòisealta.

Bidh mi ag obair leis an Oifigear Trèanaidh againn, Iona NicDhòmhnaill, anns a' bhliadhn' ùr airson làithean trèanaidh ionadail a chur air dòigh airson Fèisean nan sgìrean agam.

**AC17** **A' togail air ìomhaigh nam Fèisean le tachartasan a dh'aona-ghnothach a nì sanasachd air ar n-obair, barrachd chothroman gus naidheachdan a sgaoileadh sna meadhanan is a' dol an sàs ann an tachartasan far am bi cothrom sanasachd a dhèanamh air ar n-obair**

Bha compairtichean bho Lochabair, Rois, Gallaibh agus Fèis Spè an sàs ann am Fèis Bhlas anns an t-Sultain.

Anns an Dàmhair chaidh mi a dh'Èirinn còmhla ri aon-deug compàirtiche bho na Cèilidhean air Chuairt mar phàirt den iomlaid le buidheann-ciùil òg a Ennis. Chluich an dà bhuidheann ann an Inbhir Nis agus ann an Ennis mar phàirt den Fhèis ùr timcheall an geama camanachd eadar-nàiseanta le Alba agus Èireann.

**AC19** **Fèis Bhlais a chur air adhart mar fhèis aig a bheil ceòl, Gàidhlig agus òigridh, agus a leudachadh gus am bi filmichean, sgrìobhadairean, biadh is deoch mar phàirt dhith**

Tha mi fhathast a' dol gu coinneamhan Bhlas mar riochdaire nam Fèisean.

**AC20** **A' cumail oirnn a' toirt taic don lìonra de Chèilidhean air Chuairt**

Bidh mi fhìn agus Anne a' leantainn leis an obair a tha sinn a' dèanamh ag uallachadh fiosrachaidh agus fianais a bharrachd airson Leader.

Eadar seo agus an Nollaig bidh mi ag obair le Calum Alex, a' sireadh taic-airgid ùr airson nan Cèilidhean air Chuairt na h-ath bhliadhna.

**AC24** **A' cumail oirnn a' toirt taic do dh'Fhèisean a tha airson an obair aca a leudachadh**

A bharrachd air an airgead a fhuair Fèis Spè bho Stòras Gannochy agus Comhairle Peairt is Ceann Rois, tha mi toilichte a ràdh gun d' fhuair iad £10K taic-airgid airson Oifigear Leasachaidh ùr bho Cairngorms Leader agus £30k thairis air trì bliadhna bho Urras MhicDhonnchaidh airson obair leantainneach. Bidh sanas airson na dreuchd ùr a' dol a mach anns na mìosan ri thighinn.

## Builean Iomairt na Gàidhealtachd agus nan Eilean

**InG5** **Rannsachadh a dhèanamh feuch an gabhadh iomairtean dràma Ghàidhlig is iomairtean eile co-cheangailte ris a' choimhearsnachd a stèidheachadh, ann an co-bhuinn ri luchd-compàirt bunaiteach mar Sabhal Mòr Ostaig ro 31 Màrt 2015**

Faic targaid AC5.

**InG9** **Trì mòr-thachartasan nàiseanta a chumail; a nì taisbeanadh air dualchas Gàidhlig na sgìre do bharrachd dhaoine an dà chuid san dùthaich seo agus thall-thairis agus iad a' dol an sàs ann an tachartasan is fèisean a tha freagarrach dhaibh**

Faic targaid AC17. Bha barrachd air 2,000 luchd-èisteachd aig Bught Park nuair a bha na Cèilidhean air Chuairt agus am buidheann luchd-ciùil òg bho Ennis a' cluich aig a' gheama camanachd eadar-nàiseanta agus barrachd ga choimhead air BBC Alba. Cuideachd, chluich na còmhlain airson 500 duine a bharrachd ann an Ennis, agus bha and turas sin na dheagh chothrom airson coinneachadh ri duine ùr le ùidh ann am pròiseactan mar seo.

**Builean Bhòrd na Gàidhlig**

**BnaG2** **Dearbhadh air co-dhiù 500 uair a thìde de thaic phractaigeach a thugadh dha na h-Iomairtean Gàidhlig air feadh Alba, le oidhirp shònraichte ga dhèanamh a thaobh obair le Fòram Gàidhlig Shiaboist**

Bidh mi ag obair leis na h-oifigearan bho Clì agus CnaG air a' phròiseact 'Na Mo Chuid Aodaich'. Bidh sin a' tachairt ann an Inbhir Nis air 8 Dùbhlachd.

**BnG5** **Fianais air conaltradh le Ùghdarrasan Ionadail gus leudachadh air a' cho-obrachadh còmhla riutha agus sinn gan cuideachadh le bhith cur an gnìomh eileamaidean de na Planaichean Gàidhlig aca tron t-Seirbheis Ealain is Ghàidhlig aig Fèisean nan Gàidheal**

Bidh mi a' leantainn leis an obair a tha mi a' dèanamh le Oifigear Leasachaidh Fèis Spè airson Fèis ùr a' leasachadh ann an sgìre dhùthchail Peairt. Bidh a' chiad thachartas a' ruith ann an Obar Pheallaidh anns a' Mhàirt 2013 le taic-airgid bho Chomhairle Peairt is Ceann Rois.

**BnG10** **Taic ga thoirt do co-dhiù 40 Fèis air feadh Alba**

Faic targaid AC1.

**Builean Chomhairle na Gàidhealtachd**

**CnG1** **An àireamh de dhaoine òga a tha a' dol gu Fèisean is clasaichean air a' Ghàidhealtachd a ghlèidheadh (stèidhichte air àireamh 2011-12 a bha aig 3,408)**

'S e an obair leantainneach agam a bhith ag obair còmhla ris na Fèisean san sgìre agam airson àireamhan de chompàirtichean a chumail suas. Bidh a' mhòr-chuid de na Fèisean a' leasachadh phròiseactan agus thachartasan sònraichte airson clann le sgilean aig àrd ìre.

Bha trì fichead compàirtiche eadar ochd agus ceithir-deug a dh'aois a' gabhail pàirt ann am Fèis a' Bhaile ann an Acadamaidh Allt a' Mhuilinn eadar 15 agus 19 den Dàmhair agus bha trì fichead sa sia compàirtiche aig Fèis Spè. Thachair sin ann am bun-sgoil ùr anns an Aghaidh Mhòir.

Bha a' chiad dheireadh sheachdain obair-buidhne aig Fèis Rois, Fèis Spè agus Fèis Inbhir Narainn gu math soirbheachail. Thug e deagh chothrom do dheugairean bho na diofar sgìrean a bhith a' cluich agus a bhith cruinn còmhla.

**CnG2** **Taic do cho-dhiù 19 Fèisean ann an Roinn na Gàidhealtachd**

Bidh deich Fèisean san sgìre agamsa a' tachairt ann an Roinn na Gàidhealtachd.

**CnG6** **Cleachdadh na Gàidhlig a chur am meud an lùib nam Fèisean**

Bidh Gàidhlig air a bhrosnachadh aig a h-uile Fèis. Bidh mi ag obair leis an sgioba leasachaidh air fad airson cuideachadh a thoirt dha na Fèisean le rudan mar eadar-theangachadh, cur-seachadan Gàidhilg, sgioba-G agus luchd-teagaisg le Gàidhlig a lorg.

Nuair a choinnicheas mi le na Fèisean agam airson nam formaichean-tabhartais aca airson 2013-14 a chrìochnachadh, bidh sinn a' dèanamh sgrùdadh air na planaichean Gàidhlig aca aig an aon àm.

| | |
|---|---|
| **Ainm** | **Christine Nic an t-Saoir** |
| **Dreuchd** | **Oifigear Leasachaidh** |

Gnìomh/Toradh

Adhartas

**Builean Alba Chruthachail**

**AC1** **Taic a chumail ri Fèisean fa leth is an leasachadh, farsaingeachd an cuid obrach a**

**leudachadh agus sàr dhòighean-obrach a stèidheachadh tro lìonra de phrìomh oifigearan**

Choinnich mi ri fèisean Cheann Loch Goibhle, Dùn Omhain agus Muille. Tha Fèis Cheinn Loch Goibhle a' coimhead ri tachartasan a chuir air dòigh ann am Baile Eilidh. Tha Fèis Dhùn Omhainn an dòchas tachartasan Gàidhlig a dhèanamh cuideachd.

**AC5** **Cleachdadh na Gàidhlig a leudachadh le bhith a' cur an gnìomh ar Poileasaidh Gàidhlig a chaidh a dheasachadh às ùr is a neartachadh**

Tha mi air 5 luchd-teagasg fhaighinn airson bùth-obrach Gàidhlig a dhèanamh ann an Glaschu.

**AC6** **Iomairtean dràma Ghàidhlig a chur air adhart, leithid an Sgoil Shamhraidh Dràma Ghàidhlig, cuairtean le Meanbh-Chuileag a' bhuidheann dràma-oideachaidh agus Fèisean dràma**

Tha mi air a bhith bruidhinn ri luchd-teagasg na sgoiltean airson ceann-latha fhaighinn cuin a bhios fèis dhràma ann.

**AC8** **Taic a chumail ri Fèisean a thaobh na Gàidhlig agus oidean bhon Sgioba-G againn a' cur tachartasan air dòigh**

Tha barrachd fèisean a-nis a cleachdadh Sgioba G.

**AC11** **A' cumail oirnn a' cur air adhart obair nam Fèisean ann an roinn fhoirmeil an fhoghlaim, ann am compàirt ri YMI ann an Roinn na Gàidhealtachd agus ann an roinnean ùghdarrasan ionadail eile nuair a gheibh sinn an cothrom**

Tha mi an dòchas gu bi Fèisgoil gu math taiceil do Ghàidhlig anns na sgoiltean.

**AC12** **Cothroman eile a chur air adhart far am bi ar n-obair a' neartachadh foghlam Gàidhlig**

Tha muinntir Ghiogha ag iarraigh tachartasan fèis anns an eilean aca.

**AC13** **Cothroman trèanaidh is leasachadh proifeiseanta a chur air dòigh, don a h-uile duine a tha an sàs ann a bhith cur air adhart is ag eagrachadh nam Fèisean is a tha a' gabhail pàirt annta, agus do bhuidhnean eile a tha an sàs ann a bhith leasachadh is a' lìbhrigeadh ceòl traidiseanta**

Bidh Fèisean nan Gàidheal a' brosnachadh luchd-teagaisg gus trèanadh a dhèanamh fad na bliadhna agus tha bùth-obrach a' dol air bhog anns an Dubhlachd.

**AC17** **A' togail air ìomhaigh nam Fèisean le tachartasan a dh'aona-ghnothach a nì sanasachd air ar n-obair, barrachd chothroman gus naidheachdan a sgaoileadh sna meadhanan is a' dol an sàs ann an tachartasan far am bi cothrom sanasachd a dhèanamh air ar n-obair**

Anns na deich bliadhna bho thainig mi dh'obair aig Fèisean nan Gàidheal `s e na Ceilidhean air Chuairt a tha air barrachd diofar a dhèanamh airson ceòl agus Gàidhlig a bhrosnachadh an an Earra-Ghàidheal.

**AC20** **A' cumail oirnn a' toirt taic don lìonra de Chèilidhean air Chuairt**

The 9 Fèisean agam eadar Earra-Ghàidheal, Dùn Bhreatainn an Iar agus Siorrachd Àir a Tuath agus bidh mi a' dèanamh mo dhìcheall gum bi tachartasan Fèis anns na h-àiteachan sin.

**AC22** **A' cumail oirnn a' cuideachadh le obair a thaobh nan ealain Gàidhlig ann am foghlam tro mheadhan na Gàidhlig ann an sgìrean nan Iomairtean Gàidhlig**

Tha Iomairt Ile agus Dhiura air a bhith gu math trang le cuisean eadar a bhi ag obair le Coisir Gaidhlig Ile agus Urras Iain Muir

**AC24** **A' cumail oirnn a' toirt taic do dh'Fhèisean a tha airson an obair aca a leudachadh**

Tha feadhainn de na Fèisean agam nas trainge na feadhainn eile. Bidh mi a' toirt seachad misneachd dhan fheadhainn as lugha rudan diofraichte fheuchainn is bidh mi a' moladh dhaibh tachartasan ùra a bhiodh a' freagairt air na neartan a th' aca.

**Builean Bhòrd na Gàidhlig**

**BnG2** **Dearbhadh air co-dhiù 500 uair a thìde de thaic phractaigeach a thugadh dha na h-Iomairtean Gàidhlig air feadh Alba, le oidhirp shònraichte ga dhèanamh a thaobh obair le Fòram Gàidhlig Shiaboist**

Tha an compairteachas eadar Coisir Ile agus Fèis Ile ag obair gu math.

**BnG3** **Fiosrachadh air ciamar a tha Poileasaidh Gàidhlig na buidhne ga chur an gnìomh, agus co-dhiù 4 seiseanan trèanaidh Gàidhlig ann do luchd-obrach Fèisean nan Gàidheal, agus cothrom aig luchd-obrach bho bhuidhnean Gàidhlig eile am frithealadh**

Bha mi aig cursa latha na meadhanan o chionn ghoirid agus bha e uabhasach fhein math.

**BnG5** **Fianais air conaltradh le Ùghdarrasan Ionadail gus leudachadh air a' cho-obrachadh còmhla riutha agus sinn gan cuideachadh le bhith cur an gnìomh eileamaidean de na Planaichean Gàidhlig aca tron t-Seirbheis Ealain is Ghàidhlig aig Fèisean nan Gàidheal**

Tha mi ag obair comhla ri Domhnall MacLeood anns a' Chomhairle gus tuilleadh fiosrachadh a thoirt dha mu na tachartasan fèis eile a chordadh riutha fhaicinn ann an Earra-Ghàidheal.

**BnG12** **80 bùithtean-obrach dràma Gàidhlig gan lìbhrigeadh ann an coimhearsnachdan air feadh Alba**

Aig an ìre seo tha luchd-teagaisg air a bhith anns na sgoiltean nuair a tha na sgoiltean ag iarraidh cuideachadh. Air Eilean Arainn tha clasaichean seinn air a bhith aca agus dràma ann an Dùn Omhain. Thathar an dòchas a-nis gun dèan Fèisgoil an gnothach air barrachd chuspairean a chur air bhog anns na sgoiltean air feadh Alba cho fad 's a ghabhas.

**Builean Chomhairle Earra-Ghàidheal is Bòid**

Bidh mi a' fiachainn ri barrachd a dhèanamh eadar Fèisean nan Gàidheal agus Comhairle Earra-Ghàidheal airson Gaidhlig a bhrosnachadh.